

---

# **Cunntas na h-Alba 2011 Aithris Riaghaltais**

**Air a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba le Rùnaire a' Chaibineit airson  
Ionmhas agus Fàs Seasmhach  
Dùbhlachd 2008**





## CLÀR-INNSE

### Geàrr-chunntas

#### Caibideal 1 - Ro-ràdh

#### Àireamh duilleige

Planaichean airson an ath chunntais	8
Cleachdaidhean fiosrachadh cunntais	8
Tobraichean dàta eile	12
Ceann-là a' chunntais	12
Dealbh den chunntas air feadh na RA	13
Sealladh eadar-nàiseanta agus Riaghailtean AE	13
Leasain bho Chunntas 2001	14
Amasan ro-inleachdail airson Cunntas 2011	15
Geàrr-chunntas de phrìomh fheartan dealbhaidh Cunntas 2011	15
Cosgais agus smachd ionmhasail	17
Comataidh Stiùiridh Riaghaltas na h-Alba airson Cunntas na h-Alba	17

#### Caibideal 2 - Co-chomhairle agus deuchainnean cunntais

Co-chomhairle	19
Deuchainnean cunntais	20

#### Caibideal 3 - Àireamh-sluaigh agus cuspairean sa chunntas

Bunait na h-Àireimh-shluaigh	23
Mìneachadh ath-sgrùdaichte de 'thaigheadas'	24
Riathanasan airson cuspairean ceiste	25
Slatan-tomhais airson ceistean a thaghadh	25
Cuspairean agus ceistean taghte	27
Ceistean a tha rim foighneachd aig gach seòladh	29
Ceistean mu gach taigheadas	29
Ceistean mu gach neach-còmhnaidh san taigheadas	31
Ceistean mu luchd-tadhail	40
Rèiteachaidhean airson 'àitreabhan coitcheann'	40
Ceistean air an deach beachdachadh ach nach robh air an gabhail a-steach	41

#### Caibideal 4 - A' cruinneachadh an fhiosrachaidh

Ro-inleachd àireamhachd	45
Rianachd làraich	46
Com-pàirteachas coimhearsnachd	47
Fiosrachadh seòlaidh	48
A' lìonadh nan ceisteachan cunntais	48
A' tilleadh nan ceisteachan cunntais	49
A' buileachadh an riatanais laghail gus ceisteachan cunntais a lìonadh	49
Follaiseachd	50
Obair-làraich às dèidh làimhe	50

## Caibideal 5 - Ag obrachadh an dàta agus a' foillseachadh nan toraidhean

### Àireamh duilleige

Ro-ràdh	52
Glacadh is còdadh dàta	52
Obrachadh sìos-sruith	53
Barrantas càileachd	55
Cinneasachadh toraidh	55
Cruinn-eòlas toraidh	57

## Caibideal 6 - Dìomhaireachd, uaigneachd agus tèarainteachd coimpiutair

Prionnsabalan dìomhaireachd	59
Dìomhaireachd: taigheadasan	59
Dìomhaireachd: luchd-obrach ann am buidheann a' chunntais	60
Dìomhaireachd: cunnradairean	60
Dìomhaireachd: Siostaman TF	61
Dìomhaireachd staitistigeil agus smachd sgaoilidh	61
Cleachdadh nas fharsainge de dhàta cunntais	63
Uaigneachd agus Achd nan Còraichean Daonna	64

## Caibideal 7 - Am pròiseas reachdail

Prìomh reachdas cunntais	65
Reachdas dàrnach	65
Thar 2011	66

## GEÀRR-CHUNNTAS

Tha an Aithris Riaghaltais seo a' mìneachadh nam molaidhean airson an ath chunntais ann an Alba, air 27 Màrt 2011.

Tha **Caibideal 1** a' mìneachadh an raon farsaing dhòighean sam bithear a' cleachdadh fiosrachadh cunntais. Tha e a' suidheachadh cunntas na h-Alba ann an co-theacsa nan cunntasan eile a thathar a' dealbhadh sa chòrr den Rìoghachd Aonaichte airson an aon cheann-là, agus gu h-eadar-nàiseanta. Tha e a' dealbhachadh nan leasan a chaidh ionnsachadh bhon chunntas mu dheireadh ann an 2001, agus nan amasan ro-innleachdail airson Cunntas 2011 – gus staitistig àireimh-shluaigh iomlan, neo-mhearachdach is ruigsinneach a thoirt seachad a choinnicheas ri riatanasan luchd-cleachdaidh; gus misneachd poblach a thogail agus com-pàirteachas sa chunntas a bhrosnachadh; gus fiosrachadh cunntais pearsanta dìomhair a dhìon; agus gus luach an airgid a thoirt seachad. Tha e a' toirt geàrr-chunntas air prìomh feartan dealbhaidh a' chunntais agus ag aithris a chosgais mheaste de £65 millean, thairis air a' chearcall 10-bliadhna.

Tha **Caibideal 2** a' dealbhachadh na h-obrach a chaidh a dhèanamh mar-thà gus ullachadh airson a' chunntais. Chaidh co-chomhairle fharsaing a chumail le luchd-cleachdaidh agus le riochdairean bho bhuidhnean le ùidh shònraichte, leithid iadsan a tha dall. Chaidh deuchainn chunntais a dhèanamh sa Ghiblean 2006 agus thathar a' dealbhadh ro-aithris cunntais airson Màrt 2009.

Tha **Caibideal 3** a' mìneachadh gun cunnt an cunntas daoine san àite-còmhnaidh àbhaisteach aca fhèin ach gun tèid luchd-tadhail a bhios an làthair air oidhche a' chunntais a chlàradh cuideachd. Rè na co-chomhairle, mhol an luchd-cleachdaidh àireamh cheistean fada nas motha na b' urrainn a chur air ceisteachan cunntais leis an dùil reusanta gun crìochnaicheadh taigheadasan e. Tha na slatan-tomhais airson ceistean a thaghadh air an dealbhachadh is thathar a' toirt seachad liosta iomlan de na cuspairean is na ceistean a chaidh a thaghadh, cuide ri fiosrachadh mionaideach mu cheistean air an deach beachdachadh ach a b' fheudar fhàgail às aig an ìre seo.

Tha **Caibideal 4** a' dealbhachadh mar a thèid an cunntas a ghabhail os làimh. Coltach ri 2001, bidh am prìomh dhreuchd air a ghabhail os làimh le 6,500 àireamhaiche sealach a libhrigeas a' chuid as motha de na ceisteachain, ged a gheibh taigheadasan taobh a-muigh nam prìomh sgìrean sluaigh na ceisteachain aca tron phost. Bidh roghainn aig gach taigheadas an ceisteachan a thilleadh tron phost, no a thoirt don àireamhaiche, no (airson a' chiad uair ann an cunntas RA) le bhith ga lìonadh air-loidhne. Thèid suirbhìdh còmhdach cunntais a dhèanamh às dèidh a' chunntais fhèin, gus fiosrachadh a chruinneachadh mun àireimh is mun sgaoileadh dhaoine nach do lìon ceisteachan cunntais.

Tha **Caibideal 5** a' deabhachadh mar a thèid na ceisteachain lìonthe eadar-theangachadh gu toraidhean staitistigeil, a bhios rim faotainn sa chiad àite tron eadar-lìon ach cuideachd air pàipear agus CD/DBhD. Coltach ri Cunntas 2001, bidh fiosrachadh ri fhaotainn airson Sgìrean Toraidh, agus (le bhith a' cur fiosrachadh mu Sgìrean Toraidh còmhla) airson sgìrean nas motha leithid uàird-thaghaidh, bailtean, sgìrean ùghdarrais ionadail agus bùird SNS, a bharrachd air Alba gu h-iomlan.

Tha **Caibideal 6** a' dealbhachadh nan rèiteachaidhean gus dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh pearsanta a thèid a chruinneachadh sa chunntas a' fuireach dìomhair airson 100 bliadhna. Tha seo a' ciallachadh gum feum iadsan a tha an lùib obrachadh a' chunntais a bhith air an trèanadh gu cùramach, a' gabhail a-steach na

h-àireamhaichean agus luchd-obrach nan cunnradairean. Tha an dà phrìomh chunntas a tha a' toirt taic don chunntas a' gabhail a-steach riaghailtean dìomhaireachd is tèarainteachd sònraichte, agus thèid am fiosrachadh obrachadh ann an Alba. Tha Achd nan Cunntasan (Dìomhaireachd) 1991, a tha ga dhèanamh na eucoir a bhith a' sgaoileadh fiosrachadh pearsanta bho chunntas, a' toirt taic do na ceumannan seo. Thèid cùram mòr a ghabhail do bhith a' dèanamh cinnteach nach eil na staitistig fhoillsichte a' nochdadh fiosrachadh pearsanta gun fhiosta agus nach urrainn do luchd-rannsachaidh a tha ag obair air dàta cunntais fiosrachadh cunntais pearsanta a sgaoileadh.

Tha **Caibideal 7** a' dealbhachadh nan rèiteachaidhean gus an gabh Pàrlamaid na h-Alba ris a' chunntas.

## Caibideal 1 – Ro-ràdh

### Planaichean airson an ath chunntais

1.1 Tha Ministearan na h-Alba air co-dhùnadh, le ùmhlachd do dh'aonta bho Phàrlamaid na h-Alba, gum bu chòir don ath chunntas a bhith air a ghabhail air Latha na Sàbaid 27 Màrt 2011. Thathar cuideachd an dùil cunntasan a dhèanamh air an aon latha air feadh na RA. 'S e seo an 21mh cunntas ann an sreath a chaidh a dhèanamh gach 10 bliadhna bho 1801, ach a-mhàin 1941. Chaidh am fear mu dheireadh a dhèanamh air 29 Giblean 2001.<sup>1</sup>

1.2 Tha an aithris seo a' mìneachadh nam molaidhean airson a' chunntais. Thathar ga fhoillseachadh an-dràsta oir tha Ministearan na h-Alba a' creidsinn gum bu chòir ùine gu leòr a bhith ann airson deasbaireachd poblach mu na molaidhean a bheir buaidh air gach neach san dùthaich. Tha e gu h-àraid cudromach an dà chuid do Phàrlamaid na h-Alba agus don phoball gu bheil dealbhadh Cunntas 2011, agus na feuman chun an tèid am fiosrachadh cruinnichte a chur, gu tur neo-eisimeileach – agus gu bheilear a' faicinn gu bheil iad neo-eisimeileach – bho iomairtean eile a tha a' gabhail a-steach fiosrachadh mun phoball choitcheann, leithid toirt a-steach chairtean dearbh-aithne no a bhith a' cumail suas chlàran cìse comhairle ionadail. Air an adhbhar sin, tha an cunntas air a dhèanamh le Àrd-neach-clàraidh na h-Alba, a tha os cionn roinn riaghaltais fa leth leis an ainm Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba (OCCA).

### Cleachdaidhean fiosrachadh cunntais

1.3 Airson còrr is 200 bliadhna, tha an dùthaich air a bhith an crochadh air a' chunntas gus cùl-taic a chur ri bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta. Tha mu 200 dùthaich air feadh an t-saoghail a-nis a' gabhail os làimh cunntas riaghailteach fo sgèith phrògram chunntais nan Dùthchannan Aonaichte (DA).

1.4 Tha an Riaghaltas, ùghdarrasan ionadail, seirbheis na slàinte, a' choimhearsnachd fhoghlaim is sgoileireach, gnothachasan margaideach, buidhnean proifeasanta agus am poball gu h-iomlan uile a' feumachdainn fiosrachadh earbsach mu àireamh is feartan dhaoine is thaigheadasan ma tha iad a' dol a dh'obrachadh tòrr den cuid ghnìomhan gu h-èifeachdach. Le bhith a' beachdachadh air cosgais cunntais, thathar an-dràsta a' coinneachadh ris an fheumalachd seo le bhith a' gabhail cunntas os làimh gach 10 bliadhna, a' còmhach an t-sluaigh air fad, is le bhith ag ùrachadh tuairmsean àireimh-shluaigh gach bliadhna, a' cleachdadh a' chunntais roimhe mar dheuchainn-luathais. Tha fiosrachadh cunntais gu h-àraid cudromach far a bheil e na thobar àraid (is far a bheil an comas feartan eadar-dhealaichte mun aon neach no mun aon taigheadas a thar-iomradh deatamach), no ma 's e an aon

---

<sup>1</sup> Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba *Taking Scotland's 2001 census – A Review* (faic <http://www.gro-scotland.gov.uk/census/censushm/censcr02/index.html>)

thobar fiosrachaidh mu sgìrean beaga fa leth agus fo-bhuidhnean den t-sluagh.

1.5 Tha an riaghaltas, gu sònraichte, a' cur feum air an t-seòrsa fiosrachaidh seo gus poileasaidh a chruthachadh, gus seirbheisean a dhealbhadh airson buidhnean sònraichte dhaoine agus gus goireasan a sgaoileadh gu h-èifeachdach gu ùghdarrasan ionadail is gu Bùird SNS, ann an dòigh a tha a' tighinn a rèir feumalachdan. Feumaidh am fiosrachadh a bhith ùghdarrasach, neo-mhearachdach agus coimeasach airson gach pàirt de dh'Alba. An-dràsta, 's e cunntas a-mhàin a bheir seachad raon fiosrachaidh air bhunait cho cothromach.

1.6 Tha fiosrachadh bunaiteach mu mheud, aois, gnè agus làthair na h-àireimh-shluaigh bunaiteach do dh'obair an riaghaltais, gu h-àraid a thaobh:

- fàs aosta agus peinnseanan;
- imrich, an dà chuid a-steach is a-mach às an dùthaich, agus air an taobh a-staigh;
- fàs eaconamach (is mar sin teachdan-a-steach an riaghaltais); agus
- solar luchd-obrach.

1.7 Tha fiosrachadh mu thaigheadas, meud taigheadais is mar a tha teaghlaidhean air an dèanamh suas bunaiteach a thaobh poileasaidhean riaghaltais air:

- iarrtas is dealbhadh airson taigheadas ionadail; agus
- àiteachan-fuirich uireasbhach agus dùmhlachadh sluaigh

fhad 's a tha fiosrachadh eile a tha air a chruinneachadh leis a' chunntas a' toirt cothrom don riaghaltas:

- na cuideaman air siostaman còmhhdail agus dealbhadh rathaidean is còmhhdail poblach a thuigsinn, a' cleachdadh fiosrachadh a tha air a chruinneachadh mu chòmhhdail gu is bho obair no sgoilearachd agus mun àireamh dhaoine aig a bheil càraichean;
- sgìrean le bochdainn a chomharrachadh gus an urrainnear oidhirpean amas air a bhith a' leasachadh an suidheachaidhean;
- fiosrachadh a cheangal mu chinnidheachd, theisteanasan agus inbhe na margaidh saothrachaidh – mar eisimpleir gus na h-adhbharan airson bochdainn agus dòighean iomchaidh gus aghaidh a chur ris a chomharrachadh; agus
- an àireamh dhaoine a tha ag obair ann an dreuchdan is gnìomhachasan eadar-dhealaichte air feadh na dùthcha a shealltainn, a' cuideachadh riaghaltas is ghnòthachasan gus obraichean is poileasaidhean trèanaidh a dhealbhadh is gus co-dhùnaidhean tasgaidh fiosraichte a dhèanamh.

1.8 Thathar a' cleachdadh a' chunntais (mar eisimpleir mar sheòrsaiche) airson iomadh taisbeanair sòisealta is eaconamach leithid:

- tuairmsean mun àireamh-sluaigh;
- reataichean cosnaidh is cion cosnaidh;
- reataichean breith, bàis, bàsalachd agus torachais;
- sgrùdadh air ionannachdan – gu h-àraid tro bhith a' toirt seachad fiosrachadh mu aois, gnè, cinnidheachd, creideamh agus ciorram gus meud is nàdar ana-cothroim a chomharrachadh agus gus soirbheachas phoileasaidhean co-ionannachd chothroman a thomhais; agus
- a' mòrachadh sampallan de dhàta suirbhidh (a' gabhail a-steach shuirbhidhean sòisio-eaconamach a rinneadh leis an riaghaltas is an earrainn phrìobhaidich), oir às aonais seo cha bhiodh na suirbhidhean cho earbsach no dh'fheumadh iad a bhith na bu mhotha agus na bu dhaoire.

1.9 Tha deuchainnean-luathais cunntais a' toirt cùl-taic do chom-pàirteachas eòlas-sluaigh. Mar eisimpleir, tha Ùghdarras Chrìochan na h-Alba a' gabhail aire do dh'atharrachadh àireimh-shluaigh gus crìochan roinnean-taghaidh Thaigh an Ròid agus Westminster ath-chumadh.

1.10 Tha feum aig Riaghaltas na h-Alba air dòigh èifeachdach gus goireasan a riarachadh is a chuimeasachadh. Tha cudromachd riarachadh èifeachdach air meudachadh air sgàth a' phoileasaidh 'Riaghaltas Èifeachdach', seach gum feum gach cothrom a bhith air a ghabhail foidhe gus seirbheisean poblach a sholarachadh ann an dòigh nas èifeachdaiche. Tha figearan uidhir-toraidh sealach airson 2007-08 a' sealltainn gun do chosg ùghdarrasan ionadail ann an Alba mu £11.1 billean ann an caiteachas air teachd-a-steach, agus thàinig mu £8.9 billean den a seo bho riarachaidhean bhon riaghaltas mheadhain (bho teachd-a-steach reataichean gnothachais, tabhartas taic teachd-a-steach agus tabhartasan teachd-a-steach sònraichte). Chosg Bùird SNS na h-Alba mu £10.1 billean ann an 2007-08, is tha seo uile cha mhòr air a riarachadh le riaghaltas meadhain. Eatorra, tha iad a' dèanamh suas còrr is dà thrìan den chaiteachas poblach a tha air a stiùireadh le riaghaltas na h-Alba. Tha tobar earbsach de dhàta sluaigh riatanach ma tha riarachadh maoine gu ùghdarrasan ionadail agus Bùird SNS a' dol a chomharrachadh feumalachd.

1.11 Mura biodh cunntas air a dhèanamh ann an 2001, is nam biodh tuairmsean àireimh-shluaigh air an tarraing bho fhigearan 1991, thathar a' meas gum biodh mì-riarachaidhean eadar Bùird SNS thar na h-ùine 10 bliadhna gu 2011 air tighinn gu eadar £21 millean is £31 millean gach bliadhna – le cuid de Bhùird a' faighinn barrachd, agus feadhainn eile nas lugha, na an co-roinn iomchaidh. Ged nach biodh an t-airgead mhì-riaraichte air a chaith air falbh, bhiodh e air a chosg ann an dòigh nach robh cho feumail is bhiodh a' bhuaidh iomlan aig a seo air a bhith fìor chudromach. Tha e reusanta a bhith den bheachd gum biodh ùghdarrasan ionadail san aon shuidheachadh.

1.12 Tha an cunntas a' stiùireadh cuimseachadh sheirbheisean ionadail leithid:

- seirbheisean slàinte, don bheil ceistean cunntais mu thinneasan nan deagh thaisbeanairean air iarrtas;
- foghlam, don bheil an cunntas feumail ann a bhith a' suidheachadh sgoiltean ùra;
- dealbhadh còmhhdhail agus modaileadh trafaig;
- planaichean dealbhaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil leasachadh a' tachairt aig na làraich chearta; agus
- seirbheisean taic coimhearsnachd, a' gabhail a-steach cuideachadh san dachaigh agus cùram dachaigh.

1.13 Thathar a' tuairmse gu bheil luach dàta cunntais do ghnòthachasan RA, air a chunntais thairis air a' chearcall 10 bliadhna, timcheall air £250 millean.

1.14 Tha an cunntas na shàr thobar dàta airson rannsachadh. Tha Sgrùdadh Iar-astar na h-Alba a' gabhail a-steach sampall 5% riochdachail gun urra de shluagh na h-Alba a' ceangal fiosrachadh bho chunntasan 1991 agus 2001 le fiosrachadh breith, pòsaidh, bàis is imrich, clàrachadh aillse agus tursan a-steach is a-mach às ospadalan.<sup>2</sup> Tha seo a' toirt seachad tobar gun shamhail airson a bhith a' sgrùdadh mar a tha sluagh na h-Alba air atharrachadh thar ùine. Tha rannsachadh stèidhichte air an Sgrùdadh, agus gu dìreach air an dàta bhon chunntas, a' meudachadh ar tuigse mu chumhaichean sòisealta is faodaidh seo solas a chur air a' bhuaidh a bha aig poileasaidhean a bha ann roimhe. Tha a bhith a' cleachdadh dhàta iar-astair air bàsalachd ann an diofar bhuidhnean sòisio-eaconamach, ceangailte ris a' chunntas, airson a bhith a' dealbhadh pheinnseanan<sup>3</sup> na eisimpleir dhen a seo. A bharrachd, tha còrr is 20,000 luchd-cleachdaidh stuthan rannsachaidh cunntais clàraichte san RA, le maoinachadh measte os cionn £10 millean, ann an raon farsaing oideasan a' gabhail a-steach slàinte, cruinn-eòlas, sgrùdadh bailteil is dùthchail, fòghlam, obair-shòisealta agus taigheadas.

---

<sup>2</sup> <http://www.lscs.ac.uk/>

<sup>3</sup> Ùghdarras nam Peinnseanan (2005). *A new pensions settlement for the twenty-first century*. Dàrna Aithisg Ùghdarras nam Peinnseanan. Oifis na Pàipearachd.

### Tobraichean dàta eile

1.15 Ann an 2003, ghabh Oifis Nàiseanta nan Staitistig (OSN) os làimh ath-bhreithneachadh ro-innleachdail far an do bheachdaich i air dòighean eile gus an seòrsa fiosrachaidh a tha gu traidiseanta air a thoirt seachad ann an cunntas a chruinneachadh.<sup>4</sup> Chaidh co-chomhairle a chumail le luchd-cleachdaidh mu na dòighean-obrach eile seo. Chomhairlich iad gun robhar fhathast a' coimhead air a' chunntas mar an tobar fiosrachaidh as ùghdarrasaiche airson raon farsaing chleachdaidhean. Tha e a' toirt seachad geàrr-dhealbh den dùthaich, le fiosrachadh co-chòrdail is coimeasach airson sgìrean beaga agus fo-àireamhan-sluaigh, agus a' comasachadh mion-sgrùdadh de ghrunn chaochladairean còmhla (mar eisimpleir cinnidheachd agus slàinte), nach gabh dèanamh le bhith a' cleachdadh tobar dàta sam bith eile.

1.16 Air sgàth sin, seach nach eile tobraichean fiosrachaidh eile ann a tha cuimseach gu leòr agus gus a bhith cinnteach gu bheilear a' coinneachadh ris an raon fharsaing de dh'fheumalachdan luchd-cleachdaidh airson fiosrachadh, thathar a' toirt air adhart phlanaichean airson cunntas ann an 2011.

### Ceann-là a' chunntais

1.17 Is e ceann-là taghte Cunntas 2011 – Latha na Sàbaid 27 Màrt – an ceann-là as tràithe bho 1801. Ged nach fheum an cunntas gabhail àite air latha sònraichte den t-seachdain, thathar air a bhith a' taghadh Latha na Sàbaid gu traidiseanta seach gur ann air an latha seo a bhios daoine nas buailtiche a bhith aig an taigh. Feumar an ceann-là a thaghadh gus an àireamh dhaoine a bhios an làthair aig an t-seòladh àbhaisteach aca a mheudachadh (le, mar eisimpleir, a bhith a' seachnadh amannan saor-làithean is saor-làithean oilthighe) agus gus dèanadh cinnteach gu bheil an ìre as lugha de bhacaidhean ann a thaobh a bhith a' libhrigeadh is a' cruinneachadh nan ceisteachan (le, mar eisimpleir, dèanamh cinnteach gu bheil uaireannan gu leòr ann de sholas an latha airson obair-làraich). Ann an 2011, tha Latha Sàbaid na Càisge a' tuiteam air 24 Giblean agus tha taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba is nan comhairlean ionadail (nach fhaod a bhith aig an aon àm ris a' chunntas, gus nach tèid na teachdaireachdan follaiseachd a mheasgachadh ann an inntinn a' phobaill) air Diardaoin 5 Cèitean. Tha an ceann-là taghte de 27 Màrt a' tighinn ro shaor-làithean na

---

<sup>4</sup> Oifis nan Staitistig Nàiseanta (2003). *Alternatives to a census: review of international approaches*. Pàipear Fiosrachaidh OSN. Faic

[http://www.statistics.gov.uk/downloads/theme\\_population/international\\_approaches.pdf](http://www.statistics.gov.uk/downloads/theme_population/international_approaches.pdf)

Oifis nan Staitistig Nàiseanta (2003). *Alternatives to a census: review of previous UK studies*. Pàipear Fiosrachaidh OSN.

[http://www.statistics.gov.uk/downloads/theme\\_population/previous\\_uk.pdf](http://www.statistics.gov.uk/downloads/theme_population/previous_uk.pdf)

Oifis nan Staitistig Nàiseanta (2003). *Alternatives to a census: linkage of existing data sources*. Pàipear Fiosrachaidh OSN.

[www.statistics.gov.uk/downloads/theme\\_population/census2011\\_admin\\_sources\\_review.pdf](http://www.statistics.gov.uk/downloads/theme_population/census2011_admin_sources_review.pdf)

Oifis nan Staitistig Nàiseanta (2003). *Alternatives to a census: rolling census*. Pàipear Fiosrachaidh OSN. Faic

[http://www.statistics.gov.uk/downloads/theme\\_population/rolling\\_census.pdf](http://www.statistics.gov.uk/downloads/theme_population/rolling_census.pdf)

Càisge agus a' meudachadh nan uairean de sholas an latha a bhios rim faotainn airson obair-làraich.

### Dealbh den chunntas air feadh na RA

1.18 Is ann fo reachdas Achd nan Cunntasan 1920 a thathar fhathast ag obrachadh cunntas Albannach an latha an-diugh. Tha an Achd a' cur Àrd-neach-clàraidh na h-Alba, fo stiùireadh Mhinistearan na h-Alba, an urra ris na rèiteachaidhean airson a' chunntais ann an Alba. Tha an t-Àrd-neach-clàraidh os cionn Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba, a bhios a' gabhail na h-obrach os làimh. Ann an Sasainn agus sa Chuimrigh, tha an dleastanas sin aig Ùghdarras Staitistig na RA (agus OSN). Ann an Èirinn a Tuath, tha dleastanas aig Àrd-neach-clàraidh Èirinn a Tuath (agus Buidheann-gnìomha Staitistig agus Rannsachaidh Èirinn a Tuath, BSRET) airson a bhith a' dèanamh nan cunntasan. Bidh na trì 'oifisean cunntais' a' co-obrachadh gu dlùth ann a bhith a' dealbhadh is a' deasachadh a' chunntais. Tha an co-obrachadh sin a' comasachadh co-sheirm ann an toraidhean Cunntas 2011 air feadh na RA, mar a tha tòrr luchd-cleachdaidh ag iarraidh. Tha e cuideachd a' toirt seachad bunait gus an urrainnear na cunntasan a dhèanamh gu h-èifeachdach fhad 's a thathar fhathast mothachail do dhiofar shuidheachaidhean is fheumalachdan cleachdaidh gach dùthaich. Tha an co-obrachadh dlùth is còmhla sin cuideachd a rèir amas a' Choncordait air Staitistig a chaidh a mholadh eadar rianachdan na RA.

### Sealladh Eadar-nàiseanta agus Riaghailtean AE

1.19 Tha feum aig an Aonadh Eòrpach (AE) air fiosrachadh cuideachd. Tha An Coimisean Eòrpach a' feumachdainn dàta, a tha earbsach is coimeasach gu leòr, air àireamh-sluaigh agus taigheadas gus na gnìomhan a tha air a shònrachadh dha a choileanadh, gu h-àraid Altan 2 agus 3 den Chunnradh a tha a' stèidheachadh an AE.<sup>5</sup> Air an adhbhar seo, thàinig Riaghailt Comhairle agus Pàrlamaid na h-Alba<sup>6</sup> gu buil san Iuchair 2008 is e ga chur mar riatanas air Ball-Stàitean fiosrachadh staitistigeil mar cunntas, no dàta co-ionann a' buntainn ris a' bhliadhna iomraidh 2011 a thoirt do dh'Oifis Staitistigeil nan Coimhearsnachdan Eòrpach (Eurostat). Thèid staitistig a tha air an cur còmhla, is air an aontachadh leis na Ball-Stàitean agus a tha rin òrdachadh le Riaghladh Coimisein às dèidh sin, a thoirt do Eurostat airson an chleachdadh leis a' Choimisean Eòrpach mar thaic do Phàrlamaid na h-Eòrpa. Thèid rèiteachaidhean a shuidheachadh gus dìomhaireachd dàta staitistigeil sam bith a thèid a thoirt do Eurostat fon riatanas seo a dhìon (faic cuideachd Caibideal 6).

1.20 Tha an RA a' gabhail làn chom-pàirt ann an deasbaireachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil co-sheirm eadar na staitistig a tha diofar Ball-Stàitean an Aonaidh Eòrpaich a' toirt seachad. Cumaidh na bun-bheachdan is na mineachaidhean ris a bheil an AE a' dol a gabhail ri *Recommendations*

---

<sup>5</sup> A' Choimhearsnachd Eòrpach (1957). *Treaty Establishing the European Union, An Ròimh, 25 Màrt 1957.* (faic <http://www.hri.org/docs/Rom57/Part1.html>)

<sup>6</sup> An t-Aonadh Eòrpach (2008). *Regulation of the European Parliament and Council on Population and Housing Censuses.* Riaghladh (CE) Àir. 763/2008 de 9 Iuchair 2008.

for the 2010 Censuses of Population and Housing<sup>7</sup> aig Co-labhairt Luchd-staitistig na h-Eòrpa, a chaidh a dheasachadh le co-bhuidheann obrach Eurostat agus Ùghdarras Eaconamach nan Dùthchannan Aonaichte, don do rinn an RA tabhartas cudromach.

1.21 Gèillidh an RA cuideachd, cho fad 's is urrainnear, ri riathanasan staitistig sam bith a chaidh a chomharrachadh leis na Dùthchannan Aonaichte. Chaidh gabhail ri seata phrionnsabalan is mholaidhean airson na h-ath chuairt chunntasan air feadh an t-saoghail,<sup>8</sup> às dèidh coinneamh de dh'Ùghdarras Staitistigeil nan Dùthchannan Aonaichte sa Ghearran 2008. Chaidh iarraidh air na dùthchannan uile toraidhean bunaiteach a thoirt seachad, a bhios air an co-cheangal do dh'fhoillseachadh eòlas-sluaigh leis na Dùthchannan Aonaichte.

### Leasain bho Chunntas 2001

1.22 Ann a bhith ag ullachadh airson Cunntas 2011, chaidh làn aire a ghabhail do na leasain a chaidh ionnsachadh bho Chunntas 2001 – an dà chuid tro mheasadh air an taobh a-staigh le Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba<sup>9</sup> agus tro mholaidhean a rinn an Comataidh Thaghte Roinn an Ionmhais agus Ùghdarras nan Staitistig mun chunntas ann an Sasainn agus sa Chuimrigh.<sup>10</sup>

1.23 Mar gheàrr-chunntas, is iad na leasain a chaidh ionnsachadh:

- cuid de dh'ullachaidhean a' chunntais a thoirt air adhart bliadhna – gu h-àraid gus barrachd ùine a thoirt seachad gus na rèiteachaidhean airson a bhith ag obrachadh 2.5 millean ceisteachan cunntais cho luath 's a ghabhas às dèidh a' chunntais ullachadh is am feuchainn ro-làimh;
- dèanamh cinnteach gun urrainnear gu leòr àireamhaichean (luchd-obrach sealach ag obair airson an Àrd-neach-clàraidh) a chur an dreuchd airson dèanamh cinnteach gu bheil gach taigheadas a' lìonadh ceisteachan – mar eisimpleir le bhith a' leasachadh nan rèiteachaidhean airson a bhith a' pàigheadh àireamhaichean, a dh'adhbhraich trioblaidean ann an 2001;
- ath-mheas na buannachdan is na mì-bhuannachdan de bhith a' foighneachd ceist mu theachd-a-steach;
- leasaich freagarrachd ceisteachan a' chunntais, gu h-àraid do dhaoine le cion fradhairc no nach leugh a' Bheurla;

---

<sup>7</sup> Coimisean Eaconamach DA na h-Eòrpa (2006). *Conference of European Statisticians' Recommendations for the 2010 Censuses of Population and Housing*.

<sup>8</sup> Na Dùthchannan Aonaichte (2006). *Principles and Recommendations for Population and Housing Censuses, Revision 2*. Sreath M Àir.67/Rev2. Na Dùthchannan Aonaichte, New York. ISBN 978-92-1-161505-0.

<sup>9</sup> Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba *Taking Scotland's 2001 Census – A Review* (faic <http://www.gro-scotland.gov.uk/census/censushm/censcr02/index.html>)

<sup>10</sup> Comataidh Roinn Ionmhais Taigh nan Cumantan (2002). *The 2001 Census in England and Wales*. Ciad Aithisg an t-Seisein 2001-02. HC 310. Oifis na Pàipearachd.

- dèan cinnteach nach eil càileachd seirbheis a' phuist is ionad fiosrachaidh am fòn a tha air a thoirt seachad gus daoine a chuideachadh a' lionadh a' cheisteachain aca a' cur bacadh air obrachadh a' chunntais;
- ath-mheas cosgais is èifeachdas lìbhrigeadh is tilleadh cheisteachain cunntais tron phost;
- dèan cinnteach gu bheil cothrom aig àireamhaichean liosta neo-mhearachdach fhaighinn de sheòlaidhean thaigheadasan san sgìre aca;
- clò-bhuail sèolaidhean air ceisteachan a' chunntais ro-làimh;
- neartaich an smachd air ceisteachain lìonnte, gus dèanamh cinnteach gu bheilear ag aithneachadh is a' cur fios chun an luchd-taigheadais nach eil air ceisteachan a lìonadh, gus fo-àireamhachd a sheachnadh;
- leasaich na rèiteachaidhean 'ceum mu dheireadh' airson a bhith a' cur casaid às leth dhaoine nach do thill ceisteachan cunntais crìochnaichte;
- ath-sgrùd an cothromachadh eadar ionannachd, cosgais agus deagh àm ann a bhith a' foillseachadh nan staitistig bhon chunntas; agus
- foillsich staitistig cho-chòrdail, chiallach agus ruigsinneach a tha a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-cleachdaidh airson fiosrachadh RA a bharrachd air fiosrachadh dùthaich buill.

#### Amasan ro-innleachdail airson Cunntas 2011

1.24 Is iad na prionnsabalan stiùiridh ann a bhith ag ullachadh Cunntas 2011:

- thoir seachad staitistig àireamh-sluaigh iomlan, neo-mhearachdach agus ruigsinneach, a tha a' coinneachadh ri riatanasan an luchd-cleachdaidh, air stèidh co-chòrdail is coimeasach gu nàiseanta agus airson sgìrean beaga agus buidhnean beaga sluaigh;
- tog misneachd am measg a' phobaill agus broснаich com-pàirteachas sa chunntas, mar sin a' dèanamh reataichean freagairt cho àrd sa ghabhas gu nàiseanta, gu h-ionadail agus am measg fo-bhuidhnean den t-sluaigh;
- dìon, agus dèan aithnichte gu bheilear a' dìon, fiosrachadh cunntais a tha pearsanta is dìomhair; agus
- thoir luach an airgid seachad.

#### Geàrr-chunntas de phrìomh fheartan dealbhaidh Cunntas 2011

1.25 Mar gheàrr-chunntas, agus le ùmhlachd do dh'aonta bho Phàrlamaid na h-Alba:

- àireamhaichidh Cunntas 2011 gach neach is àbhaist a bhith a' còmhnaidh ann an Alba air oidhche a' chunntais, le fo-sheat

fiosrachaidh cuideachd air a chruinneachadh bho luchd-tadhail a tha an làthair air oidhche a' chunntais.

- thèid fiosrachadh a chruinneachadh cuideachd bho luchd-còmhnaidh ann an àitreabhan coitcheann leithid taighean-òsta agus gearastain airm, agus bho dhaoine fa leth no taigheadasan gun sheòladh àbhaisteach.
- libhrigidh àireamhaichean a chaidh fhasadh gu sònraichte mu 95% de cheisteachain, agus thèid na tha air fhàgail (mar as trice ann an sgìrean dùthchail) a libhrigeadh tron phost.
- bidh roghainn aig a' chuid as motha de thaigheadasan an ceisteachan a lìonadh air-loidhne (seo a' chiad turas a tha an t-seirbheis seo air a toirt seachad airson cunntas na h-Alba), no an ceisteachan aca a thilleadh sa phost (ann an cèis thillidh fhàighte) no le bhith ga thoirt don àireamhaiche aca.
- bidh e comasach do dh'àireamhaichean stiùireadh is cuideachadh coitcheann a thoirt seachad air an stairsnich agus bidh cuideachadh a bharrachd ann do dhaoine aig a bheil duilgheadas a' lìonadh a' cheisteachain, a' gabhail a-steach goireas cuideachaidh eadar-lìn, ionad fiosrachaidh fòna, taic cànanain (tron ionad fhiosrachaidh agus air an stairsnich) agus grunn iomairtean sònraichte do dhaoine le duilgheadasan àraid, leithid daoine a tha dall.
- bidh ceithir duilleagan gach neach sa cheisteachan (àrdachadh bho thrì ann an 2001), gus àite a dhèanamh airson àrdachadh beag san àireimh cheistean 'fa leth' (36 an àite 33) agus gus barrachd roghainnean freagairt a thoirt seachad airson cuid de cheistean eile.
- thèid fiosrachadh bunaiteach mu luchd-tadhail a chruinneachadh cuideachd (eu-coltach ri 2001);
- bidh àrdachadh san àireimh cheistean mun taigheadas (14 an àite 13 ann an 2001) ach chaidh an ceisteachan ath-dhealbhadh gus an ùine is an oidhirp a tha a dhìth gus a lìonadh a lùghdachadh.
- is iad na prìomh atharrachaidhean a thathar a' moladh (fiosrachadh mionaideach ann an Caibideal 3) bho na ceistean a chaidh fhoighneachd ann an 2001:
  - ceist ùr mu theachd-a-steach an taigheadais;
  - ceist ùr air nàdar bochdainn/ciorraim;
  - gabhail a-steach com-pàirteachasan catharra sa cheist mu inbhe phòsta;
  - ceist air cinnidheachd a tha air a h-ath-sgrùdadh gu mòr;
  - ceist ùr air dearbh-aithne nàiseanta;
  - ceistean a' sireadh barrachd fiosrachaidh air comas cànanain;
  - dìreach aon cheist mu chreideamh (a' fàgail às ceist 2001 mun chreideamh san deach an neach a thogail) agus;
  - cha bhi ceistean ann mu amar/fras/taigh-beag, an ìre ùrlair as ìsle no màl le àirneis/gun àirneis.

- dìonaidh modhan làidir dìomhaireachd is tèarainteachd am fiosrachadh a tha air a chruinneachadh sa chunntas (faic Caibideal 6 airson tuilleadh fiosrachaidh).
- gus co-obrachadh bhon phoball a bhrosnachadh, agus an cunntas an crochadh air, mìnichidh follaiseachd adhbhar is luach a' chunntais agus bheir e seachad cinnteachas mun dìomhaireachd leis an tèid fiosrachadh a làimhseachadh.
- thèid cùram a ghabhail gus càileachd an fhiosrachaidh a thathar a' cruinneachadh a dhèanamh cho àrd 's a ghabhas, agus a thomhas gu h-èifeachdach: gu h-àraid, thèid suirbhidhean còmhhdach is càileachd a ghabhail os làimh às dèidh a' chunntais gus an àireamh dhaoine nach deach a chunntais agus càileachd nam freagairtean a thomhas.
- thèid na toraidhean staitistigeil bhon chunntas a dhealbhadh gus coinneachadh ri feumalachdan an luchd-cleachdaidh, agus thèid an sgaoileadh a rèir clàr-ama a thèid ainmeachadh ro-làimh.

### Cosgais agus smachd ionmhasail

1.26 Thathar an-dràsta a' tuairmse gu bheil a' chosgais dhireach iomlan (a' gabhail a-steach cosgaisean luchd-obrach) airson Cunntas 2011 ann an Alba aig £65 millean. Tha a' chosgais seo air a briseadh sìos mar:

2005-06	£1,267 mìle
2006-07	£1,688 mìle
2007-08	£2,120 mìle
2008-09	£7,927 mìle
2009-10	£6,553 mìle
2010-11	£20,062 mìle
2011-13	£25,553 mìle
<b>Iomlan</b>	<b>£65,170 mìle</b>

1.27 Chaidh buidseat de £39.6 millean a riarachadh gus an cunntas a mhaoineachadh suas gu latha a' chunntais. Bidh solarachadh airson bliadhnan nas anmoiche fo ùmhachd sgrùdaidhean caitheamh airgid san àm ri teachd.

1.28 Thèid smachd is sùil dhlùth a chumail air cosgais obrachadh a' chunntais. Is iad na h-eileamaidean as motha den chosgais iomlan an obrachadh làraich (lìbhrigeadh is cruinneachadh nan ceisteachan) agus obrachadh an dàta. Ann an oidhirp gus èifeachdas cosgais na h-obrach seo a mheudachadh, thathar a' ceannach phrìomh sholaran is sheirbheisean air a' mhargaidh fhosgailte, a' togail air eòlas 2001 (faic Caibideal 4).

### Comataidh Stiùiridh Riaghaltas na h-Alba airson Cunntas na h-Alba

1.29 Is e pròiseact mòr a tha anns a' chunntas, a tha cudromach an dà chuid do na daoine a tha a' toirt seachad an fhiosrachaidh phearsanta aca fhèin agus don luchd-cleachdaidh a tha an crochadh air airson fiosrachadh

staitistigeil. Tha a bhith a' dìon fiosrachadh cunntais, is a' dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh cunntais air a chumail gu tur dìomhair, fìor chudromach gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' gleidheadh misneachd a' phobaill sa chunntas. Tha e cuideachd fìor chudromach gu bheilear a' faighinn an luaich as fheàrr airson an airgid bho na prìomh sheirbheisean a tha an luchd-cunraidh a' toirt seachad. Mar sin cuiridh an t-Àrd-neach-clàraidh air bhonn, agus thèid e don chathair, air Comataidh Stiùiridh airson a' Chunntais a bhios air a dhèanamh suas de riochdairean bho choimhearsnachdan na h-Alba, àrd riochdairean de phrìomh luchd-cleachdaidh fiosrachadh cunntais agus eòlaichean air tèarainteachd is dìomhaireachd dàta. Thèid fiosrachadh mun obair aige fhoillseachadh air làrach-lìn Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba.

## Caibideal 2 – Co-chomhairle agus deuchainnean cunntais

### Co-comhairle

2.1 Tha pàirt cudromach air a bhith aig co-chomhairle ann ann dealbhadh is susbaint Cunntas 2011, gus iarrtasan is riatanasan luchd-cleachdaidh staitistig cunntais a stèidheachadh, agus a' tarraing air comhairle is stiùireadh bhuidhnean-gnìomha cunntais eadar-nàiseanta agus buidhnean le eòlas air obraichean coltach ris a seo, leithid ùghdarrasan ionadail. Tha co-chomhairle cuideachd air beachdan bhuidhnean coimhearsnachd agus bhuill den phoball a stèidheachadh – oir feumaidh ceistean a' chunntais a bhith freagarrach san fharsaingeachd do dhaoine a thathar an dùil a lìonas an ceisteachan.

2.2 Chaidh sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh foirmeil, air **pròiseas iomlan a' chunntais**, fhoillseachadh le Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba as t-Foghar 2004 agus as t-Earrach 2007.<sup>11</sup> Chaidh cuireadh a thoirt do bheachdan sgrìobhte (fhreagair 128 neach fa leth is buidheann co-chomhairle Earrach 2007) agus ann an sreath de choinneamhan air feadh na h-Alba (bha 142 neach an làthair aig coinneamhan Earrach 2007). Air a' chuspair as cumhainge de **shusbaint ceisteachain**, chaidh co-chomhairle stèidhichte air an lìon a chumail ann an 2005, air a leantainn le sreath de choinneamhan co-chomhairleachaidh neo-foirmeil le buidhnean ùidh shònraichte. Chaidh aire shònraichte a thoirt don chuspair **cinnidheachd**, gus a' cheist as fheàrr a chomharrachadh, chan ann a-mhàin airson an ath chunntais ach cuideachd airson a cleachdadh ann an suirbhidhean eile. Tha seo air co-chomhairle fharsaing a ghabhail a-steach thar grunn bhiadhnachan (foirmeil agus neo-foirmeil), air a stiùireadh le Riaghaltas na h-Alba, le buidhnean mion-chinnidh agus stiùirichean coimhearsnachd a bharrachd air a' phoball agus luchd-cleachdaidh dhàta.

2.3 Chaidh aire shònraichte a thoirt do bhith a' stèidheachadh beachdan is phrìomhachasan nan roinnean riaghaltais, ùghdarrasan ionadail, seirbheis na slàinte agus prìomh luchd-cleachdaidh eile staitistig a' chunntais. Tha dreuchd chudromach aig Comataidh Staitistig Àireamh-sluaigh agus Imrich lionradh luchd-cleachdaidh is sholaraidhean staitistig oifigeil Albannach ScotStat. Thathar air ceangal dlùth a chumail cuideachd le Riaghaltas na h-Alba fhèin agus, tro OSN, le roinnean A' Bhaile Nuaidh. Gus dèanamh cinnteach gun robh feumalachdan ùghdarrasan ionadail air an stèidheachadh gu h-iomlan, sgrìobh an t-Àrd-neach-clàraidh gu àrd-oifigearan 32 comhairlean na h-Alba agus bha pàirt cudromach aig riochdairean bho ùghdarrasan ionadail sa phròiseas cho-chomhairleachaidh foirmeil. Bha Buidheann Luchd-cleachdaidh an Eòlais-shluaigh ag obrachadh mar amas feumail airson beachdan luchd-cleachdaidh margaideach de dh'fhiosrachadh cunntais.

2.4 Mothachail de chudromachd a bhith a' stèidheachadh beachdan Pàrlamaid na h-Alba aig ìre thràth, tha an t-Àrd-neach-clàraidh dà thuras air fianais bheòil a thoirt seachad do Chomataidh Cho-ionannachd Chothroman

---

<sup>11</sup> Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba *Formal Consultations* (faic <http://www.gro-scotland.gov.uk/census/censushm2011/index.html>)

na Pàrlamaid agus tha e air pàipear a chur a-steach gu Comataidh na Slàinte agus an Spòirs. Sgrìobh Ministear na h-Iomairt, an Lùtha agus na Turasachd aig Riaghaltas na h-Alba, a tha an urra ri bhith a' coimhead thairis air a' chunntas, gu luchd-gairm Chomataidhean san Dùbhlachd 2007 a' tabhann tuilleadh brath-ullachaidh.

2.5 Chaidh ceangalan sònraichte a stèidheachadh le buidhnean agus faodaidh seo cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an cunntas ruigsinneach don choimhearsnachd iomlan. Tha sin a' gabhail a-steach Institiud Nàiseanta Rìoghail nam Bodhar, Institiud Nàiseanta Rìoghail nan Dall, buidhnean mion-chinnidh agus riochdairean de luchd-siubhail siopsach agus coimhearsnachdan eile nach deach, a rèir eòlas bho chunntasan roimhe, àireamhachd gu h-iomlan. Leanaidh co-chomhairle leis na buidhnean sin, agus co-obrachadh air follaiseachd agus dòighean eile gus àireamhachd a leasachadh, air adhart gu latha a' chunntais.

#### Deuchainnean cunntais

2.6 Tha molaidhean airson an ath chunntais a' gabhail aire do thoraidhean phrògram rannsachaidh is deuchainn a bha ag amas air tuigse fhaighinn air mar a bha daoine a' faicinn a' chunntais agus dè cho èifeachdach 's a bha briathrachas a' chunntais, dealbhadh nan ceisteachan agus na dòighean libhrigidh. Feumaidh an cunntas a bhith 'ceart a' chiad turas' – chan eil rùm ann airson mearachd. Mar sin, ro 2011, feumar deuchainn iomlan a dhèanamh air ùr-ghnàthachaidhean sam bith a thaobh briathrachas a' cheisteachain agus modhan obrachaidh, agus a' bhuidhe a tha aig atharrachaidhean sa chomann-shòisealta air mar a bhios am poball a' gabhail ris a' chunntas.

2.7 Chaidh a' chiad deuchainn mòr a dhèanamh sa Ghiblean 2006. Chaidh pàirtean de dh'Alba a bha air a bhith gu sònraichte doirbh an àireamhachd ann an 2001 a thaghadh a dh'aon ghnòthaich seach gur iad a bu bhualtiche an deuchainn as fheàrr a thoirt seachad airson mhodhan ùra. Chaidh iarraidh air mu 52,000 taigheadas ceisteachan cunntais a lìonadh – ann am pàirtean de shìe sgìrean comhairle (Baile Ghlaschu, Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar, A' Ghàidhealtachd, Sruighlea, Peairt is Ceann Rois agus Earra-Ghàidheal is Bòid). Chaidh an deuchainn a dhealbhadh gus measadh a dhèanamh air leasachaidhean a ghabhadh dèanamh a thaobh mar a tha na ceisteachain air an sgaoileadh is air an tilleadh agus gus deuchainn a dhèanamh air ceistean ùra no atharraichte. Chaidh leth nan ceisteachan a chur tron phost gu na taigheadasan agus thug àireamhaichean an leth eile seachad le làimh. Bha leth nan ceisteachan a' gabhail a-steach ceist mu theachd-a-steach taigheadais agus cha robh an leth eile. Chaidh deuchainn a' chunntais a leantainn le suirbhidh beag ann an sgìre deuchainn taobh deas Ghlaschu. Bha seo a' coimhead gu sònraichte air ceistean ùra air stait càraidh nan taighean agus air teachd-a-steach, agus air na ceistean cinnidheachd atharraichte.

2.8 Chaidh measadh cùramach a dhèanamh air na toraidhean.<sup>12</sup> B' iad na prìomh cho-dhùnaidhean:

- bha an deuchainn ag amas air measadh a dhèanamh air dè cho èifeachdach 's a bha libhrigeadh leis a' Phost Rìoghail an coimeas ri libhrigeadh làimhe leis na h-àireamhaichean. Sheall e gun robh libhrigeadh àireamhaiche buailteach còmhach nas fheàrr a thoirt seachad seach nach robh am Post Rìoghail gu co-chòrdail a' libhrigeadh gu na h-àiteachan-còmhnaidh uile (gu h-àraid àitreabhan falamh agus dachannan shaor-làithean). Bha tadhal pearsanta bho àireamhaiche ga dhèanamh nas fhasa daoine a bha feumach air cuideachadh aithneachadh, agus bha ceisteachan crìochnaichte nas buailtiche tilleadh ma chaidh a libhrigeadh le àireamhaiche seach tighinn tron phost. A bharrachd, tha àireamhaichean ann an suidheachadh nas fheàrr gus measadh far am faodadh còrr is aon thaigheadas a bhith ann an àite-fuirich. Chaidh libhrigeadh leis a' Phost Rìoghail aithneachadh mar an roghainn a b' fheàrr ann an sgìrean le àireamh-sluaigh ìseal, far a bheil libhrigeadh le àireamhaiche do-sheachanta daor, an stoc thaigheadais an ìre mhath seasmhach agus far a bheil an àireamh dhaoine a tha 'doirbh an cunntais' coimeasach ìseal. Dh'fhaoidte gur e seo cuideachd, mar cheum dheireannach, an roghainn as fheàrr ann an sgìrean a bhiodh cunnartach do dh'àireamhaichean, fiù 's ag obair ann an dithisean no mar sgioba – no ma tha cùis-èiginn ann a tha a' ciallachadh nach biodh e math àireamhaichean a bhith a' tadhal air taigheadasan (leithid aig àm a' ghalair roilich ann an 2001).
- chaidh an deuchainn a dhealbhadh gus ceangal a leasachadh le coimhearsnachdan a dh'fhaodadh a bhith mì-chinnteach mu bhith a' lìonadh ceisteachan a' chunntais, no a bha gu traidiseanta ann am buidhnean a bha 'doirbh an cunntais' – agus mar sin gus com-pàirteachas a bhrosnachadh. Tha e do-dhèanta èifeachdas nan oidhirpean seo a thomhais gu h-iomlan. Bha na sgìrean a chaidh a thaghadh doirbh an àireamhachd, agus bha com-pàirteachas san deuchainn saor-thoileach. Mar sin, bha an reata freagairt fada na b' ìsle na bhithear a' dùileachadh sa chunntas fhèin – a' caochladh bho mu 31% ann an ceann a tuath Ghlaschu gu 60% ann an Loch Abar. Ach a rèir an reata freagairt ìseal, cha robh oidhirpean gus coimhearsnachdan ionadail a chom-pàirteachadh cho soirbheachail sa bhathar an dùil. Air an làimh eile, bha fianais ann air soirbheachadh am measg coimhearsnachd an luchd-siubhail siopsach agus le oidhirpean gus àireamhaichean a thogail bho bhuidhnean mion-chinnidh. Bha co-obrachadh le comhairlean ionadail cuideachd na bhuannachd mhòr don deuchainn, agus gach aon dhiubh ag ainmeachadh ball luchd-obrach cunntais mar neach-fios. Mar sin shoilleirich an deuchainn cho cudromach 's a bha ceangal

---

<sup>12</sup> Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba (2007). *2006 Census Test Evaluation Report* faic <http://www.gro-scotland.gov.uk/census/censushm2011/index.html>

coimhearsnachd agus thug i seachad am bunait airson obair a bharrachd.

- bha e na adhbhar chudromach don deuchainn sgrùdadh co dhiubh a chuireadh ceist mu theachd-a-steach (ri bhith air a freagairt leis an taigheadas còmhla, seach fa leth) daoine far a bhith a' freagairt. Cha do sheall an deuchainn gun robh droch bhuaidh air reataichean freagairt: thill 44.4% de thaigheadasan don deach foighneachd mu theachd-a-steach na ceisteachain, an coimeas ri 44.7% de thaigheadasan do nach deach foighneachd mu theachd-a-steach. Den fheadhainn a thill ceisteachain, lìon cuibheasachd de 88% a' cheist air teachd-a-steach, ged a nochd 17% de luchd-freagairt gun robh iad mì-chofhurtail a' toirt seachad fiosrachadh mu theachd-a-steach.

2.9 Chaidh deuchainn cunntais coltach ris a seo a chumail ann an Sasainn, sa Chuimrigh agus ann an Èirinn a Tuath ann an Cèitean-Òg-mhìos 2007. Bha i cuideachd airson measadh a dhèanamh air a' bhuaidh a bha aig ceist air teachd-a-steach a ghabhail a-steach agus air cho èifeachdach 's a bha e ceisteachain a libhrigeadh tron phost. Chaidh aire a ghabhail don mheasadh air na puingeann seo, agus leasain eile bhon deuchainn, ann an obair leasachaidh a bharrachd ann an Alba.

2.10 Chaidh prògram farsaing airson a bhith a' dèanamh deuchainn tuigse air briathrachas ceiste agus dealbhadh ceisteachain a ghabhail os làimh, gus dèanamh cinnteach gun robh daoine a' tuigsinn agus a' measrachadh a' cheisteachain. Chaidh deuchainn a dhèanamh air tuigse cheistean gu h-àraid ann an Alba gus deuchainn a dhèanamh air ceistean mu theachd-a-steach, cànan agus teisteanasan. Chaidh oidhirp shònraichte a chur an lùib a bhith a' dèanamh deuchainn air ceistean ath-sgrùdaichte air cinnidheachd (faic Caibideal 3).

2.11 Thathar an dùil ro-aithris cunntais a chumail sa Mhàrt 2009, dìreach dà bhliadhna mus bi an cunntas ann. Tha e ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil na modhan uile airson ceisteachain a' chunntais a libhrigeadh agus a chruinneachadh, agus na siostaman airson a bhith ag obrachadh an dàta agus a' toirt thoraidhean gu buil, èifeachdach. Tha e cuideachd a' toirt seachad cothrom deireannach gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-freagairt a' gabhail ris a'cheisteachan. Thèid an aithris a chumail ann an taobh siar Dhùn Èideann (40,500 taigheadas) agus ann an Leòdhas agus Na Hearadh sna h-Eileanan Siar (10,400 taigheadas). Chaidh na sgìrean seo a thaghadh seach gu bheil iad a' toirt seachad thar-earrainn de dh'Alba: sgìrean dùthchail agus bailteil, taigheadasan agus àitreabhan coitcheann leithid ospadalan, àiteachan-fuirich do dh'oileanaich agus dachannan-cùraim, sgìre far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn agus sgìre le co-roinn coimeasach àrd de bhuidhnean mion-chinnidheach. Thathar a' dealbhadh aithrisean leasachail de dh'obair a' chunntais ann an Sasainn, sa Chuimrigh agus ann an Èirinn a Tuath airson Foghar 2009. Bheir na leasain a thèid ionnsachadh bho na h-aithrisean seo fiosrachadh do na co-dhùnaidhean deireannach mu stiùireadh a' chunntais.

### **Caibideal 3 – Àireamh-sluaigh agus cuspairean sa chunntas**

#### Bunait na h-Àireimh-shluaigh

3.1 Gu traidiseanta, tha gach cunntas deich-bliadhna a' còmhach gach neach ann an Alba. Thathar a-rithist a' moladh seo airson Cunntas 2011. Ro Chunntas 2001, bha an cunnt a' còmhach dhaoine a bha an làthair aig seòladh **air oidhche a' chunntais**, agus bha cunntan de luchd-còmhnaidh air an tuairmse le bhith 'a' gluasad' luchd-tadhail air ais chun an àite-chòmhnaidh àbhaisteach aca. Ach, ann an co-chomhairle ro Chunntas 2001, chuir luchd-cleachdaidh an cèill gu làidir gum b' fheàrr leotha gun cunntadh an cunntas daoine **aig an àite-chòmhnaidh àbhaisteach aca**, co dhiubh a bha no nach robh iad an làthair ann air oidhche a' chunntais. Chaidh an t-atharrachadh seo a dhèanamh. Gus an t-eallach air a' phoball a lùghdachadh, chaidh co-dhùnadh a ghabhail gun luchd-tadhail a chunntais idir.

3.2 Tha fianais ann, ge-tà, gun deach cuid de dhaoine fhàgail a-mach à Cunntas 2001 gu tur seach nach deach an glacadh aig an t-seòladh aca air oidhche a' chunntais, is seach nach robh soilleireachd gu leòr ann a thaobh far am bu chòir luchd-tadhail a chlàradh. Mar sin, ged a thathar a-rithist a' moladh daoine àireamhachd far an 'àbhaist dhaibh a bhith a' còmhnaidh', ann an 2011 thèid fiosrachadh cuingealaichte cuideachd a chruinneachadh mu luchd-tadhail (a' gabhail a-steach luchd-tadhail bho thall-thairis) aig gach seòladh. Thèid mion-sgrùdadh fa leth a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil gan gabhail a-steach, far a bheil sin iomchaidh, sa chunntas.

3.3 Thèid ceisteachan a thoirt do gach taigheadas airson a lìonadh, is bidh ceistean ann mun taigheadas gu h-iomlan agus mu gach neach is àbhaist a bhith an làthair san taigheadas. A bharrachd, bidh àite sa cheisteachan airson 's gun clàr an neach-taighe an àireamh luchd-tadhail a tha an làthair air oidhche a' chunntais, agus feartan bunaiteach eòlas-sluaigh (leithid aois, gnè agus seòladh àbhaisteach). Ma 's àbhaist don luchd-tadhail sin a bhith a' còmhnaidh an àite eile san RA, bidh e mar riathanas orra cuideachd fiosrachadh iomlan a thoirt seachad air ceisteachan a' chunntais aig an t-seòladh àbhaisteach aca.

3.4 Mar a rinneadh roimhe, thèid oileanaich agus clann a tha ann an sgoiltean-còmhnaidh a chunntais aig an t-seòladh teirme aca, ge brith càite bheil iad air latha a' chunntais. Tha seo a' dèanamh a' chunntais co-chòrdail ris a' bhunait airson nan tuairmsean bliadhnail air an àireimh-sluaigh.

3.5 Thèid ceisteachain fa leth airson an lìonadh a thoirt do dhaoine a tha a' fuireach ann an 'àitreabhan coitcheann' leithid taighean-òsta, ospadalan agus dachannan-cùraim. Thèid rèiteachaidhean sònraichte a dhèanamh airson àireamhachd sheòrsachan eile àitreabhan coitcheann, leithid prìosain agus gearastain nam feachdan armaichte (faic Caibideal 4).

3.6 Thathar a' leantainn nan aon riaghailtean ann an Sasainn, sa Chuimrigh agus ann an Èirinn a Tuath. Mar sin, thèid luchd-còmhnaidh uile na RA àireamhachd aig an t-seòladh far an àbhaist dhaibh a bhith a' còmhnaidh aig àm a' chunntais. Ma thachras dhaibh a bhith air falbh air oidhche a'

chunntais, co dhiubh is ann san RA no thall-thairis, bidh iad air an gabhail a-steach air ceisteachan an taigheadais aca. Thèid luchd-tadhail a shònrachadh don àite-còmhnaidh àbhaisteach. Bidh na cunntasan a thig às an àireimh dhaoine is àbhaist a bhith a' còmhnaidh ann an sgìre nam bunait cunntais àireamh-sluaigh a' chunntais agus tuairmsean de mheud àireamh-sluaigh na h-Alba san àm ri teachd. Seach gu bheil e fìor chudromach gum bi na figearan seo cho ceart 's a ghabhas, bidh e mar riatanas air daoine ann an taigheadasan far nach robh duine an làthair air oidhche a' chunntais, ceisteachan cunntais a chrìochnachadh nuair a thilleas iad chun an àite-còmhnaidh àbhaisteach aca, ma tha seo taobh a-staigh sia mìosan bho oidhche a' chunntais. Thèid cuibhreann staitistigeil a dhèanamh airson taigheadasan neo-làthaireach nach till ceisteachan taobh a-staigh na h-ùine sin, mar phàirt den mheasadh còmhdach às dèidh a' chunntais (faic caibideal 5).

#### Mìneachadh ath-sgrùdaichte de 'thaigheadas'

3.7 Airson nan cunntasan ann an 1991 agus 2001, chaidh òrdan a thoirt do dh'àireamhaichean ceisteachan cunntais a thoirt do gach taigheadas fa leth – a bha air a mhìneachadh mar:

*'an dàrna cuid aon neach a' fuireach leis fhèin no buidheann dhaoine (nach fheum a bhith càirdeach dha chèile) a' fuireach aig an aon sheòladh le banas-taighe coitcheann.'*

Airson an adhbhair seo chaidh 'banas-taighe coitcheann' a mhìneachadh mar:

*'a' co-roinn co-dhiù aon suidhe-bidhe san latha no a' co-roinn seòmar-fuirich no seòmar-suidhe.'*

3.8 Ach, cha robh e furasta do luchd-thaigheadasan am mìneachadh airson 'thaigheadas' a leantainn. Bhathar gu h-àraid den bheachd gun robh am briathar 'banas-taighe coitcheann' a' fàs seann-fhasanta is nach robhar ga thuigsinn ceart. Chaidh tuilleadh co-chomhairle le luchd-cleachdaidh, agus prògram rannsachaidh is deuchainn leis a' phoball a ghabhail os làimh gus bun-bheachd nas fhasa a thuigsinn a chur ri chèile, a bha a' sealltainn suidheachaidhean-fuirich an latha an-diugh (gu h-àraid àiteachan-fuirich le tòrr luchd-fuirich). Is e am mìneachadh a thathar a' moladh airson Cunntas 2011 (air feadh na RA):

*'Is e taigheadas: aon neach a' fuireach leis fhèin; no buidheann dhaoine (nach fheum a bhith càirdeach dha chèile) a' fuireach aig an aon sheòladh agus a' co-roinn ghoireasan còcaireachd agus a tha cuideachd a' co-roinn seòmar-fuirich no seòmar-suidhe no àite-ithe.'*

3.9 Tha am mìneachadh sin co-chòrdail ri molaidhean làithreach Co-labhairt Luchd-staitistig na h-Eòrpa airson na h-ath chuairt de chunntasan.<sup>13</sup> Ged nach eil e dìreach co-ionann ris a' mhìneachadh a chaidh a chleachdadh

---

<sup>13</sup> Coimisean Eaconamach DA na h-Eòrpa (2006). *Conference of European Statisticians' Recommendations for the 2010 Censuses of Population and Housing.*

ann an Cunntas 2001, tha e coltach ris a' mhìneachadh obrachail a chaidh a chleachdadh ann an gnìomh le àireamhaichean 2001. Mar sin cha bu chòir don eadar-dhealachadh buaidh a thoirt air coimeasan eadar toraidhean chunntasan 2001 agus 2011.

#### Riathanasan airson cuspairean ceiste

3.10 Is iad na ceistean as motha a bha a dhìth air prìomh luchd-cleachdaidh fiosrachadh a' chunntais a chaidh a mholadh – gu h-àraid riaghaltas meadhanach agus ionadail, seirbheis na slàinte, an roinn mhargaideachaidh agus sgoileireach, buidhnean coimhearsnachd ionadail agus buidhnean saor-thoileach. Tha ceistean air an cuingealachadh ri feadhainn a thathar an dùil a bheir seachad dàta earbsach is neo-mhearachdach sa chunntas, agus far nach eil tobar coimeasach is ruigsinneach eile den fhiosrachadh sin ri fhaotainn, cuide ri fiosrachadh eile.

3.11 Rè ùine na co-chomhairleachaidh, mhol luchd-cleachdaidh àireamh fada nas motha de cheistean na b' urrainnear a chur ann an ceistean chunntais leis an dùil reusanta gun crìochnaichadh taigheadasan iad. Bha sin a' gabhail a-steach nan cuspairean uile a chaidh a chòmhdach ann an Cunntas 2001, a bharrachd air cuspairean eile leithid dearbh-aithne nàiseanta, teachd-a-steach, cànan, ciorram, dàrna àiteachan-fuirich, bliadhna tighinn a-steach don RA agus stiùireadh gnèitheach. Ann a bhith a' dèanamh taghadh deireannach de na ceistean, feumar co-dhùnaidhean doirbh a ghabhail eadar tagraidhean nan diofar cheistean, a' cothromachadh na feumalachd airson atharrachadh mu choinneamh leanailteachd. Chaidh grunn slatan-tomhais a chleachdadh gus neart na cùise airson gach cuspair a mheasadh.

#### Slatan-tomhais airson ceistean a thaghadh

3.12 Feumaidh cuspairean coinneachadh ri feumalachd luchd-cleachdaidh a tha cudromach is air a taisbeanadh gu soilleir. Dh'fhaoidte gu bheil seo a' gabhail a-steach riarachadh ghoireasan cudromach, solarachadh seirbheise nas fheàrr, leasachadh phoileasaidhean ùra no a bhith a' cumail sùil air poileasaidhean a tha ann mar-thà.

3.13 Feumaidh am fiosrachadh a bhith fìor chudromach gu nàiseanta. Is e aon de neartan a' chunntais gu bheil e a' cruinneachadh fiosrachadh mionaideach airson àireamh mhòr de sgìrean beaga cruinn-eòlasach agus fo-bhuidhnean beaga den t-sluagh, nach urrainnear a chomharrachadh chun na h-aon ìre air dhòigh eile. Bhiodh e na b' èifeachdaiche a thaobh cosgais fiosrachadh nach eil air fheumachdainn ach airson sgìrean nas motha (leithid sgìrean ùghdarras ionadail), no fiosrachadh nach eil air fheumachdainn ach mu bheagan sgìrean beaga sònraichte, a chruinneachadh tro dhòigh eile leithid suirbhidhean sampail no suirbhidhean a tha air an amas gu h-ionadail.

3.14 Is e an dàran feart cudromach a thaobh dàta chunntais gu bheil comas ann caochladairean àraid a mhion-sgrùdadh mu choinneamh a chèile (mar eisimpleir, stait slàinte dhiofar buidhnean cinnidh aig diofar aoisean). Cuidichidh an fheum airson mion-sgrùdadh ioma-chaochladair leithid seo gus

ceist cunntais fhìreanachadh – gu h-àraid ma tha iad a' toirt taic dha chèile (gach fear a' toirt seachad fiosrachadh a nì an fheadhainn eile nas feumaile).

3.15 Tha coimeas le cunntasan a rinneadh roimhe (agus le dùthchannan eile) na thaobh chudromach eile de mhion-sgrùdadh chunntasan. Mar sin cha bu chòir susbaint ceisteachain atharrachadh bho aon chunntas chun an ath fhear gun deagh adhbhar agus chaidh aire dhlùth a thoirt do bhith a' dèanamh coimeas le susbaint ceisteachan Cunntas 2011. Coltach ris a seo, chaidh aire a ghabhail do dh'iarrrtas luchd-cleachdaidh airson comas toraidhean cunntas na h-Alba a choimeas ri pàirtean eile den RA, cuide ris an fheum airson toraidhean a thoirt seachad gus coinneachadh ri riatanasan staitistigeil eadar-nàiseanta.

3.16 Bu chòir gabhail a-steach cheistean sònraichte nochdadh, ann an deuchainnean, nach eil iad air droch bhuaidh chudromach sam bith a thoirt air a' chunntas iomlan – gu h-àraid ìre freagairt a' phobaill. Tha e cuideachd riatanach dèanamh cinnteach gun urrainnear ceistean gnìomhach a chur ri chèile gus dàta de chàileachd iomchaidh is tomhaiseil a chruinneachadh airson coinneachadh ri riatanasan luchd-cleachdaidh.

3.17 Tha an cunntas èigneachail, agus tha a' mhòr-chuid de cheisteachain air an lìonadh leis an neach-taighe gun chuideachadh. Mar sin, sa bhitheantas cha bu chòir don chunntas:

- fiosrachadh iarraidh a tha mì-reusanta doirbh a thoirt seachad;
- ceistean ris am feumar dèiligeadh gu cùramach no a dh'fhaodadh a bhith ro dhàna airson am foighneachd;
- ceistean fhoighneachd a tha a' feumachdainn mìneachadh fada gus dèanamh cinnteach à freagairt neo-mhearachdach (oir tha rannsachadh air sealltainn nach bi daoine a' leughadh stiùiridhean mionaideach sa bhitheantas); agus
- foighneachd mu bheachdan no bheachd-smuaintean.

3.18 Feumar aire a ghabhail don chosgais a tha an lùib a bhith a' cruinneachadh is ag obrachadh an dàta. Ma tha ceist ann a tha fìor dhoirbh a còdadh, a tha a' cur feum air obrachadh farsaing no a tha a' cur gu mòr ri cosgais a' chunntais air dhòigh eile, sa bhitheantas cha tèid a gabhail a-steach.

3.19 Sa bhitheantas cha bu chòir don chunntas a bhith a' sireadh ach fiosrachadh do nach eil tobar so-dhèante eile ann. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh dàta coltach ris a bhith air a chruinneachadh le roinn no buidheann eile riaghaltais, no le suirbhidhean dealbhte a tha ann mar-thà, no dh'fhaodadh an dàta a bhith ri fhaotainn ann an clàran rianachd. Dh'fhaoidte gu bheil suirbhidhean nan dòigh nas fheàrr gus dàta a chruinneachadh, oir is urrainn do luchd-agallaimh fiosrachaidh nas mionaidiche a shireadh is mì-chinntean a rèiteach – agus dh'fhaoidte gum bi na toraidhean aca rim faotainn nas luaithe. Tha atharrachaidhean teicneolasach is laghail ga dhèanamh nas fhasa dàta a cheangal bho thobraichean rianachd, a' daingneachadh no a' dol an àite dàta cunntais. Thèid ath-bhreithneachadh a dhèanamh air

freagarrachd is ruigsinneachd nan tobraichean rianachd seo airson chuspairean uile mus tèid an deasachadh deireannach a dhèanamh air Cunntas 2011.

3.20 Tha an cunntas air a dhèanamh dìreach airson adhbharan staitistigeil. Mar sin chan fhaodar a chleachdadh gus dàta a chruinneachadh a dh'aon ghnòthaich gus buidhnean poileataigeach no buidheannach a bhrosnachadh, no gus adhbharan àraid a sponsaireachd. Feumar beachdachadh air an eallach don neach-fhreagairt – mar sin tha an rùm a tha ri fhaotainn air a' cheisteachan, agus dealbhadh is meud ceiste, cudromach ann a bhith a' co-dhùnadh co dhiubh is urrainnear no nach urrainnear fiosrachadh àraid a chruinneachadh sa chunntas. Tha Achd nan Cunntasan 1920 a' cuingealachadh nan cuspairean a dh'fhaodas a bhith air an gabhail a-steach ann an cunntas: feumar gach cuspair a sgrùdadh airson dèanamh cinnteach gu bheil e a' gèilleadh ris an Achd. Tha an AE air reachdas a dhèanamh mu shusbaint nan cunntasan nàiseanta agus tha stiùiridhean eadar-nàiseanta ann mar-thà gus coimeas eadar toraidhean staitistigeil a chomasachadh. Tha na molaidhean airson 2011 a' gabhail aire dhiubh seo. Tha iad cuideachd a' gabhail aire gu bheil e math na h-aon cheistean no ceistean coimeasach fhoighneachd air feadh na RA, gus an urrainn do luchd-cleachdaidh na suidheachaidhean ann an Alba a choimeas ris an fheadhainn sa chòrr den RA.

#### Cuspairean agus ceistean taghte

3.21 Tha na ceistean a thathar an dùil foighneachd ann an Cunntas 2011 air an sealltainn sa chlàr gu h-ìseal. Bidh iad seo air an gabhail a-steach ann an ro-aithris a' chunntais ann an 2009 (tha an ceisteachan airson seo ri fhaotainn air làrach-lìn Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba aig <http://www.gro-scotland.gov.uk/census/censushm2011/index.html>) agus tha iad air an dealbhachadh ann an dòigh nas mionaidiche sna paragrafan a leanas. Às dèidh luachadh air ro-aithris a' chunntais, thèid na ceistean a tha gu bhith air an gabhail a-steach ann an Cunntas 2011 a mhìneachadh ann am fo-reachdas airson aonta le Pàrlamaid na h-Alba tràth ann an 2010 (faic Caibideal 7). Bidh duilleag cheistean a bharrachd ann airson gach neach, an coimeas ri Cunntas 2001, gus àite a thoirt do bharrachd cheistean is roghainnean freagairt, ach a rèir fianais cha toir seo mòran lùghdachaidh air an ìre freagairt.

#### Taigheadasan uile, co dhiubh a tha no nach eil duine a' fuireach annta

- seòladh, a' gabhail a-steach an còd-puist

#### Taigheadasan uile

- àireamh agus ainm an luchd-còmhnaidh àbhaisteach uile, co dhiubh a tha iad an làthair no air falbh airson ùine shealach air oidhche a' chunntais;
- ainm, seòladh àbhaisteach, gnè agus ceann-là-breith neach-tadhail sam bith a tha an làthair air oidhche a' chunntais;

- gabhaltas an àite-fuirich;
- seòrsa àite-fuirich (agus co dhiubh a tha no nach eil e fèin-chumte);
- seòrsa uachdarain (airson taigheadasan ann an àiteachan-fuirich air màl);
- an àireamh sheòmraichean;
- an seòrsa teas meadhain;
- an àireamh chàraichean no bhanaichean a tha leotha fhèin no rim faotainn dhaibh; agus
- teachd-a-steach an taigheadais (cha deach seo fhoighneachd ann an 2001).

Àitreabhan coitcheann uile (dachannan cùraim, tallaichean-còmhnaidh oilthighean msaa)

- seòrsa àitribh;
- buidheann ceannaiche;
- stiùireadh; agus
- inbhe nan daoine a tha an làthair air oidhche a' chunntais.

Luchd-còmhnaidh uile

Ceistean eòlas-sluaigh

- ainm, gnè agus ceann-là-breith;
- inbhe phòsta (a' gabhail a-steach inbhe com-pàirteachais catharra – nach deach fhoighneachd ann an 2001);
- dàimh le càch san taigheadas (chan eil seo gu bhith air fhoighneachd do luchd-còmhnaidh ann an àitreabhan coitcheann); agus
- inbhe oileanaich agus seòladh ùine-teirme.

Ceistean mu imrich

- dùthaich bhreith;
- mìos agus bliadhna tighinn don RA (nach deach fhoighneachd ann an 2001); agus
- seòladh àbhaisteach bho chionn bliadhna.

Ceistean mu chòmhdhail gu obair agus sgoilearachd

- seòladh obrach/sgoilearachd; agus
- modh còmhdhail.

Ceistean mu shlàinte agus cùram

- cùram do chàch;
- slàinte choitcheann;
- cumha sàinte no ciorram a tha na bhacadh san ùine-fhada; agus
- nàdar a' chumha slàinte no a' chiorraim (nach deach fhoighneachd ann an 2001).

Ceistean mu chinnidheachd, cànan agus creideamh

- dearbh-aithne nàiseanta (nach deach fhoighneachd ann an 2001);

- buidheann chinnidh;
- cànan (3 ceistean, an àite aon ann an 2001); agus
- creideamh làithreach.

**Ceistean mu theisteanasan agus cosnadh**

- teisteanasan;
- gnìomhan an t-seachdainn-sa chaidh;
- eachdraidh obrach;
- dreuchd (6 ceistean); agus
- uairean a chaidh obrachadh.

Luchd-tadhail uile ann an taigheadasan

- Ainm, gnè agus ceann-là-breith; agus
- Seòladh àbhaisteach (no dùthaich chòmhnaidh àbhaisteach mura h-eilear a' còmhnaidh san RA).

Ceistean a tha rim foighneachd aig gach seòladh

3.22 Thèid gach ceisteachan taigheadais a chlà-bhualadh ro-làimh le seòladh an togalaich. Thèid seo a thoirt bhon liosta seòlaidh as fheàrr a bhios ri fhaotainn ann an 2011 – dh'fhaoidte measgachadh de 'Faidhle Seòladh Puist' a' Phuist Rìoghail agus an *National Gazetteer* a tha air a chruthachadh is air a chumail suas le ùghdarrasan ionadail na h-Alba. Tha e do-sheachanta ge-tà, gun tèid cuid de sheòlaidhean fhàgail às – mar as buailtiche taighean a tha air an ùr thogail agus togalaichean a tha air an roinn. Lorgaidh àireamhaichean a bhios a' libhrigeadh nan ceisteachan togalaichean ùra agus bidh cuid de sheòlaidhean mearachdach. Mar sin thèid iarraidh air neach an taighe dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh an t-seòlaidh ceart, agus atharrachadh mura h-eil.

3.23 Thèid còd-puist gach seòladh a chleachdadh gus gach taigheadas a ghabhail a-steach ann an Sgìre Thoraidh airson staitistig a' chunntais a thaisbeanadh (faic Caibideal 5). Cha tèid dàta cunntais – ach a-mhàin cunntasan-cinn sìmplidh – a sgaoileadh ach airson cruinneachaidhean de còdan-puist a tha mòr gu leòr gus dèanamh cinnteach nach bi e comasach daoine aithneachadh (faic Caibideal 6).

Ceistean mu gach taigheadas

3.24 Thèid cuid de cheistean fhoighneachd mun taigheadas iomlan. Tha fiosrachadh mun àireimh thaigheadasan air a chleachdadh airson a bhith a' riarachadh ghoireasan, a' dealbhadh solar thaigheadasan san àm ri teachd, a' leasachadh poileasaidh leasachadh thaigheadasan, a' comharrachadh sgìrean mì-leasachaidh agus airson raon adhbharan eile.

3.25 Ma tha togalach falamh air oidhche a' chunntais is mura deach ceisteachan a thilleadh, clàraidh an t-àireamhaiche beagan fiosrachaidh bunaiteach mun togalach, a thèid a chleachdadh gus cur ris an fhiosrachadh

a tha air a chruinneachadh bho àiteachan-fuirich anns a bheil daoine a' còmhnaidh.

3.26 Bheir an cunntas seachad fiosrachadh mun àite-fuirich a tha gach taigheadas a' cleachdadh. Bheir e cuideachd seachad cunnt de dh'àiteachan-còmhnaidh, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha falamh agus an fheadhainn a tha air an co-roinn le dà thaigheadas no barrachd. Seallaidh seo an dòigh sa bheil a' cleachdadh stoc an taigheadais is bheir e seachad bunait làidir airson a bhith a' measadh iarrtasan làithreach agus teachdail fhad 's a tha àireamh is seòrsa nan taigheadasan ag atharrachadh. Chan eil tobar dàta sam bith eile a' toirt fiosrachadh cho cuimseach seachad air stoc taigheadais an dà chuid aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Aig ìre ionadail, 's e an cunntas an aon tobar fiosrachaidh air taigheadas a dh'fhaodas a bhith air a choimeas gu nàiseanta agus tha e air a chleachdadh gu farsaing ann an toimhsean de làn-chòirean tabhartais ùghdarrasan ionadail do dh'ùghdarrasan ionadail. Tha toimhsean de thaigheadas uireasbhach agus dùmhachadh air an cleachdadh an uair a thathar a' dèanamh cho-dhùnaidhean mu ìrean taigheadais is tasgaidh agus ann a bhith ag amas air prògraman a tha a' cur aghaidh ri feumalachdan sòisealta is eaconamach ann an sgìrean bailteil is dùthchail. Thèid na ceistean a leanas fhoighneachd.

3.27 Thèid ceistean mun **t-seòrsa àite-fuirich** sa bheil an taigheadas a' còmhnaidh agus co dhiubh a tha no nach eil an t-àite-fuirich **fèin-chumte** a chleachdadh gus eadar-dhealachadh a dhèanamh eadar àiteachan-còmhnaidh fa leth, agus thèid feartan an àite-fuirich a chleachdadh ann an àiteachan-còmhnaidh a tha air an co-roinn le dà thaigheadas no barrachd. Thèid taigheadasan a tha a' còmhnaidh ann an carabhanaichean agus structaran sealach eile a chomharrachadh.

3.28 Seallaidh ceistean mu **ghabhaltas an àite-fuirich** agus **an seòrsa uachdaran** (ma tha an t-àite-fuirich air fhadhadh air màl) na tha den stoc thaigheadais anns gach sgìre le luchd-seilbh a tha a' fuireach annta, agus co dhiubh a tha no nach eil morgaidse air, no ma 's e taigheadas leis an ùghdarras ionadail a tha ann, no ma tha e air fhadhadh gu prìobhaideach no air a chumail ann an seòrsachan gabhaltais eile.

3.29 Cuidichidh ceist mun **àireimh sheòmraichean** taobh a-staigh an àite-fuirich gus sealltainn, cuide ri àireamh is feartan nan daoine anns gach taigheadas, na h-ìre chun am faodadh an t-àite-fuirich a bhith air a dhùmhachadh no fho-chleachdadh.

3.30 Chan eil a' cheist a bha sa chunntas o chionn fhada, mu co dhiubh a tha no nach eil an dàrna cuid amar/fras no taigh-beag, no an dà chuid, aig taigheadasan is gun ach iad fhèin gan cleachdadh, a-nis na thaisbeanair math gu leòr airson goireasan a riarachadh airson leasachadh is ùrachadh thaigheadais – seach gu bheil an ìre thaighean aig nach eil na goireasan seo a-nis cho beag. Air sgàth seo, chaidh a' cheist sin fhàgail a-mach à Cunntas 2011. Ach leanaidh a' cheist air cothrom air agus seòrsa **teas meadhain** air adhart fhathast ge-tà, gus tomhas mu inbhe taigheadais a thoirt seachad.

3.31 Foighnichidh ceist, a chaidh a ghabhail a-steach sa chunntas bho 1971, co mhead **càr no bhan a tha leis an taigheadas fhèin no rim faotainn airson an cleachdadh leis**. Cuidichidh e gus sgìrean a chomharrachadh far a bheil còmhhdail prìobhaideach a' cur a' chuideim as motha air rùm rathaid agus sgìrean far a bheil daoine nas buailtiche a bhith an eisimeil còmhhdail poblach. Thèid na staitistig cuideachd a chleachdadh ann a bhith a' ro-innse ìrean sealbhachadh càir san àm ri teachd, sgrùdaidhean a thaobh cleachdadh rathaid agus measaidhean a thaobh na feumalachd airson tasgadh ann an còmhhdail poblach san àm ri teachd.

3.32 Thathar a' moladh ceist air **teachd-a-steach taigheadais** a ghabhail a-steach airson a' chiad uair. Dh'fhaodadh seo tomhas a thoirt seachad air bochdainn/beairteas coimeasach ann an sgìrean beaga agus am measg bhuidhnean beaga den àireimh-sluaigh, nach eil ri fhaotainn bho thobar sam bith eile. Tha co-chomhairle air sealltainn gum biodh dàta mu theachd-a-steach fìor luachmhor do raon farsaing luchd-cleachdaidh, gu h-àraid airson fios a chur ri poileasaidhean gus aghaidh a chur ri ana-cothrom, ged a thathar a' dùileachadh nach bi an dàta foirfe. Cha do sheall deuchainn cunntas 2006 fianais sam bith de lùghdachadh ann an reataichean freagairt eadar taigheadasan a fhuair ceist air teachd-a-steach agus an fheadhainn nach d'fhuair. Ach, rè an ro-aithris ann an 2009, thèid sùil a chumail a-rithist air beachdan a' phobaill a thaobh na ceiste agus thèid a fàgail a-mach à ceisteachan Cunntas 2011 ma thathar an dùil gun dèan i cron air ìrean freagairt.

#### Ceistean mu gach neach-còmhnaidh san taigheadas

3.33 Bidh mu leth nan ceistean a thathar a' cur air luchd-còmhnaidh ann an taigheadasan a' buntainn ris gach neach. Ach cha tèid na ceistean air teisteanasan, gnìomhan eaconamach, dreuchd agus gnìomhachas fhoighneachd ach do dhaoine aois 16 agus nas sine.

#### *Feartan bunaiteach sluaigh*

3.34 Is e an dreuchd as cudromaiche a tha aig a' chunntas cunnt neomhearachdach is ùghdarrasach a thoirt seachad de dh'àireamh nan daoine ann an Alba agus gus sealltainn far an àbhaist dhaibh a bhith a' fuireach – agus mar sin deuchainn-luathais ùr is aimsireil a thoirt seachad airson nan tuairmsean bliadhnail a thathar a' dèanamh air àireamhan-sluaigh airson sgìrean ionadail. Sna bliadhnachan eadar nan cunntasan, thathar ag ùrachadh nan tuairmsean bliadhnail àireimh-shluaigh (bhon bhunait cunntais mu dheireadh) le bhith a' cleachdadh fiosrachadh bho chlàran breith is bàis, agus tuairmsean imrich a tha stèidhichte air tobraichean leithid clàrachaidhean euslainteach le dotairean agus fiosrachadh bho Shuirbhidh Eadar-nàiseanta an Luchd-siubhail agus suirbhidhean eile. Às aonais na buaidh ceartachaidh a tha aig cunntas bho àm gu àm, bhiodh na tuairmsean seo a' sìor fhàs mì-earbsach, gu h-àraid airson sgìrean ionadail.

3.35 Feumaidh poileasaidhean ùine-fhada ann an riaghaltas agus ann an àiteachan eile aire a ghabhail de dh'àireamhan-sluaigh san àm ri teachd. Bidh tuairmsean àireimh-shluaigh a thèid ath-sgrùdadh às dèidh a' chunntais nam

bunait airson a bhith a' ro-innse àireamhan dhaoine is thaigheadasan sna bliadhnan a tha ri teachd, agus thèid an cleachdadh gus measadh a dhèanamh air an iarrtas a tha buailteach a bhith ann airson batharan is seirbheisean, an dà chuid sna h-earrainnean poblach is prìobhaideach.

3.36 Tha ceistean mu **ghnè, ceann-là-breith agus inbhe phòsta** bunaiteach don fhiosrachadh mhòr staitistigeil mun àireimh-sluaigh – a' toirt cothrom aois agus reataichean gnè-sònraichte a thomhas bho ghalarachas, bàsalachd, torachas, pòsadh agus sgaradh-pòsaidh. Tha am fiosrachadh seo a' toirt seachad bunait airson clàran actuaraidheil, a bheir cothrom seachad gus sgrùdadh a dhèanamh air pàtrain agus dùil beatha, agus a tha air an cleachdadh airson raon adhbharan leithid a bhith a' dealbhadh pheinnseanan stàite agus àrachas beatha. Bheir mion-sgrùdadh air mar a tha taigheadasan air an dèanamh suas le measgachaidhean de dh'aois, gnè, inbhe phòsta agus dàimh seachad fiosrachadh air diofar sheòrsachan taigheadais (leithid teaghlaichean le pàrant leotha fhèin no dithis sheann daoine) agus bidh cothrom ann staitistig a dhèanamh air aonadan teaghlaich fa leth. Tha am fiosrachadh cuideachd a' toirt seachad iuchair airson a bhith a' tuairmse an iarrtais airson seirbheisean ùghdarras ionadail, leithid goireasan do dhaoine òga is aosta. Cuide ri fiosrachadh cunntais eile, tha am fiosrachadh air a chleachdadh gus tuairmse a dhèanamh (mar eisimpleir) air àireamhan is aoisean dhaoine a tha ag obair agus a tha air am fastadh ann an dreuchdan no gnìomhachasan sònraichte. Às dèidh Achd a' Chom-pàirteachais Chatharra 2004, chaidh a' cheist thraidiseanta mu inbhe phòsta a leudachadh gus leigeil le daoine an inbhe com-pàirteachais catharra a nochdadh.

3.37 Ann an taigheadasan de dhithis dhaoine no barrachd, thèid ceist fhoighneachd mun **dàimh eadar gach neach san taigheadas**. Bheir am fiosrachadh seo seachad staitistig mu thaigheadasan, air am mion-sgrùdadh a rèir co-chur teaghlaich agus thèid an cleachdadh, mar eisimpleir, le ùghdarrasan agus buidhnean a tha a' toirt seachad sheirbheisean do theaghlaichean agus a dh'fheumas fios fhaighinn mun àireimh theaghlaichean a tha ann is na h-atharrachaidhean a tha air a bhith a' gabhail àite a thaobh meud teaghlaich. Bheir measgachadh den fhiosrachadh seo le fiosrachadh mu ghnè seachad staitistig air an àireimh thaigheadasan far a bheil dithis den aon ghnè a' fuireach còmhla. Tha tagraidhean a' gabhail a-steach dealbhadh, àiteachan-fuirich agus seirbheisean do sheann daoine agus measadh den iarrtas a dh'fhaodadh a bhith ann airson taigheadas bho theaghlaichean òga agus taigheadasan le iomadh teaghlach.

#### *Imrich*

3.38 Iarraidh ceist mu imrich, a tha air a bhith sa chunntas bho 1961, airson **seòladh àbhaisteach aon bhliadhna ron chunntas** air gach neach. Far a bheil seo eadar-dhealaichte bhon t-seòladh làithreach àbhaisteach, bidh cothrom ann tomhas a dhèanamh air àireamhan is feartan dhaoine ann an taigheadasan a tha air gluasad bho aon sgìre gu sgìre eile. Thèid an àireamh ghluasadan a rèir gach seòrsa neach agus taigheadas eadar sgìrean is roinnean na dùthcha cuideachd a thomhas. Seallaidh na figearan feadhainn a tha air tighinn a-steach bho thaobh a-muigh na RA, ach mar a bhiodh dùil,

cha sheall iad feadhainn a tha air an RA fhàgail, sa bhliadhna ron a' chunntas. Foighnichidh ceist a bharrachd, a tha ùr do chunntas 2011, **mu mhìos agus bliadhna intrigidh don RA** do gach neach a rugadh taobh a-muigh na RA – agus fiosrachadh a leasachadh mu dhealbhannan luchd-imrich, a' gabhail a-steach measadh de dh'amalachadh sòisealta is eaconamach nan diofar bhuidhnean imrich thar ùine.

3.39 Tha am fiosrachadh seo gu h-àraid cudromach seach gu bheil imrich ag adhbhrachadh tòrr den atharrachadh san àireimh-shluaigh eadar chunntasan. Bheir am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh sa chunntas cothrom gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mu ìre is pàtrain imrich sna bliadhnachan san eadraiginn. Mar sin tha e fìor chudromach cunntas iomlan a ghabhail, agus tuigse nas fheàrr, den àireimh dhaoine is thaigheadasan a tha a' gluasad sa bhliadhna ron chunntas. An-dràsta 's e an cunntas an aon thobar de dhàta imrich earbsach airson sgìrean beaga, agus tha e a' toirt seachad barrachd fiosrachaidh na tobar sam bith eile mu fheartan eòlas-sluaigh an luchd-imrich agus seòrsachan gluasaid.

3.40 Bheir fiosrachadh bhon cheist thraidiseanta mu **dhùthaich bhreith** tuilleadh fiosrachaidh seachad mu luchd-imrich agus am feartan. Bheir am fiosrachadh seachad tuairmsean de dh'àireamhan is shuidheachaidhean choimhearsnachdan (uaireannan beag) dhaoine bho chaochladh dhùthchannan agus, gu h-àraid, fògarraich is luchd-comraich aig am faodadh feumalachdan sònraichte a bhith.

#### *Còmhhdhail gu obair agus sgoilearachd*

3.41 Tha ceistean mu **àite-obrach/àite sgoilearachd** agus **turas gu obair no sgoilearachd**, air an dealbhadh gus sealltainn far a bheil daoine a tha a' fuireach ann an sgìre ag obair no ag ionnsachadh, agus a chaochladh. Tha am fiosrachadh seo na bhunait airson a bhith a' tomhas phàtrain siubhail gu obair agus airson a bhith a' measadh a' chothromachd eadar taigheadas is obraichean. Tha an cunntas cuideachd a' cur ris an luach is an fheumalachd a tha aig tòrr staitistig ghnàthach cosnaidh a tha sa bhitheantas stèidhichte air sgìre an àite-obrach, le bhith a' toirt seachad mion-sgrùdadh a rèir àite-còmhnaidh. Bidh roinnean riaghaltais a' cleachdadh fiosrachadh mu far a bheil daoine le cosnadh a' fuireach is ag obair airson a bhith a' sònrachadh 'Sgìrean Siubhal gu Obair'. Tha iad seo a' toirt tuairmsean air margaidhean fastaidh fèin-chumte agus is iad na sgìrean as lugha don bheilear a' foillseachadh reataichean cion-cosnaidh. Bidh an riaghaltas a' cleachdadh fiosrachadh cion-cosnaidh airson sgìrean beaga, leithid uàrdan, ann a bhith a' comharrachadh sgìrean eisimpleireach ann am bailtean mòra dom bu chòir tuilleadh ghoireasan a bhith air an stiùireadh. Seallaidh seòladh an àite-obrach ceann-uidhe thurasan fa leth gu obair ann am buntanas ris an t-seòladh àbhaisteach (a bhios sa bhitheantas aig tùs an turais) agus bheir e seachad fiosrachadh mu na h-àireamhan a tha a' siubhal gu obair bho thùsan àraid gu cinn-uidhe àraid. Cuide ri fiosrachadh bhon cheist mu dhòigh siubhail gu obair, cuidichidh an dàta gus slighean siubhail-gu-obair agus iarrtas airson còmhhdhail poblach is prìobhaideach a chomharrachadh. Tha fiosrachadh mu sheòladh sgoilearachd cuideachd a' toirt cothrom airson a bhith a' tuigsinn

nan eadar-dhealachaidhean ann an cleachdaidhean siubhail dhaoine a bhios ri sgoilearachd an coimeas ri daoine a bhios ag obair.

3.42 Foighnichidh a' cheist mu **phrìomh chòmhdhail a thathar a' cleachdadh airson an turais gu obair no sgoilearachd**, airson na dòigh còmhdhail is àbhaist a bhith air a cleachdadh airson na pàirt as fhaide den turas. Tha mion-sgrùdaidhean mionaideach de shruthan còmhdhail obrach sònraichte a rèir na prìomh dhòigh siubhail air an cleachdadh ann a bhith a' dealbhadh còmhdhail poblach agus goireasan airson còmhdhail prìobhaideach.

*Buidheann chinnidh agus dearbh-aithne nàiseanta*

3.43 Chaidh ceist mu **bhuidheann chinnidh** a ghabhail a-steach an toiseach ann an Cunntas 1991. Tha am fiosrachadh air cothrom a thoirt do riaghaltas nàiseanta agus ionadail, ùghdarrasan slàinte agus feadhainn eile gus aire a ghabhail de dh'fheumalachdan sònraichte bhuidhnean mion-chinnidh. Gu sònraichte, tha a' cheist air figearan bun-ìre a thoirt seachad a bheir cothrom don riaghaltas sùil a chumail air mì-leasachadh a dh'fhaodadh a bhith am measg bhuidhnean mion-chinnidh. Tha an cunntas gu h-àraid cudromach seach gu bheil buidhnean mion-chinnidh ann an Alba ro bheag ann an àireimh (2% den àireimh-sluaigh aig àm Cunntas 2001) airson an glacadh gu h-èifeachdach air suirbhidhean sampail. 'S e an cunntas a-mhàin a tha a' toirt seachad fiosrachadh làidir aig ìre ionadail.

3.44 Chaidh càineadh a dhèanamh air a' cheist a chaidh fhoighneachd ann an Cunntas 2001 seach gun do mheasgaich i na bun-bheachdan de dhath (mar eisimpleir 'dubh') agus tùs cruinn-eòlasach (mar eisimpleir 'Àisianach'). Mar sin chaidh ath-bhreithneachadh a dhèanamh air seòrsachadh cinnidheachd na h-Alba, an co-bhoinn eadar Riaghaltas na h-Alba agus Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba, gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' nochdadh shuidheachaidhean ùr-nodha agus gu bheil taic na coimhearsnachd aige. B' e amas an ath-bhreithneachaidh seòrsachadh a bha làidir gu staitistigeil a mholadh, a tha a' coinneachadh ri feumalachdan luchd-cleachdaidh dhàta agus ris an gabh na buidhnean mion-chinnidh a fhreagras e. Chaidh an seòrsachadh ùr a leasachadh le bhith a' cleachdadh rannsachadh, co-chomhairle is deuchainn ceiste agus tha e stèidhichte air fianais chàileachdail agus chainneachdail. Air sgàth cho feumail 's a tha coimeas eadar cinnidheachd sluaigh na h-Alba agus sluaigh a' chòrr den RA, chan e a-mhàin gu bheil an seòrsachadh cinnidheachd a' coinneachadh ri feumalachdan Albannach ach tha e a' comasachadh coimeas aig ìre earrainne farsaing is na seòrsachaidhean gan cleachdadh airson a' chunntais sa chòrr den RA.

3.45 Is iad na prìomh atharrachaidhean a rinneadh ris a' cheist a chaidh a chleachdadh ann an Cunntas 2001:

- thathar a' cumail briathrachas dath leithid 'Geal' agus 'Dubh', oir sheall deuchainnean gun robh seòrsachadh cinnidheach stèidhichte a-mhàin air cruinn-eòlas ag adhbhrachadh mì-shoilleireachd (mar eisimpleir, chuir cuid de dhaoine bho shliochd

Àisianach strìochag don bhogsa ‘Eòrpach’ oir bha iad air fuireach san Roinn Eòrpa airson còrr is aon ghinealach, ach bha cuid ann a bha bho shliochd Eòrpach nach do chuir strìochag don bhogsa seach gun robh iad air tighinn bho Ameireaga, Afraga no Astràilia bho chionn ùine na bu ghiorra). (Chleachd Cunntas 2001 na prìomh earrannan ‘Geal’, ‘Measgaichte’ ‘Àisianach’, ‘Dubh’ agus ‘Eile’.)

- fon earrainn ‘Geal’, tha bogsaichean strìochaig ùr air an toirt seachad airson ‘Sasannach’, ‘Cuimreach’, ‘Èireannach Tuathach’ agus ‘Breatannach’ (a’ dol an àite na h-earrainne singilte ‘Breatannach eile’ ann an Cunntas 2001) agus airson ‘siopsach/neach-siubhail’ (coimhearsnachd le cinnidheachd àraid agus feumalachdan sònraichte, is air nach deach iomradh a dhèanamh idir ann an Cunntas 2001) agus ‘Pòlannach’ (a’ bhuidheann Eòrpach as motha a tha ann an Alba, às dèidh don Phòlainn tighinn a-steach don Aonadh Eòrpach ann an 2004).
- tha an earrann ‘Measgaichte’ (ann an Cunntas 2001) air a h-ath-bhriathrachadh ‘Buidhnean Cinnidh Measgaichte no lomadach’, oir tha na coimhearsnachdan ris a’ bheil seo a’ buntainn a’ gabhail ris nas fheàrr.
- tha an earrann ‘Dubh’ ann an Cunntas 2001, a chaidh a chàineadh aig an àm, air a leudachadh gu ‘Afraganach, Carabianach no Dubh’, a’ leigeil le daoine leis nach toil am briathar ‘Dubh’ strìochag a chur ann am bogsa a tha a’ nochdadh an tùs cruinn-eòlasach, fhad ‘s a thathar fhathast a’ toirt seachad bogsa strìochaig ‘Dubh’ dhaibhsan a tha moiteil às a’ bhriathar.
- bogsa strìochaig ùr airson ‘Buidheann Cinnidh Eile’ do dhaoine a tha ‘Arabach’ oir b’ iad a’ bhuidheann a bu mhotha a sgrìobh an cinnidheachd san earrainn ‘Eile’ ann an Cunntas 2001.

3.46 Chaidh ceist fa leth mu **‘dhearbh-aithne nàiseanta’** a chur a-steach airson cur ris a’ cheist mu bhuidheann cinnidh, gus leigeil le daoine an seagh ‘Albannachd’, ‘Sasannachd’, ‘Breatannachd’ msaa a chur an cèill (no measgachadh sam bith de dhearbh-aithne nàiseanta, mar eisimpleir ‘Albannach’ agus ‘Breatannach’, gun a bhith a’ dèanamh mì-shoilleireachd eadar sin is bun-bheachd ‘cinnidheachd’. Ann an 2001, dh’fhoighnich a’ cheist mu bhuidheann chinnidh (mar eisimpleir) co dhiubh a bha daoine ‘Àisianach, Àisianach Albannach no Àisianach Breatannach’.

3.47 Is e bun-bheachd iom-fhillte a tha ann an cinnidheachd, far a bheil uaireannan beachdan làidir (is uaireannan calg dhìreach an aghaidh a chèile) aig daoine. A bharrachd, tha bun-bheachd dhaoine a thaobh an cinnidheachd, is an dòigh san fheàrr leotha a chur an cèill, ag atharrachadh thar nam bliadhnan. Tha an seòrsachadh ùr air a dhealbhadh gus coinneachadh ri feumalachdan luchd-cleachdaidh a tha an còmhnaidh ag atharrachadh, agus gus briathrachas ris an gabh daoine a chleachdadh, fhad ‘s a thathar a’ gleidheadh a’ chomais chudromaich a bhith a’ coimeas staitistig 2011 ris an fheadhainn bho Chunntas 2001 agus staitistig a tha a’ buntainn ris a’ chòrr den RA.

### *Creideamh*

3.48 Thèid ceist fhoighneachd mu **chreideamh làithreach**. Chaidh dà cheist mu chreideamh (creideamh làithreach, agus an creideamh san deach neach a thogail) a ghabhail a-steach sa chunntas airson a' chiad uair ann an 2001. Bha na freagairtean fìor inntinneach do na prìomh bhuidhnean creideimh ann an Alba agus airson cuideachadh gus fo-bhuidhnean mion-chinnidh a chomharrachadh – a' cuideachadh gus an tuigse againn air sluaghan ionadail a leasachadh, gus riatanasan laghail a bhrosnachadh fo reachdas co-ionannachd agus gus lethbhreith a bhacadh. Tha co-chomhairle a' sealltainn nach eil ach iarrtas cuingealaichte airson na ceiste mun chreideimh san deach neach a thogail, agus le bhith ga fàgail às tha rùm ann airson ceist ùr le barrachd iarrtais. Coltach ri 2001, agus ann an co-rèir ri Achd (Atharrachadh) nan Cunntasan 2000, bidh a' cheist – eu-coltach ris na ceistean eile air fad sa chunntas – saor-thoileach.

### *Cànan*

3.49 Ann an 2001, dh'fhoighnich an cunntas co dhiubh a b' urrainn do dhaoine Gàidhlig na h-Alba a thuigsinn, a leughadh no a sgrìobhadh. Iarraidh Cunntas 2011 an aon fhiosrachadh, a thèid a chleachdadh gus an t-atharrachadh ann an comas a thaobh na Gàidhlig a thomhas, is thèid sin a chleachdadh ann a bhith a' leasachadh poileasaidh agus a' cumail sùil air solarachadh sheirbheisean iondail. Ach tha iarrtas soilleir ann airson fiosrachadh mu fhìleantachd sa Bheurla agus cleachdadh chànanan eile. Sònraichte nam measg tha cànan na h-Albais, a tha an làthair ann an raon leagaidhean àraid air feadh na dùthcha, agus Cànan Comharradh Bhreatainn, a tha air a chleachdadh mar chiad no mar dhàrna cànan le daoine a tha bodhar. Air sgàth an neart is a' mheasgachaidh a tha ann am feumalachd luchd-cleachdaidh airson fiosrachadh, thèid trì ceistean air cànan a ghabhail a-steach. Cruinnichidh na ceistean fiosrachadh mu fhìleantachd cànan ann an Gàidhlig is ann am Beurla, comas ann am Beurla labhairteach agus cleachdadh chànanan eile, seach Beurla, anns an dachaigh (a' gabhail a-steach roghainnean airson Albais agus Cànan Comharradh Bhreatainn).

### *Slàinte*

3.50 Dh'fhoighnich Cunntas 2001 dà cheist air slàinte: **slàinte thar nan 12 mìosan mu dheireadh** agus **tinneas san ùine-fhada, trioblaid slàinte no ciorram** a tha a' cuingealachadh gnìomhan no obair làitheil. Chaidh a' chiad cheist a ghabhail a-steach ann an Cunntas 2001 airson a' chiad uair, a' cuideachadh leasachadh poileasaidh slàinte agus dealbhadh is solarachadh sheirbheisean aig ìre ionadail, gu h-àraid do sheann daoine. Thèid a gleidheadh airson 2011, leudaichte bho sgèile trì puinge gu sgèile còig puinge. Coltach ris a seo, bha a' cheist mu thrioblaidhean is chiorramachd slàinte san ùine-fhada a' toirt seachad fiosrachadh feumail mun fheumalachd airson seirbheisean slàinte is pearsanta aig ìre nàiseanta agus ionadail. Thèid sgèile trì puinge (a' dèanamh eadar-dhealachadh eadar cuingealachadh cudromach agus cuingealachadh eile) a chur an àite nan roghainnean tha/chan eil a bha ann an Cunntas 2001.

3.51 Thathar an dùil ceist ùr a ghabhail a-steach ann an Cunntas 2011 mu **chumhaichean slàinte san ùine fhada**. Tha na cumhaichean buidhre (no fìor dhroch chlaistinneachd), doille (neo fìor dhroch fhradhairc), ciorram corporra (cumha a tha gu mòr a' cuingealachadh aon ghnìomh bunaiteach no barrachd leithid coiseachd, sreap staidhreachan, togail no giùlain), ciorram ionnsachaidh, duilgheadas ionnsachaidh, cumha slàinte inntinn (leithid dubh-leannachd no dà-urrachas (*schizophrenia*)), fìor dhroch thinneas (leithid aillse, HIV, tinneas an t-siùcair, tinneas cridhe no tuiteamas) no cumha eile. Coinnichidh a' cheist seo ri iarrtas luchd-cleachdaidh, gus cuideachadh le bhith a' dealbhadh is a' leasachadh solarachadh sheirbheisean do dhaoine le cumha slàinte sònraichte san ùine-fhada. Tha briathran na ceiste gu cùramach a' seachnadh an fhacail "ciorram", seach gu bheil mòran dhaoine ann leis na cumhaichean slàinte seo nach bi gam faicinn fhèin mar chiorramach.

3.52 Le aire don tuairam fhàsmhor de chuideachadh pearsanta gun phàigheadh a tha air a thoirt do dhaoine le droch shlàinte, thathar an dùil a' cheist a bha ann an Cunntas 2001 ath-aithris mu **chùram pearsanta gun phàigheadh** a tha air a thoirt seachad airson caraid no neach-dàimh le tinneas ùine-fhada, trioblaid slàinte no ciorram, agus an ùine a thathar a' cur seachad gach seachdain a' toirt seachad a' chùraim seo. Tha a' cheist a' toirt seachad fiosrachadh a chuidicheas gus tuigse a leasachadh mu na caochlaidhean a tha san fheumalachd airson cùram agus an cuideam a tha air seirbheisean sòisealta, ann an oidhirp gus goireasan a chuimseachadh ann an dòigh nas èifeachdaiche. Thèid còig bosgaichean strìochaig a thoirt seachad airson freagairt, an àite ceithir ann an 2001, gus barrachd fiosrachaidh fhaighinn mu luchd-cùraim pàirt-ùine.

#### *Teisteanasan*

3.53 Thèid fiosrachadh bho cheist mu **theisteanasan foghlaim is dreuchdail** a chleachdadh airson cuideachadh gus na geàrr-shuimean ann an solar foghlaim is trèanaidh a thomhas agus gus sùil a chumail air mar a thathar a' gabhail com-pàirt ann an iomairtean riaghaltais. Cuidichidh e cuideachd gus measadh a dhèanamh air tobraichean de dhaoine sgìleil is uidheamaichte a tha gun chosnadh, a' gabhail a-steach an fheadhainn nach eil a' sireadh obair. Mar a rinneadh ann an Cunntas 2001, thèid fiosrachadh a shireadh air an ìre teisteanais a chaidh a choileanadh, leis a' phrìomh dhùil a bhith a' bunachadh an teisteanais as àirde. Is e an cunntas an aon tobar den fhiosrachadh seo airson sgìrean beaga agus an aon fhear a bheir cothrom airson thar-chlàradh de theisteanasan le nithean eile leithid cosnadh. Bidh barrachd earrannan ann airson freagairt, gu h-àraid gus a dhèanamh nas fhasa do dhaoine teisteanasan cèin a shònrachadh.

#### *Cosnadh agus neart fastachd*

3.54 Is e prìomh thobar de dh'fhiosrachadh mu fheartan sòisio-eaconamach an t-sluaigh a tha sa chunntas agus is e an tobar as cuimsiche airson fiosrachadh ionadail. Tha e a' toirt seachad staitistig mu aoisean is dhreuchdan luchd-obrach ann an diofar ghnìomhachasan a dh'fhaodas a bhith air an taisbeanadh an dà chuid a rèir àite-còmhnaidh agus (dhaibhsan a

tha ag obair) a rèir àite-obrach. Tha an cunntas cuideachd a' toirt seachad fiosrachadh mu bhuidhnean eile, nach eil gnìomhach gu h-eaconamach, buidhnean leithid oileanaich làn-ùine, daoine a tha a' coimhead às dèidh na dachaigh is an teaghlaich, agus daoine a tha air an dreuchdan a leigeil dhiubh. Tha an cunntas cuideachd na thobar cudromach airson fiosrachadh mun mhargaidh fhastachd – mar eisimpleir a' toirt seachad staitistig mhionaideach airson sgìrean beaga air cosnadh is cion-cosnadh am measg nan diofar bhuidhnean cinnidh is sòisio-eaconamach. Tha e a' toirt seachad staitistig air an tobar fhastachd agus na stòrasan fastachd a dh'fhaodadh a bhith ann an diofar phàirtean den dùthaich. Thathar gu sònraichte a' cleachdadh seo airson cuideachadh gus an neart fhastachd san àm ri teachd a thomhas, mar chùl-fhiosrachadh airson planaichean structair ùghdarras ionadail agus le fastaichean san earrainn phrìobhaidich a tha airson obraichean a shuidheachadh ann an sgìrean far a bheil fastachd freagarrach ri fhaotainn.

3.55 Tha a' chuid as motha de cheistean a' buntainn ri prìomh chosnadh an neach san t-seachdain ron chunntas – no, dhaibhsan nach eil ann an cosnadh làithreach, don obair mu dheireadh aca. Chan eilear a' sireadh fhreagarraichean ach bho dhaoine a tha aois 16 no nas sine agus tha iad a' còmhach:

- co dhiubh a bha an neach ann an **obair phàighte** (a gabhail a-steach obair phàighte no gun phàigheadh sa ghnòthachas aca fhèin no ann an gnòthachas an teaghlaich), air **sgeama trèanadh fo urras an riaghaltais, air falbh bho obair** no a bha **air an dreuchd a leigeil seachad, nan oileanach, a' coimhead às dèidh an teaghlaich no na dachaigh, tinn no ciorramach san ùine-fhada, a' coimhead airson obair, ri fhaotainn airson obair no a' feitheamh gus obair a thòiseachadh**. Bheir na h-earrannan seo seachad an seòrsachadh bunaiteach airson mion-sgrùdadh air gnìomhan eaconamach, a tha air an dealbhadh airson a bhith cho co-chòrdail 's a ghabhas leis na mineachaidhean a tha air am moladh le Buidheann an t-Saothrachaidh Eadar-nàiseanta<sup>14</sup> agus Co-labhairt Luchd-staitistig na h-Alba.<sup>15</sup>
- **ùine bhon chosnadh mu dheireadh** do dhaoine nach robh ag obair san t-seachdain ron chunntas. B' e ceist ùr a bha seo ann an Cunntas 2001 agus cuidichidh i gus eadar-dhealachaidhean ionadail ann an ùineachan cion-cosnadh agus meud cion-cosnadh fad-ùine a dhearbhadh. Cuidichidh seo gus ana-cothrom agus cumail a-mach a mheasadh is a sgrùdadh, foghlam is trèanadh a dhealbhadh, goireasan a riarachadh, a' mhargaidh fhastachd a mhion-sgrùdadh agus bàsalachd agus galarachas a sgrùdadh.
- **dreuchd prìomh obair làithreach** (no prìomh obair mu dheireadh) – gus fiosrachadh mionaideach a thoirt seachad mun raon fìor

<sup>14</sup> Coimisean Eaconamach nan DA airson na h-Eòrpa (2006). *Conference of European Statisticians' Recommendations for the 2010 Censuses of Population and Housing*.

<sup>15</sup> Buidheann Eadar-nàiseanta na Fastachd (2003). *Sources and Methods Labour Statistics*. Vol 5: *total and economically active population, employment and unemployment (population censuses)*. Treas deasachadh. ILO, Geneva.

fharsaing obrach an dà chuid gu nàiseanta agus gu eadar-nàiseanta. Thathar ag ullachadh ath-sgrùdadh den t-Seòrsachadh Dreuchdail Coitcheann (SDC) a chaidh a chleachdadh airson Cunntas 2001, leis an dùil gun tèid a chur an gnìomh ann a bhith a' còdadh dàta Cunntas 2011.<sup>16</sup> Thèid na staitistig a chleachdadh ann am mion-sgrùdaidhean de na feachdan fastachd de chaochladh ghniomhachasan is dhreuchdan, ann an sgrùdaidhean de bhàsalachd dhreuchdail, agus mar bhunait airson a bhith a' seòrsachadh dhaoine is thaigheadasan a rèir Seòrsachadh Sòisio-Eaconamach nan Staitistig Nàiseanta (SSE-SN).<sup>17</sup>

- **inbhe cosnaidh is stiùiriche** – a' foighneachd co dhiubh a tha an neach ag obair, no a bha iad ag obair, mar neach-obrach no mar fèin-fhastaithe le (no às aonais) luchd-obrach agus co dhiubh a tha no a bha dleastanasan stiùiridh sam bith aig an neach nan cuid obrach. Cuidichidh freagairtean don cheist seo le bhith a' sònrachadh an neach nas cinntiche ri SSE-SN.
- gnìomhachas a' chosnaidh, sa chiad àite air a dhearbhadh le bhith a' foighneachd do dhaoine mu **nàdar gnothachais na buidhne** a tha a' toirt cosnadh dhaibh. Thèid am fiosrachadh a chleachdadh, mar eisimpleir, ann am mion-sgrùdaidhean air margaidhean fastachd agus ann a bhith a' dèanamh chunntasan roinneil agus taisbeanair eaconamach. Thèid gnìomhachas a chòdadh don dreach làithreach de Sheòrsachadh Coitcheann a' Ghniomhachais (SIC 2007).<sup>18</sup>
- **an àireamh uairean is àbhaist don neach obrachadh** nam prìomh obair (no san obair mu dheireadh dhaibhsan nach eil ann an cosnadh an-dràsta), gus eadar-dhealachadh a dhèanamh eadar iadsan a tha ann an obair làn-ùine agus iadsan a tha ann an obair phàirt-ùine. Cuidichidh am fiosrachadh gus atharrachaidhean sa mhargaidh fhastachd agus ann am pàtrain obrach ann an dreuchdan sònraichte a thuigsinn, agus gus measadh a dhèanamh air mì-leasachadh agus seòrsachaidhean sòisio-eaconamach.
- **ainm na buidhne** aig a bheil an neach ag obair an-dràsta – mar chobhair a bharrachd airson a bhith a' dèanamh còdadh neo-mhearachdach den t-seòrsa gnìomhachais le iomradh don Chlàr Gnothachais Eadar-Roinneil, aig a bheil liosta de dh'fhastaithean mòra a tha mar-thà air an seòrsachadh a rèir seòrsa gnìomhachais. Cha tèid freagairtean don cheist a chleachdadh gus fiosrachadh a thoirt seachad mu fhastaithean ainmichte fa leth.

---

<sup>16</sup> Oifis an Staitistig Nàiseanta (2000). *Standard Occupational Classification 2000. Volume 1: Structure and descriptions of unit groups*. ISBN 0 11 621388 4. *Volume 2: The Coding Index*. ISBN 0 11 621389 2. Oifis na Pàipearachd.

<sup>17</sup> Oifis an Staitistig Nàiseanta (2005). *The National Statistics Socio-economic Classification: User manual*. ISBN 1-4039-9647-4. Palgrave Macmillan.

<sup>18</sup> Oifis an Staitistig Nàiseanta (2007). *UK Standard Industrial Classification of Economic Activities (SIC 2007): Structure and explanatory notes*.

---

### Ceistean mu luchd-tadhail

3.56 Cha robh Cunntas 2001 a' sireadh fiosrachadh mu dhaoine a bha, air oidhche a' chunntais, a' tadhal air seòladh far nach b' àbhaist dhaibh a bhith a' fuireach. Gus cuimseachd a' chunntais a leasachadh, thathar an dùil fiosrachadh cuingealaichte iarraidh mu luchd-tadhail leithid seo, a dh'fheumas (ma tha iad a' còmhnaidh an àite eile san RA) fiosrachadh iomlan a thoirt seachad air ceisteachan a' chunntais aig an t-seòladh àbhaisteach aca fhèin.

3.57 Thèid am fiosrachadh a leanas a chruinneachadh mu luchd-tadhail:

- ainm agus seòladh àbhaisteach (no dùthaich chòmhnaidh mura h eilear na neach-còmhnaidh den RA);
- gnè; agus
- ceann-là-breith.

3.58 Bidh àite air a' cheisteachan a thèid a libhrigeadh do gach taigheadas airson fiosrachadh leithid seo a chlàradh airson suas ri triùir luchd-tadhail, cuide ri cunnt den àireimh iomlan luchd-tadhail. Comasaichidh cruinneachadh an fhiosrachaidh seo cunntasan nas neo-mhearachdaiche de luchd-tadhail (agus, mar sin, àite-còmhnaidh àbhaisteach) airson sgìrean ionadail. Bheir a bhith a' ceangal cunntasan de luchd-tadhail ri cunntasan de dhaoine aig an seòlaidhean àbhaisteach fiosrachadh a bharrachd agus is urrainnear tuairmsean de fo-chunntas is/no os-chunntas cunntais a dhèanamh leotha.

### Rèiteachaidhean airson 'àitreabhan coitcheann'

3.59 Àireamhaichidh an cunntas gach neach a tha an làthair air oidhche a' chunntais (a' cleachdadh mìneachadh a' chunntais de bhith a' fuireach airson sia mìosan no barrachd) ann an 'àitreabhan coitcheann' leithid ospadalan, dachannan banaltraim is còmhnaidh, sgoiltean-còmhnaidh, àiteachan-fuirich oilthighe, prìosain agus taighean-òsta. Bithear sa bhitheantas a' dùileachadh gun toir daoine is àbhaist a bhith a' còmhnaidh ann an àitreabhan coitcheann an aon fhiosrachadh seachad ri luchd-còmhnaidh thaigheadasan. Thèid staitistig, a' comharrachadh luchd-còmhnaidh agus luchd-obrach fa leth, a dheasachadh airson gach seòrsa àitreabh. Tha àiteachan-fuirich coitcheann a' fàs nas buailtiche a bhith air an sgaoileadh gu farsaing ann an aonadan beaga, a tha doirbh an còmhach ann an suirbhidhean sampail. Tha an cunntas a' toirt seachad cunntas cuimseach is ùghdarrasach den àireimh-sluaigh a tha a' fuireach sna h-àitreabhan seo, nach eil ri fhaotainn bho thobraichean eile.

3.60 Airson seòrsachan àraid de dh'àitreabhan coitcheann, leithid prìosain, dh'fhaoidte gun urrainnear dàta a chruinneachadh mu luchd-còmhnaidh bho thobraichean rianachd a' buntainn ris an àitreabh choitcheann ann an dòigh nas èifeachdaiche na bhith ag iarraidh air daoine fa leth ceisteachain cunntais a lìonadh. Thèid tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh air an roghainn seo ro 2011.

3.61 Cha tèid foighneachd do dhaoine a tha a' fuireach ann an àitreabhan coitcheann mun àite-fuirich (ged a thèid dàta mun t-seòrsa àitreabh choitcheann a chruinneachadh fa leth, bhon mhanaidsear no bho neach eile a

tha an urra ris an àitreabh). Cha tèid fiosrachadh air dàimh le neach sam bith eile taobh a-staigh na h-àitreabh a chruinneachadh nas motha.

3.62 Thèid rèiteachaidhean sònraichte a dhèanamh gus daoine a' fuireach ann am prìosain agus luchd-comraich àireamhachd, air bàtaichean ann am port agus ann an gearastain nam feachdan armaichte, agus buidhnean sluaigh eile nach eil a' còmhnaidh ann an taigheadasan prìobhaideach, leithid daoine a tha a' cadal a-muigh.

3.63 A-mach air cunntas-cheann sìmplidh, cha tèid fiosrachadh a chruinneachadh mu luchd-tadhail gu àitreabh choitcheann air oidhche a' chunntais, ma tha iad a' fuireach ann airson nas lugha na sia mìosan. Ma tha iad nan luchd-còmhnaidh san RA, bidh e mar riatanas orra fiosrachadh iomlan a thoirt seachad aig an t-seòladh àbhaisteach aca.

#### Ceistean air an deach beachdachadh ach nach robh air an gabhail a-steach

3.64 Chan eil ach rùm cuingealaichte air ceisteachan a' chunntais – agus tha iarrtas bho luchd-cleachdaidh a' toirt bàrr air a' chuingealachadh sin. Feumaidh tòrr cheistean a chaidh a mholadh fhàgail às, seach:

- nach robh iarrtas làidir gu leòr gus aon no barrachd de na cuspairean a chaidh a mholadh a chur às àite;
- gun do nochd deuchainnean nach biodh càileachd an fhiosrachaidh a dheidheadh fhaighinn bho cheist chunntais freagarrach airson an adhbhair;
- gu bheil tobraichean nas freagarraiche ann airson an fhiosrachaidh;
- gun cuireadh na ceistean eallach ro mhòr air a' phoball; no
- measgachadh de na h-adhbharan seo.

3.65 Cha b' urrainnear ceistean mu dhàrna **àite-còmhnaidh** a ghabhail a-steach. Aig àm far a bheil daoine a' sìor ghluasad, tha barrachd dhaoine ann le dà dhachaigh no barrachd. Bhiodh e feumail do dhealbhachd taigheadais no còmhdaidh barrachd fhaighinn a-mach mu na dàrna àiteachan-còmhnaidh seo agus a' bhuidhe a tha aca air àireamhan-sluaigh nan sgìrean sin (àireamh-sluaigh tron latha, àireamh-sluaigh aig an deireadh-sheachdain msaa). Bhiodh fiosrachadh cuideachail cuideachd gus dèanamh cinnteach gun robh an cunntas a' tomhas na h-àireimh-shluaigh firinnich, a' seachnadh fo/os àireamhachd a thaobh dhaoine a bhios a' siubhal don obair tron t-seachdain, clann phàrantan a tha air sgaradh pòsadh fhaighinn no air dealachadh is aig a bheil còrr is aon dachaigh agus daoine eile a bhios a' roinn am beathannan eadar còrr is aon sheòladh. Chuireadh cuid de luchd-cleachdaidh a' chunntais, gu h-àraid ann an ùghdarrasan ionadail, fàilte air tuilleadh fiosrachaidh mun chuspair. Ach, cha deach ach feum an ìre mhath chuingealaichte a nochdadh am measg luchd-cleachdaidh na h-Alba airson an fhiosrachaidh seo, gu h-àraid seach gum faodadh an rùm a bheireadh an dà cheist suas a bhith air a chleachdadh airson ceistean le barrachd iarrtais. Tha teagamhan ann cuideachd mu chàileachd an dàta a dheidheadh a

chruinneachadh, agus tha tobraichean fiosrachaidh eile ann mu dhàrna dachannan leithid clàran cìse comhairle.

3.66 Nochd co-chomhairle le luchd-cleachdaidh ùidh làidir ann am fiosrachadh mu **stiùireadh gnèitheil**, mar dheuchainn-luathais airson a bhith a' cumail sùil air co-ionannachd. Tha am feum airson fiosrachadh leithid seo buailteach a bhith air a neartachadh le reachdas a thathar a' moladh gus seirbheisean poblach a chur fo dhleastanas reachdail gus brosnachadh a thoirt do, is sùil a chumail air, co-ionannachd air gach stèidh còmhdaichte le lagh co-ionannachd na RA, a' gabhail a-steach stiùireadh gnèitheil. Ged a thathar ag aithneachadh gu bheil feum mhòr ann airson dàta nàiseanta, làidir, air stiùireadh gnèitheil, cha deach ceist a ghabhail a-steach air sgàth na buaidh a bhiodh aig a seo air dìomhaireachd an neach fa leth (gu h-àraid seach gur e suirbhidh èigneachail a tha air a lìonadh le ceannard an taigheadais a tha san t-suirbhidh, seach suirbhidh saor-thoileach a dh'fhaodadh a bhith air a lìonadh fa leth) agus air sgàth an luaich chuingealaichte a bhiodh aig an dàta a dheidheadh fhaiginn. Ann an suirbhidh beag puist a rinn Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba ann an 2006, san robh ceist air stiùireadh gnèitheil,<sup>19</sup> thug aon às gach seachdnar den 31% de thaigheadasan a fhreagair seachad dàta nach robh feumail – an dàrna cuid seach gun do chomharraich iad am bogsa 'b' fheàrr leam gun freagairt' no seach nach do fhreagair iad a' cheist idir. Bha seo fada nas motha na an àireamh den luchd-fhreagairt a dh'ainmich stiùireadh neo-iol-ghnèitheach, mar sin a' togail ceist mu neo-mhearachdachd is cleachdadh dàta sam bith a dheidheadh a chruinneachadh. A bharrachd, dh'fhaodadh am briathrachas agus na bun-bheachdan a dheidheadh a chleachdadh gus diofar stiùiridhean gnèitheil a mhìneachadh cuid den luchd-fhreagairt fhàgail mì-chinnteach, a' ciallachadh gum faodadh mearachdan a bhith ann am freagairtean. Tha na toraidhean seo ag aontachadh ris a' cho-dhùnadh aig rannsachadh eadar-nàiseanta a thaobh mar a ghabhas ceist leithid seo obrachadh ann an cunntas sluaigh.<sup>20</sup> Ach, chan eil teagamh sam bith ann gu bheil feum air fiosrachadh mu stiùireadh ghnèitheil, gu h-àraid gus sùil a chumail air reachdas co-ionannachd a tha ann an-dràsta agus a bhios ann san àm ri teachd. Mar sin tha Riaghaltas na h-Alba air co-dhùnadh ceist leithid seo a chur a-steach do Shuirbhidh Slàinte na h-Alba agus Suirbhidh Eucoir is Ceartas na h-Alba agus tha e a' beachdachadh a cur ann an suirbhidhean taigheadais eile. Tha na suirbhidhean seo a tha stèidhichte air agallamhan buailteach fiosrachadh nas neo-mhearachdaiche a chruinneachadh, ged nach bi seo a' gabhail a-steach an raon farsaing sgìrean cruinn-eòlasach a tha ann an cunntas.

3.67 B' iad na ceistean eile air an deach beachdachadh ach nach eil an-dràsta air an gabhail a-steach sna molaidhean:

<sup>19</sup> Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba (2006). *Sexual orientation in the Census* (faic <http://www.gro-scotland.gov.uk/census/censushm2011/index.html>)

<sup>20</sup> Staitistig Sealainn Nuadh (2003). *Sexual orientation Focus Group Research. A qualitative study*. Faic <http://www.stats.govt.nz/developments/sexual-orientation-research.htm>  
Staitistig Chanada (2004). *2006 Census Content Consultation Report*. Faic <http://www.statcan.ca/bsolc/english/bsolc?catno=92-130-X>

- **Saoranachd (ceadan-siubhail glèidhte)** – dh’fhaodadh a chleachdadh ann a bhith a’ tomhas na co-roinn den àireamh-shluaigh ion-roghnach a tha a’ clàrachadh airson bhòtadh agus ann a bhith a’ coinneachadh ri riatanasan an AE airson dàta air saoranachd. Ach, tha iarrtas luchd-cleachdaidh nas àirde ann airson a bhith a’ gabhail a-steach cheistean eile.
- **An ùine a thathar an dùil fuireach** – dh’fhaoidte gun comharraich seo daoine a tha san dùthaich airson ùineachan goirid (luchd-imrich gearr-ùine). Ach, tha a’ cheist pearsanta (chan eilear san fharsaingeachd an dùil gu bheil ceistean den t-seòrsa seo iomchaidh airson a’ chunntais) agus doirbh do dhaoine nach do rugadh san RA a freagairt, a’ togail dragh mu chàileachd an dàta a thigeadh aiste.
- **Meud na buidhne don bheilear ag obair** – air a cleachdadh roimhe airson fios a chur ri bhith a’ leasachadh poileasaidh eaconamach roinneil is ionadail agus gus còdadh a leasachadh airson àireamh bheag de dhreuchdan. Ach, bha iarrtas luchd-cleachdaidh airson an t-seòrsa fiosrachaidh seo cuingealaichte, agus gheibhear còdadh Seòrsachadh Sòisio-Eaconamach Staitisgtig Nàiseanta (SSE-SN) a tha neo-mhearachdach gu leòr às a h-aonais.
- **Lethbhreith àicheil** – dh’fhaodadh seo fianais a thoirt seachad air lethbhreith don bheilear a’ toirt fa-near ann an comann-shòisealta na h-Alba. Ach, tha a’ cheist seo pearsanta, le teagamhan dualach mu neo-mhearachdachd an fhiosrachaidh a dheidheadh a chruinneachadh, agus mar sin chan eilear den bheachd gum biodh seo freagarrach airson cunntas nàiseanta.
- **An àireamh chloinne a rugadh do neach** – dh’fhaodadh seo a bhith feumail airson a bhith a’ tomhas reataichean torachais agus eachdraidhean iomlan breith dhaoine. Ach tha feum fìor chumhang am measg luchd-cleachdaidh airson seo agus tha a’ cheist buailteach a bhith ro dhàna agus frionasach do chuid de luchd-freagairt.
- **Fàireachdainn sàbhailte a’ dol a-mach san fheasgar san sgìre ionadail** – dh’fhaodadh seo fiosrachadh a chur ri obair rannsachaidh shòisealta eucoir is ceartais. Ach, tha a’ cheist seo pearsanta, le teagamhan dualach mu neo-mhearachdachd an fhiosrachaidh a dheidheadh a chruinneachadh, agus mar sin chan eilear ga meas freagarrach airson cunntas nàiseanta.
- **Cothrom aig an taigheadas amar/fras agus taigh-beag a chleachdadh** – air a cleachdadh roimhe mar thaisbeanair de bhochdainn agus àiteachan-fuirich fò ìre a bhiodh freagarrach. Ach, chan eil feum ann tuilleadh airson an t-seòrsa fiosrachaidh seo: ann an 2001, fhreagair còrr is 99% den luchd-fhreagairt “tha” ris a’ cheist seo.
- **Ìre ùrlair as ìsle san àite-fuirich** – dàta air a chleachdadh roimhe a thaobh mion-sgrùdadh air ruigsinneachd agus freagarrachd àiteachan-fuirich. Ach, tha fiosrachadh coltach ris a seo ri

fhaotainn bho shuirbhidhean, a tha uaireannan a' toirt seachad tobar dàta nas beartiche.

- **Àite-fuirich air màl air a thoirt seachad le àirneis no gun àirneis** – air a cleachdadh roimhe a thaobh nan eadar-dhealachaidhean ann an tèarainteachd gabhaltais eadar iadsan a bha a' fastadh àiteachan-fuirich le no gun àirneis. Ach, cha deach iarrtas làidir luchd-cleachdaidh sam bith a chomharrachadh airson an fhiosrachaidh seo.
- **Stait chàraidhean** – dh'fhaodadh seo a bhith na thaisbeanair de dh'inbhean is càileachd thaigheadasan agus airson a bhith a' toirt seachad fiosrachadh a bharrachd a' buntainn ri ceumannan bochdainn. Ach, chaidh a' cheist seo a mheas ro phearsanta agus ro dhoirbh airson a gabhail a-steach ann an ceisteachan a bha neach a' lìonadh leotha fhèin.
- **Croitearachd** – dh'fhaodadh dàta air taigheadasan croitearachd a bhith air a chleachdadh airson adhbharan poileasaidh. Ach, cha bhiodh am fiosrachadh buannachdail ach do raon chumhang luchd-cleachdaidh agus mar sin a' riochdachadh toradh cuingealaichte airson a bhith a' gabhail ceist leithid seo a-steach ann an cunntas nàiseanta.
- **Slighe don ghàradh** – dh'fhaodadh seo dàta a thoirt seachad air cothrom is ruigsinneachd gu àite cur-seachad agus mar thaisbeanair bochdainn. Ach, cha deach riatanas làidir luchd-cleachdaidh a chomharrachadh airson an fhiosrachaidh seo.
- **Àireamhan sheòmaran-cadail** – dh'fhaodadh am fiosrachadh seo cur ri tuairmsean nas fheàrr a thaobh dùmhlachadh. Ach, thèid fiosrachadh gu leòr fhaighinn bhon cheist mu “àireamh nan seòmraichean”.
- **Èifeachdas lùtha** – dh'fhaodadh cruinneachadh an fhiosrachaidh seo a bhith feumail gus cuimseachadh ghoireasan agus measadh air iomairtean èifeachdas lùtha a chomasachadh, agus mar thaisbeanair de bheachdan a thaobh atharrachadh aimsire. Ach, chaidh am fiosrachadh seo a mheas mar ro iom-fhillte airson a chruinneachadh ann an ceisteachan a bha neach a lìonadh leotha fhèin.

3.68 Tha tuilleadh fiosrachaidh mu cheistean a' chunntais, agus na h-adhbharan a chaidh an gabhail a-steach no fhàgail a-mach rim faotainn air làrach-lìn Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba aig <http://www.gro-scotland.gov.uk/census/censushm2011/index.html>.

## **Caibideal 4 – A’ cruinneachadh an fhiosrachaidh**

### Ro-innleachd àireamhachd

4.1 Is e obair chruinneachadh an dàta aodann poblach a’ chunntais. Tha e a’ gabhail a-steach a bhith a’ libhrigeadh nan ceisteachan is a bhith gan cruinneachadh nuair a tha iad air an lìonadh – a bharrachd air raon ghnìomhan a’ gabhail a-steach fastadh 6,500 àireamhaiche. Ann an Cunntas 2001, chaidh aire cho mòr ’s a chaidh a shealltainn riamh a thoirt do bhith a’ cruinneachadh an dàta, seach gun robh aig a’ chunntas ri àireamh-sluaigh a chunntais a bha ag atharrachadh nas radaigiche. Thathar a-rithist a’ leantainn na dòigh-làimhseachaidh ro-innleachdail seo airson Cunntas 2011.

4.2 Tha eòlas air sealltainn gu bheil e a’ sìor fhàs doirbh ceangal a dhèanamh le taigheadasan, gu h-àraid (ged nach ann a-mhàin) sna bailtean. Faodaidh seo a bhith air a sgàth àireamh-sluaigh a tha a’ fàs nas sine, àireamhan fàsmhor de thaigheadasan le neach singilte, pàtrain obrach ag atharrachadh, meudachadh ann an siostaman tèarainteachd, comann-shòisealta nach eil cho aontach agus àireamhan fàsmhor de dh’imrich. Ann an cuid de sgìrean tha an duilgheadas nas motha air sgàth ioma-chòmhnaidh ann an àiteachan-còmhnaidh is liostaichean seòlaidh nach eil iomlan. Mar sin, tha e nas cudromaiche na bha e riamh a thaobh ro-innleachd is dealbhadh cruinneachadh dàta a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil gach taigheadas a’ faighinn ceisteachan cunntais is gu bheil iad air am brosnachadh gus an lìonadh.

4.3 Seach aon nì chudromach a-mhàin, thèid Cunntas 2011 ann an Alba a dhèanamh an ìre mhath san aon dòigh ris a’ chunntas mu dheireadh ann an 2001 – oir, ged a tha gabhail-cunntais a’ sìor fhàs doirbh, tha leasain bho 2001 a’ nochdadh gun robh an dòigh-obrach math agus gun robh na toraidhean ceart gu leòr.

4.4 Is e am prìomh innleachdas airson 2011 gum bi roghainn ann ceisteachan a’ chunntais a fhreagairt air-loidhne – a’ chiad uair a chaidh an roghainn seo a thoirt seachad. Tha an t-atharrachadh a’ comharrachadh gu bheil cothrom aig barrachd chun an eadar-lìn is gu bheil ga chleachdadh nas trice, agus gu bheil misneachd san tèarainteachd is sa ghoireasachd a dh’fhaodas e a thoirt seachad. Thèid atharrachaidhean nach eil cho bunaiteach a dhèanamh cuideachd ri rèiteachaidhean àireamhachd, a’ cur leasain mhionaideach bho eòlas 2001 an gnìomh (mar eisimpleir, air na rèiteachaidhean gus àireamhaichean a thogail is a phàigheadh). Bheir liostaichean seòlaidh leasaichte cothrom ceisteachain a libhrigeadh tron phost ann an sgìrean dùthchail, a’ toirt cothrom airson lùghdachadh san àireimh àireamhaichean.

4.5 Mar sin, mar a rinneadh ann an 2001, thèid ceisteachan a libhrigeadh gu pearsanta le sgioba àireamhaichean don a’ chuid as motha de thaigheadasan (agus ‘àitreabhan coitcheann’ leithid dachannan-cùraim). Gheibh taigheadasan taobh a-muigh nam prìomh sgìrean sluaigh na ceisteachain aca tron phost. Tha deuchainnean air sealltainn gu bheil am measgachadh seo de libhrigeadh àireamhaiche agus puist a’ faighinn a’

chòmhaich as motha aig a' chosgais as ìsle. Faodaidh taigheadasan taghadh co dhiubh a lìonas iad an ceisteachan aca air pàipear (a dh'fhaodas iad a thilleadh tron phost no a dh'fhaodas a bhith air a thogail leis an àireamhaiche) no air-loidhne.

### Rianachd làraich

4.6 Thèid eagarachadh is stiùireadh na h-obrach-làraich a dhèanamh air modail soirbheachail Cunntas 2001 agus deuchainn cunntais 2006.

4.7 Thèid Alba a roinn do ghrunn roinnean cunntais (ann an 2001, bha 22 roinn ann), gach aon dhiubh fo dhleastanas Manaidsear Roinneil Cunntais. Bidh a' chuid as motha de roinnean air an dèanamh suas le co-dhiù aon sgìre ùghdarras ionadail, ged a thathar an dùil gun tèid Dùn Èideann agus Glaschu a roinn airson an adhbhair seo. Mar as trice thèid roinnean cunntais a roinn do mu ochd Sgìre Cunntais (SC), gach aon dhiubh fo dhleastanas Manaidsear Sgìre Cunntais. Thèid SC a roinn do ghrunn Sgìrean Àireamhachd (SÀ), gach aon dhiubh fo dhleastanas àireamhaiche. Gabhaidh Ceannardan Sgioba Cunntais smachd air sgioba de 10 gu 14 àireamhaiche is bidh iad ag aithris do MSC. Thèid lìonradh de dh'oifisean làraich a stèidheachadh, mar ionad airson a bhith a' fastadh is a' trèanadh luchd-obrach làraich, airson a bhith a' stòradh is a' sgaoileadh cheisteachain is stuthan eile agus airson a bhith a' gabhail a-steach ceisteachain crìochnaichte.

4.8 Atharraichidh SÀ ann am meud a rèir dlùths an t-sluaigh, an t-astar a tha ri shiubhal taobh a-staigh na SÀ agus an duilgheadas àireamhachd ris a bheil dùil, a bharrachd air feartan cruthach leithid beanntan, slighean-motoir is aibhnichean. Tha mu 400 seòladh buailteach a bhith ann an SÀ bailteil (300 ann an sgìrean a tha gu sònraichte doirbh an àireamhachd). Ach ann an sgìrean dùthchail, far a bheilear a' libhrigeadh cheisteachain tron phost is nuair is e prìomh dhragh nan àireamhaichean gun tèid ceisteachain a thilleadh, thèid àireamh sheòlaidhean fada nas motha a thoirt do dh'àireamhaichean – dh'fhaoidte suas ri 800 an duine.

4.9 Is ann tro àireamhaichean a bhios am prìomh cheangal leis a' phoball choitcheann. Bidh iad an urra ri bhith a' faighinn ceisteachan cunntais gu gach seòladh còmhnaidh san SÀ aca (ach ann an sgìrean dùthchail, faic paragraf 4.5 gu h-àrd); airson a bhith a' faighinn is a' sgrùdadh cheisteachain lionte; is airson a bhith ag ath-thadhal gus ceisteachain a thogail bho thaigheadasan nach eil air a' cheisteachan chrìochnaichte aca a thilleadh. Bithear cuideachd a' dùileachadh gun cuidich àireamhaichean an neach-taighe, ma thèid iarraidh orra, gus ceisteachan a' chunntais a lìonadh, no gus cuideachadh a chur air dòigh dhaibh.

4.10 Thèid àireamhaichean agus am manaidsearan fhadadh gu sònraichte airson ùine ro agus às dèidh a' chunntais. Thèid Manaidsearan Roinneil Cunntais fhadadh mu 8 mìosan ro latha a' chunntais agus bidh dleastanas aca, le cuideachadh bho luchd-obrach maireannach ann an Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba, airson a bhith mean air mhean a' fastadh nam manaidsearan is nan àireamhaichean sna sgìrean aca. Thèid àireamhaichean

fhastadh mu 4 seachdainean ro latha a' cunntais, gus ùine fhàgail airson trèanadh is fàs eòlach air an SÀ. Bidh mu 6,500 àireamhaiche ann, a' còmhach na h-Alba air fad. Bha fastadh is gleidheadh luchd-obrach làraich na bu dhuilghe ann an 2001 na 1991, gu h-àraid ann an sgìrean bailteil. Ach chaidh reataichean pàighidh nas àirde, is rèiteachaidhean nas èifeachdaiche airson a bhith a' pàigheadh luchd-obrach gu luath, a chleachdadh airson deuchainn 2006, leis a' bhuil gun deach gu leòr àireamhaichean fhastadh. Tha àireamhaichean matha bunaiteach a thaobh soirbheachas a' chunntais. Le aire don a seo is seach gu bheil àireamhachd a' sìor fhàs doirbh a dhèanamh, tha reataichean pàighidh buailteach àrdachadh a-rithist gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' fuireach farpaiseach is a' tarraing thagraichean fìor mhath ann an 2011.

### Com-pàirteachas coimhearsnachd

4.11 Tha àireamhachd iomlan cuideachd an crochadh air dèanamh cinnteach gu bheil fios aig muinntir na h-Alba, agus buill de bhuidhnean mion-chinnidh gu h-àraid, air cho cudromach 's a tha an cunntas dhaibhsan gu pearsanta, agus gu bheil iad air am brosnachadh gus na ceisteachain aca a lìonadh. Gus sin àrach gu h-ionadail, togaidh Manaidsearan Roinneil a' Chunntais agus an luchd-obrach air obair Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba san ùine a tha a' tighinn suas chun a' chunntais, a tha air amas air:

- daoine a dh'fhaodadh a bhith draghail mu bhith a' lìonadh ceisteachan cunntais (mar eisimpleir, luchd-comraich);
- daoine dom faodadh e bhith doirbh ceisteachan cunntais a lìonadh (mar eisimpleir, daoine le duilgheadasan leughaidh, sgrìobhaidh no fradhairc); agus
- daoine a tha ann am buidhnean a bha gu traidiseanta 'doirbh an cunntais' (mar eisimpleir fireannaich òga, coimhearsnachdan mion-chinnidh àraid, coimhearsnachdan luchd-siubhail agus iadsan a tha fìor aosta).

4.12 Tha an obair seo air a bhith a' gabhail a-steach ceangal a dhèanamh le buidhnean a tha a' riochdachadh bhuidhnean luchd-cleachdaidh àraid (mar eisimpleir, Institiut Nàiseanta Rìoghail nan Dall, *Help the Aged, YoungScot*) agus ùghdarrasan ionadail (is gach aon dhiubh air Oifigear Ceangail Cunntais a chur an dreuchd gus obrachadh mar thobar comhairle is cuideachaidh taobh a-staigh sgìre na comhairle aca). Tha am prògram com-pàirteachais coimhearsnachd cuideachd air buidhnean a chomharrachadh a dh'fheumas ceisteachan a' chunntais a lìonadh air a' fòn seach nach urrainn dhaibh dòigh sam bith eile a chleachdadh.

4.13 Aon uair 's gu bheil iad an dreuchd, bidh Manaidsearan Roinneil a' Chunntais agus an luchd-obrach aca an urra, ann an co-bhonn ris na h-Oifigearan Ceangail Cunntais aig na h-ùghdarrasan ionadail, ri bhith a' togail aire mun chunntas gu h-ionadail (mar eisimpleir, a' cleachdadh nam meadhanan ionadail) agus a' deasbaireachd mun chunntas le buidhnean coimhearsnachd ionadail, gu h-àraid feadhainn a tha doirbh an cunntais, agus

le àitreabhan coitcheann ionadail. Dh'fhaodadh seo a bhith a' com-pàirteachadh àireamhaichean a tha air an togail is air an trèanadh gus buidhnean sònraichte taobh a-staigh an t-sluaigh àireamhachd, no luchd-obrach bhuidhnean eile a dh'fhaodas cuideachadh le àireamhachd (mar eisimpleir, ann an àitreabhan coitcheann).

#### Fiosrachadh seòlaidh

4.14 Thèid mapa mionaideach den SÀ aca agus liosta sheòlaidhean a thoirt do gach àireamhaiche, stèidhichte air Faidhle Seòladh Puist a' Phuist Rìoghail, le taic bhon *National Gazetteer*. Bidh àireamhaichean an urra ri bhith a' sireadh is ag àireamhachd nan taigheadasan uile sna sgìrean aca. Bidh an seòladh ris am buin e air a chlà-bhualadh ro-làimh air gach ceisteachan, ach bidh fios aig àireamhaichean nach bi liostaichean seòlaidh an còmhnaidh aimsireil is gum faodadh barrachd air aon taigheadas a bhith ann an togalach, is mar sin bidh stòras de cheisteachain bàna aca nan cois.

4.15 Thèid an aon dòigh-làimhseachaidh a chleachdadh gus seòlaidhean a chur air na ceisteachain airson sgìrean dùthchail, is thèid an libhrigeadh leis a' Phost Rìoghail. Cha bhi àireamhaichean an lùib a bhith a' libhrigeadh nan ceisteachan sin, mar sin thèid aire shònraichte a thoirt do bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an liosta sheòlaidhean cho ùr 's a ghabhas.

#### A' lìonadh nan ceisteachan cunntais

4.16 Bidh cothrom aig luchd-taighe roghnachadh an ceisteachan a lìonadh air pàipear no tron eadar-lìon. Gus an roghainn sin a thoirt dhaibh, gheibh gach taigheadas ceisteachan pàipeir. Bhathar an dùil gun robh na roghainnean eile (a bhith a' libhrigeadh bileag fa leth gu gach taigheadas ro-làimh, no a' cleachdadh follaiseachd sna meadhanan gus iarraidh air an neach-taighe an dùil gus ceisteachan a chur a-steach air-loidhne a chlàrachadh) ro chosgail no gun robh cunnart ro mhòr ann nach cuireadh an taigheadas a-steach ceisteachan idir. An àite seo, bidh iomradh àraid air gach ceisteachan pàipeir na chòd tèarainteachd bunaiteach airson a bhith a' faighinn gu, agus a' lìonadh, bileag-thuairisgeil air-loidhne. Faodar cuideachd an seòladh a sgrùdadh aig toiseach a' phròiseas lìonaidh, gus dèanamh cinnteach à dearbh-aithne. Nuair a thèid ceisteachan a chur a-steach air-loidhne, thèid còd lìonaidh a tha a' comharrachadh na bileige-thuairisgeil bhon taigheadas sin a ghineadh is a thoirt don àireamhaiche gus tadhalan gu taigheadasan a tha mar-thà air a' cheisteachan a lìonadh air-loidhne a sheachnadh.

4.17 Bidh raon cuideachaidh ri fhaotainn do luchd-taighe, a' gabhail a-steach:

- stiùiridhean 'mar a bu chòir an ceisteachan a lìonadh' air a' cheisteachan;
- cuideachadh bhon àireamhaiche air an stairsnich;
- loidhne-cuideachaidh fòn leis an àireimh air a toirt seachad air a' cheisteachan agus ann am follaiseachd (thèid cunnradh airson

loidhne-cuideachaidh a' fòn a chur air dòigh às dèidh ro-aithris a' chunntais ann an 2009); agus

- seirbheis eadar-lìn le ceistean a thathar a' foighneachd gu tric – bidh an seòladh-lìn air a' cheisteachan agus ann an stuthan follaiseachd.

4.18 Bidh an dà chuid na dreachan pàipear agus eadar-lìn den cheisteachan a' gèilleadh ri stiùiridhean ruigsinneachd. Bidh ceisteachain rim faotainn ann an clò le meud nas motha. Faodaidh luchd-taighe don bheil e mì-iomchaidh no mì-ghoireasach an ceisteachan a lìonadh san dòigh seo an ceisteachan aca a lìonadh air a' fòn. Bidh airtigil sa phàipear-naidheachd labhairteach a' toirt comhairle do gach neach a tha dall mu na seirbheisean a tha rim faotainn.

4.19 Thèid gach oidhirp a dhèanamh cuideachd gus cuideachadh a thoirt seachad tro bhuidhnean saor-thoileach is coimhearsnachd, gu h-àraid do dhaoine nach eil math air a' Bheurla a thuigsinn no aig a bheil duilgheadasan leughaidh. Bidh an ceisteachan pàipeir ri faotainn ann am Beurla a-mhàin agus bidh bileagan taic cànan rim faotainn sa Ghàidhlig agus sna prìomh mhion-chànanan (tron àireamhaiche no air loidhne-cuideachaidh a' fòn). Bidh dreach Ghàidhlig den cheisteachan ri faotainn air an eadar-lìn.

#### A' tilleadh nan ceisteachan cunntais

4.20 Bidh e mar amas na ceisteachain fhaighin air ais chun an àireamhaiche iomchaidh cho tràth 's a ghabhas. Cruinnichidh an t-àireamhaiche cuid dhiubh gu pearsanta. Ach tha eòlas bho 2001 a' sealltainn gum bi e nas fhasa don chuid as motha de thaigheadasan na ceisteachain aca a thilleadh sna cèisean ro-phàighte a thèid a thoirt seachad. Seòrsaichidh am Post Rìoghail iad seo gu h-ionadail agus an dàrna cuid togaidh luchd-obrach làraich a' chunntais iad bhon oifis sheòrsaichidh no thèid an libhrigeadh gu Oifis Làraich cunntais ionadail. Thèid fios a chur gu àireamhaichean mu cheisteachain taigheadais a thèid a chur a-steach air an eadar-lìn no air am fòn. Bheir sin cothrom dhaibh taigheadasan nach eil air ceisteachan a thilleadh, no a tha air freagairt neo-chrìochnaichte a thilleadh a chomharrachadh. Tadhaillidh an t-àireamhaiche air na taigheadasan sin gus cuimhneachadh dhaibh an ceisteachan a lìonadh. Nì àireamhaichean co-dhiù dà oidhirp gus fios a chur gu cuideigin aig seòlaidhean far a bheil ceisteachain cunntais fhathast rin tilleadh no neo-chrìochnaichte: thèid an dearbh àireamh oidhirpean a cho-dhùnadh a rèir àireamh nan ceisteachan a tha a dhìth agus an ùine a tha ri faotainn.

4.21 Nuair a tha na ceisteachain uile air an cur cruinn còmhla, tillidh na h-àireamhaichean iad, air an cur gu tèarainte ann am bogsaichean, chun an ionaid obrachaidh a' cleachdadh seirbheis a tha *Parcellforce* a' Phuist Rìoghail a' toirt seachad gu sònraichte airson a' chunntais.

#### A' buileachadh an riatanais laghail gus ceisteachan cunntais a lìonadh

4.22 Is e eucoir a tha ann fo Achd nan Cunntasan, buailteach do chasaid agus càin (an-dràsta barr-shuim de £1,000), diùltadh ceisteachan a' chunntais

a lìonadh agus a thilleadh. Is e luach àraid a' chunntais gu bheil e ag amas air an t-sluagh air fad a chòmhdach agus tha e riatanach, gus daingneachadh cho cudromach 's a tha e freagairt fhaighinn airson gach taigheadas, gabhail ri poileasaidh soilleir airson a bhith a' togail chasaid an aghaidh eucoirich. Ach, 's e ceum deireannach a bhios an sin: is e an t-amas ceisteachan crìochnaichte fhaighinn, chan e casaid shoirbheachail.

### Follaiseachd

4.23 Bhiodh e do-dhèanta cunntas a dhèanamh às aonais co-obrachadh deònach bhon phoball. Cuiridh Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba, ann an co-obrachadh dlùth leis na h-oifisean cunntais airson a' chòrr de dh'Alba, follaiseachd air dòigh gus:

- adhbhar is luach a' chunntais a mhìneachadh;
- luchd-taighe a bhrosnachadh gus ceisteachain crìochnaichte a thilleadh;
- dèanamh cinnteach gu bheil fios aca cuin is ciamar a nì iad sin;
- barrantasan a thoirt seachad mu dhìomhaireachd; agus
- dèiligeadh ri gnothaichean eile a tha a' cur dragh air a' phoball fhad 's a tha iad a' tighinn am bàrr.

4.24 Bidh seo mar phàirt de phrògram airson a bhith a' toirt fiosrachadh mun chunntas do na meadhanan, am pòball agus luchd-cleachdaidh toraidhean a' chunntais – tro fhiosrachadh riaghailteach air an lìon, agus le bhith a' gairm is a' gabhail com-pàirt ann an co-labhairtean, seiminearann is coinneamhan agus tro cheangal dìreach le buill den phoball agus buidhnean eile le ùidh. Àrdaichidh follaiseachd fhad 's a bhios latha a' chunntais a' tighinn nas fhaisge.

4.25 Chaidh comharradh-malairt a leasachadh mar aodann a' chunntais a bhios aithnichte don phoball choitcheann. Thèid seo a chleachdadh ann an ro-aithris a' chunntais ann an 2009 (sna sgìrean sa bheilear ga dhèanamh) agus, le ùmhlachd do eòlas leis an ro-aithris, sa chunntas fhèin. Tha (agus bidh) an comharradh-malairt air a chleachdadh aig gach cothrom, gus mothachadh poblach a bhrosnachadh.

### Obair-làraich às dèidh làimhe

4.26 A dh'aindeoin sàr oidhirpean àireamhaichean is mhanaidsearan, tha e do-sheachanta nach tèid ceisteachain a thilleadh bho thaigheadasan uile. Ann an 2001, chaidh a mheasrachadh gun robh 4% de thaigheadasan a dhìth ann an Alba gu h-iomlan – bha am figear sin ag atharrachadh thar fo-bhuidhnean sluaigh agus diofar phàirtean den dùthaich. Seach gu bheilear a' cleachdadh staitistig cunntais airson tòrr adhbharan a dh'fheumas fiosrachadh neo-mhearachdach, tha e cudromach ceartachadh airson an fho-chunntais sin.

4.27 Is e aon de dh'amasan Cunntas 2011 staitistig iomlan is neo-mhearachdach a thoirt seachad, a tha a' coinneachadh ri riatanasan luchd-cleachdaidh, air bhunait cho-chòrdail is choimeasach gu nàiseanta agus airson sgìrean beaga agus buidhnean beaga sluaigh. Mar sin thèid dàta a'

chunntais a choimeas mu choinneamh fiosrachadh bho thobraichean eile, an dà chuid rè a' chunntais agus mus tèid na toraidhean a sgaoileadh. Thèid an stòr-dàta toraidh fhèin a ghleusadh gu h-iomlan a' cleachdadh fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh bho Shuirbhuidh Còmhdach Cunntais, a thèid a dhèanamh dìreach às dèidh obair-làraich a' chunntais fhèin. A bharrachd, thèid Suirbhuidh Càileachd Cunntais beag agus fa leth a ghabhail os làimh às dèidh a' chunntais, gus neo-mhearachdachd freagairtean do cheistean fa leth a thomhas.

4.28 Chaidh Suirbhuidh Còmhdach Cunntais a dhèanamh airson a' chiad uair ann an 2001 agus bidh suirbhuidh leithid seo a-rithist na phrìomh thobar fiosrachaidh air meud is sgaoileadh a' chòmhdach – an dà chuid fo- is os-chunntais – sa chunntas fhèin. 'S e suirbhuidh sampail neo-eisimeileach agus nas cuimsichte a bhios ann agus thèid a dhèanamh mu chòig no sia seachdainean às dèidh a' chunntais. Bidh e a' gabhail a-steach agallamh goirid gus dèanamh cinnteach à còmhdach thaigheadasan is dhaoine taobh a-staigh thaigheadasan, agus gus feartan bunaiteach eòlas-sluaigh a chruinneachadh leithid aois, gnè, inbhe phòsta, buidheann chinnidh agus gnìomh eaconamach. Thèid am fiosrachadh a thèid faotainn bhon t-suirbhuidh a chleachdadh, ann an co-cheangal ri dàta a' chunntais fhèin, gus fo-chunnt a cheartachadh agus airson cuideachadh gus seata co-chòrdail de chunntan stèidhichte air a' chunntais a thoirt seachad. Thèid seo a chleachdadh mar bhunait ùr airson na sreath thuairmsean meadhan-bliadhna air an àireimh-sluaigh airson sgìrean comhairle agus Bùird SNS (a bharrachd air Alba gu h-iomlan). Adhartaichidh is leasaichidh seo an dòigh-obrach a chaidh a chleachdadh airson Cunntas 2001 agus a fhuair fàilte fada is fharsaing bho luchd-cleachdaidh.<sup>21</sup> Thèid co-chomhairle a bharrachd a dhèanamh le luchd-cleachdaidh a thaobh nan dòighean-obrach a tha rin cleachdadh agus gus measadh is aithris a dhèanamh air càileachd an dàta a thathar a' cinneasachadh. Obraichidh Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba gu dlùth le oifisean cunntais eile san RA gus dèanamh cinnteach gu bheil a' buileachadh dòigh-làimhseachaidh cho-chòrdail thar na RA airson a bhith cinnteach à cunntan coimeasach àireimh-shluaigh.

4.29 Ann an 2001, bha com-pàirteachas ann an Suirbhuidh Còmhdach a' Chunntais saor-thoileach. Mar phàirt den amas gus dèanamh cinnteach gu bheil toraidhean cunntais neo-mhearachdach, tha Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba a' sgrùdadh co dhiubh a b' urrainnear an reachdas cunntais a tha ann an-dràsta a chleachdadh gus a bhith a' freagairt Suirbhuidh Còmhdach a' Chunntais a dhèanamh èigheachail, le ùmhlachd do dh'aonta Pàrlamaid na h-Alba den Òrdan riatanach (faic paragraf 7.3).

---

<sup>21</sup> Ùghdarras nan Staitistig (2003). *Census and population estimates and the 2001 Census in Westminster: final report*. Aithisg àir. 22. Ùghdarras nan Staitistig. Comann an Riaghaltais Ionadail (2003). *2001 One Number Census and its quality assurance: a review*. Brath-ullachaidh Rannsachaidh LGA 6.03. Comann an Riaghaltais Ionadail.

## Caibideal 5 – Ag obrachadh an dàta agus a’ foillseachadh nan toraidhean

### Ro-ràdh

5.1 Chan eil e reusanta ùine is goireasan a thasgadh ann an cunntas nàiseanta mura h-eil na toraidhean rim faotainn gu sgiobalta agus ann an riochd soilleir is goireasach. Mar sin, 's e an t-amas teicneòlas a chleachdadh gus leasachadh a thoirt air inbhe, loidhnichean-ama, ruigsinneachd is dòighean cleachdaidh nan toraidhean a thèid fhoillseachadh. Tha Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba an dùil toraidhean nàiseanta agus ionadail air fad a chur ann an riochd aithisgean dealanach agus an toirt do Phàrlamaid na h-Alba, 's mar sin faodar an sgaoileadh an-asgaidh chun a' phobaill, gu h-àraid air-loidhne. Bidh na toraidhean rim faotainn airson Alba air fad, airson sgìrean a tha a' sìor fhàs nas lugha sìos gu 'Sgìrean Toraidh' de mu 20-50 taigheadas. Ann an co-obrachadh le oifisean cunntais eile san RA, cuiridh Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba ri staitistig na RA air fad airson ceistean a tha co-ionann no coltach ri chèile air feadh na dùthcha air fad.

5.2 Mar a rinneadh le cunntasan roimhe, thèid Cunntas 2011 'obrachadh' ann an trì prìomh cheumannan. Tha a bhith a' **glacadh is a' còdadh dàta** a' ciallachadh a bhith a' toirt fiosrachadh bhon a' cheisteachan chrìochnaichte is a' cur còd goirid air gach pìos dàta. Tha **obrachadh sìos-sruith** a' cur ceart neo-chunbhalachdan san dàta, a' cur a-steach fiosrachadh a tha a' dhìth is a' dèanamh cinnteach nach gabh daoine fa leth aithneachadh bho fhiosrachadh foillsichte. Tha **obrachadh toraidh** a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh chlàran staitistigeil agus stuthan eile bho stòr-dàta, agus a' sgaoileadh nan stuthan sin gu luchd-cleachdaidh.

### Glacadh is còdadh dàta

5.3 Tha an t-uamhas fiosrachaidh ri obrachadh aon uair is gu bheil na ceisteachain chrìochnaichte air an tilleadh. Tha an toradh iom-fhillte: airson Cunntas 2001, bha mu 275 clàr ann is chaidh suas ri 15 ìrean de chruinne-eòlas a chur riutha. Feumar an obair a dhèanamh luath, gus nach bi dàil ann a bhith a' foillseachadh nan toraidhean. Gu traidiseanta, bha seo a' ciallachadh a bhith a' cur an dreuchd àireamh mhòr de luchd-obrach clèireil sealach agus siostam giollachd coimpiutair a bha air a dhol tro dheuchainnean iomlan gus mearachdan, brisidhean is dàil a sheachnadh. Ro 2001, bha na h-oifisean cunntais riamh air a bhith ag obrachadh nan ceisteachan cunntais. Airson 2001, chaidh aontachadh gun deidheadh luach airgid na b' fheàrr fhaighinn le bhith a' cur nam prìomh sheirbheisean sganaidh, glacadh dàta agus còdadh a-mach air chùmhnannt, ach fhathast a' cumail dìomhair am fiosrachadh pearsanta a dheidheadh a chruinneachadh anns a' chunntas. Dh'obraich sin gu math<sup>22</sup> agus thathar an dùil an aon seòrsa modh-obrach a' chleachdadh airson dàta Cunntas 2011. Chaidh an

---

<sup>22</sup> Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba *Taking Scotland's 2001 Census – A Review* (faic <http://www.gro-scotland.gov.uk/census/censushm/censcr02/index.html>)

cùmhnant airson na h-obrach seo airson cunntas na h-Alba a thoirt do CACI (UK) Ltd anns an Òg-mhios 2008. Tha clò-bhualadh nan ceisteachan agus seirbheis chrìochnachaidh (agus taice) an eadar-lìn an urra ris a' bhuidhinn seo cuideachd oir feumar na h-eileamaidean seo a bhith co-fhillte leis an obair a nithear ann a bhith a' glacadh an dàta.

5.4 Thèid ceisteachain chrìochnaichte a sganadh, is thèid an dàta a ghlacadh is a chòdadh mus tèid a chur còmhla ri fiosrachadh mu thaigheadasan a lìon an ceisteachan air-loidhne. Thèid riaghailtean dearbhaidh is deasachaidh a bhuileachadh air gach raon a thèid a ghlacadh, mus tèid freagairtean teacsa a chur chun an t-siostaim chòdaidh.

5.5 Thèid còd a chur air ceistean a tha a' feumachdainn freagairtean teacsa (leithid feadhainn a' buntainn ri dreuchdan agus gnìomhachas) le measgachadh de chòdadh fèin-ghluasadach is còdadh làimhe le taic bho choimpiutair. Bidh taic ann don t-siostam còdaidh fèin-ghluasadaich bho sheòrsachaidhean is clàran-amais a thathar a' cleachdadh sna cunntasan air feadh Bhreatainn, far an gabh sin dèanamh. Leigidh siostam còdaidh eadar-ghnìomhail le luchd-obrach faighinn chun an fhiosrachaidh seo is gu stuthan iomraidh eile. Nì luchd-staitistig Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba sgrùdadh air dàta a tha air a ghlacadh is air a chòdadh fhad 's a thathar ga obrachadh gus sùil a chumail air adhartas is gus dèanamh cinnteach à càileachd an dàta. Aon uair 's gun tèid an dàta a sgrùdadh is a thasgadh gu tèarainte thèid na ceisteachain phàipeir a sgrìos (mar a rinneadh aig Cunntas 2001) a rèir stiùireadh tèarainteachd an riaghaltais, a' dìon uaigneachd fiosrachadh a' chunntais is a' toirt cothrom na ceisteachain phàipeir ath-chuartachadh. Thèid siostaman is meadhanan stòraidh air fad a dhubhadh às a rèir ìrean tèarainteachd an riaghaltais.

#### Obrachadh sìos-sruith

5.6 Aon uair is gun tèid an dàta a ghlacadh is a chòdadh, feumar sgrùdadh is leasachadh faiceallach a dhèanamh air mus urrainnear toraidhean earbsach a chinneasachadh, a choinnicheas ri feumalachdan luchd-cleachdaidh. Tha feum air mion-atharrachadh gus crìoch a chur air freagairtean sam bith a tha a dhìth air ceisteachain a' chunntais; gus cuidhteas fhaighinn do cheisteachain dhùblaichte; gus mearachdan sam bith a nochd anns an dàta a fhuairteach tro na gnìomhan glacadh dàta a chur ceart; gus cuidhteas fhaighinn do neo-chunbhalachdan; agus gus an dàta ullachadh airson a sgaoileadh gu luchd-cleachdaidh. 'S e 'obrachadh sìos-sruith' a chanaiste ris na siostaman airson a bhith a' glanadh is a' gleusadh an dàta, gus an urrainnear stòr-dàta gu tur cunbhalach de chlàran cunntais ullachadh mar bhunait airson toraidhean a sgaoileadh, oir tha iad air an dèanamh 'sìos-sruith' bho na prìomh gnìomhan glacaidh is còdaidh dàta. Mar as trice, bidh na dòighean-obrach sin fèin-ghluasadach agus bidh iad stèidhichte air co-aontaran staitistigeil iom-fhillte le taic bho eadraiginn làimhe bho àm gu àm. Thèid obrachadh sìos-sruith a dhèanamh le Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba agus tòisichidh e cho luath 's a bhios an dàta deiseil.

5.7 Thèid sgrùdaidhean dearbhaidh is càileachd a ghabhail os làimh, gus dèanamh cinnteach gu bheil iomlanachd structarail an dàta a' coinneachadh ri

dùilean is nach eil mearachd sam bith air nochdadh san t-siostam fhad 's a bhathar a' glacadh is a' còdadh an dàta. A bharrachd, nì na sgrùdaidhean cinnteach gu bheil an ìre fiosrachaidh as lugha a tha a dhìth airson freagairt cheart ann, agus nach e freagairt a tha innte a chaidh a chruthachadh gu mearachdach fhad 's a bhathar a' glacadh an dàta.

5.8 Thèid freagairtean neo-chunbhalach no neo-chrìochnaichte a dheasachadh a rèir riaghailtean ro-stèidhichte mura h-eil am freagairt ann an co-chòrdadh ris a' chòrr de na freagairtean air a' cheisteachan. Mar eisimpleir, cha bu chòir do neach a tha air a chlàradh mar fo aois 16 a bhith a' freagairt cheistean air gnìomhan eaconamach. Far nach deach crìoch a chur air cuid de na ceistean, thèid freagairt a chur às leth a tha co-chòrdail ri freagairtean eile anns a' cheisteachan – stèidhichte air freagairtean don aon cheist le daoine a' fuireach ann an toglaichean an ath dhoras no taigheadasan coltach riutha. Tha an dòigh-obrach deasachaidh is cur às leth seo a' dèanamh cinnteach gu bheil toraidhean a' chunntais slàn agus cunbhalach. 'S e dòigh-obrach staitistigeil cumanta a tha ann, a thathar air a bhith a' cleachdadh gu soirbheachail bho Chunntas 1981.

5.9 Tha toraidhean slàn agus cunbhalach a' ciallachadh nach bi beàrnann anns na clàran staitistigeil deireannach a' nochdadh bho fhreagairtean 'gun fhios' no 'gun aithris' (ach a-mhàin an fheadhainn a tha a' buntainn ris a' cheist shaor-thoileach mu chreideamh). Tha seo a' ciallachadh nach bi aig luchd-cleachdaidh ris na tuairmsean aca fhèin a dhèanamh air an fhiosrachadh a tha a dhìth, oir tha Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba ann an suidheachadh nas fheàrr na an neach-cleachdaidh gus freagairtean neo-bhrìgheil no neo-chrìochnaichte a cheartachadh no gus tuairmse cheart a dhèanamh air an fhiosrachadh bho caochladairean ginte a bha stèidhichte air barrachd air aon nì (leithid SSE-SN).

5.10 Gus gleusadh a dhèanamh airson fo-chòmhdach thèid am fiosrachadh bho Shuirbhìdh Còmhdach a' Chunntais (faic paragraf 4.27) a mhaidseadh, airson gach taigheadas, ris a' bhileig-thuairisgeil a chaidh a thilleadh bhon an taigheadas anns a' chunntas fhèin. Bheir sin cothrom àireamhan is feartan an fheadhainn a chaidh fhàgail a-mach às a' chunntas a chomharrachadh. Thèid na daoine agus na taigheadasan a thathar a' tuairmse nach deach fhaighinn a chur ris an stòr-dàta a' cleachdadh altan is dòighean-obrach coltach ris an ìre deasachaidh is cur às leth. Dh'obraich an t-alt seo, ris an canar 'Cunntas Aon Àireamh', gu math ann an 2001.

5.11 Ged a thèid dòigh-obrach coltach ris an seo a chleachdadh ann an 2011, thèid a leasachadh ann an grunn dhòighean. Gu sònraichte, tha an dùil fiosrachadh mu luchd-tadhail a chruinneachadh gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air dòighean sa bheil pàtrain còmhnaidh àbhaisteach ag atharrachadh, buailteach measadh a' chòmhdach a dhèanamh nas duilghe. Mar eisimpleir, le bhith a' maidseadh luchd-tadhail ri clàran cunntais agus Suirbhìdh Còmhdach a' Chunntais, dh'fhaoidte gum bi fiosrachadh a bharrachd ri fhaighinn gus cuideachadh le bhith a' comharrachadh luchd-còmhnaidh nach deach a chlàradh anns a' chunntas no ann an Suirbhìdh Còmhdach a' Chunntais. A bharrachd, faodar fiosrachadh bho stòrasan

rianachd àraid (mar eisimpleir Prìomh Chlàr SNS) a mhaidseadh ris a' chunntas, gus fiosrachadh nas fheàrr fhaighinn airson a bhith a' measadh còmhach. Thathar cuideachd a' beachdachadh air stòr-dàta a' chunntais a mhaidseadh ris fhèin gus daoine a chaidh a chunntais barrachd air aon uair a chomharrachadh. Thathar fhathast a' measadh so-dhèantachd a bhith a' mhaidseadh, agus na h-ìrean cinnteachd a gheibhear ri linn, gus fiosrachadh a thoirt airson cruth deireannach Suirbhidh Còmhach a' Chunntais agus an obair ghleusaidh.

### Barrantas càileachd

5.12 Thèid dòighean-obrach barrantas càileachd a chur an gnìomh gus sgrùdaidhean a dhèanamh, agus far am bi feum, airson ceartachaidhean a dhèanamh gus leasachadh a thoirt air càileachd dàta a' chunntais is gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-àireamhan ciallach. Bidh an ro-innleachd airson càileachd a leasachadh na chothromachadh eadar an leasachadh a gheibhear agus an ùine is an stòras a bhios a dhìth. Thèid barrantas càileachd air toraidhean a' chunntais a dhèanamh fhad 's a bhios an obair a' dol air adhart gus dèanamh cinnteach:

- gu bheil atharrachaidhean a tha air an dèanamh taobh a-staigh nam pròiseasan làidir is nach toir iad mearachdan a-steach don t-siostam; agus
- gu bheil na tuairmsean nàiseanta is fo-nàiseanta (gu sònraichte ann an sgìre chomhairle) a' dèanamh ciall nuair a thèid an coimeas ri dàta bho stòrasan rianachd agus coimeasairean eòlas-sluaigh.

### Cinneasachadh toraidh

5.13 Aon uair 's gu bheilear air barrantas càileachd a dhèanamh air na toraidhean, chan ann a-mhàin a thaobh tuairmsean àireamh-sluaigh nàiseanta is fo-nàiseanta, ach cuideachd airson cunbhalachd thar feartan, bidh an stòr-dàta deiseil airson toraidhean obrachadh. Tha sin a' gabhail a-steach grunn cheumnan gus stòr-dàta thoraidhean deireannach a chruthachadh a thèid a chleachdadh gus toraidhean a chinneasachadh airson an sgaoileadh gu luchd-cleachdaidh tro mheasgachadh de mhodhan – aithisgean pàipeir, an t-eadar-lìon agus meadhanan dealanach. Thèid cùram mòr a ghabhail (faic Caibideil 6) gus dèanamh cinnteach nach nochd dàta foillsichte fiosrachadh cunntais pearsanta.

5.14 Tha dà dhòigh ann gus toraidhean cunntais a thoirt seachad, fo earrann 4 de dh'Achd nan Cunntasan 1920. Faodar aithisgean clò-bhuailte a chur fa chomhair na Pàrlamaid agus am foillseachadh; agus faodar geàrr-chunntasan staitistigeil neo-chumanta fhaighinn agus pàigheadh air an son.

5.15 Gus feum iomlan a dhèanamh de ruigsinneachd nas fheàrr air fiosrachadh staitistigeil a tha dòighean sgaoilidh ùr-nodha a' ceadachadh, tha Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba a' moladh (le ùmhlachd do thuilleadh deasbaid le ùghdarrasan Pàrlamaid na h-Alba) seata slàn de thoraidhean staitistigeil bho Chunntas 2011 a chur (gu dealanach) fa chomhair na Pàrlamaid. Aig an aon àm, bhiodh iad sin rim faotainn an dà

chuid le luchd-cleachdaidh speisealta agus leis a' phoball choitcheann, ann an riochdan a tha a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-cleachdaidh. Cho fad 's a ghabhas dèanamh, thèid toraidhean coitcheann nàiseanta is ionadail a sholarachadh an-asgaidh air-loidhne.

5.16 Thathar an dùil gur e an t-eadar-lìon an dòigh-sgaoilidh as cumanta a bhios ann. Airson Cunntas 2001, chruthaich Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba làrach-lìn 'Toraidhean Cunntas na h-Alba Air-loidhne' (*Scottish Census Results On-Line*) (SCROL)<sup>23</sup> a rinn feum de theicneòlas eadar-lìn ùr agus crìochan didsiotach gus ruigsinneachd is eadar-mhìneachadh a leasachadh do luchd-cleachdaidh. Thèid an aon bhun-bheachd a chleachdadh airson toraidhean Cunntas 2011 a' sgaoileadh, ach tha adhartasan ann an teicneolas a' ciallachadh gum bi fiosrachadh nas fhasa fhaotainn agus nas fhasa a chleachdadh. Le co-obrachadh leis na h-oifisean cunntais eile san RA, bidh staitisgtig RA làn-choimeasach rim faotainn air-loidhne.

5.17 Aig an aon àm, thathar an dùil gum bi iarrtas leantainneach ann airson foillseachaidh lethbhreac cruaidh de chlàrachaidhean, le taic bho thoraidhean ann an cruthan CD/DBhD, gus coinneachadh ri feumalachdan àraid an luchd-cleachdaidh. Leanaidh Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba air adhart a' tabhann seirbheis luchd-ceannach a bheir dòigh shìmplidh, luath, is aig prìs reusanta, do luchd-cleachdaidh gus geàrr-chunntasan staitistigeil neo-chumanta iarraidh.

5.18 Thèid na prìomh thoraidhean nàiseanta is ionadail a sgaoileadh a rèir clàr-ama ro-ainmichte, cho luath 's a ghabhas thar ùine ghoirid aon uair 's gu bheil obrachadh crìochnaichte agus àireamh-sluagh iomlan na dùthcha air a dearbhadh. Thathar a' dealbhadh sgaoileadh co-cheumnach airson pàirtean uile na h-Alba, agus ma 's urrainnear airson na RA air fad, gus leigeil le luchd-cleachdaidh coimeas a dhèanamh sa bhad eadar pàirt sam bith den dùthaich no den roinn le pàirt sam bith eile.

5.19 Thèid batharan a leasachadh a bheir cothrom fiosrachadh staitistigeil agus cruinn-eòlasach a libhrigeadh còmhla, airson a chleachdadh le siostaman fiosrachaidh cruinn-eòlasach, a' toirt sùbailteachd cho mòr 's a ghabhas seachad co-ionann ri dìomhaireachd a thaobh fiosrachadh pearsanta. Leanaidh co-chomhairle le luchd-cleachdaidh agus leasachadh roghainnean air adhart gu nas fhaighe air àm libhrigeadh nan toraidhean. Thèid meata-dàta, ann an riochd mhìneachaidhean, sheòrsachaidhean is taisbeanairan càileachd, a dhèanamh cuideachd airson an cleachdadh leis na toraidhean staitistigeil. Bidh iad seo a' gabhail a-steach, gu sònraichte, beàrnan misneachd agus ceumannan is fiosrachadh càileachd eile bho chòmhdach is shuirbhidhean càileachd às dèidh a' chunntais – leithid reataichean còmhdaich ionadail, neo-fhreagairt agus cur às leth.

5.20 Bidh Sampail de Chlàran gun Urra (SCU) de dhaoine is thaigheadasan rim faotainn do luchd-rannsachaidh aontaichte gus an urrainn dhaibh na mion-sgrùdaidhean aca fhèin a dhèanamh, nach eil so-dhèanta le dàta a tha

---

<sup>23</sup> <http://www.scrol.gov.uk/scrol/common/home.jsp>

air a chur cruinn còmhla. Bidh cothrom leithid seo fo ùmhlachd na prìomh feumalachd gun dèanar cinnteach à dìomhaireachd iomlan dàta pearsanta. Tha an dàta gu tur gun urra gus nach urrainnear daoine fa leth sam bith aithneachadh bhon chunntas. Chan eil ainmeannan no seòlaidhean sam bith air an gabhail a-steach don SCU, tha caochladairean air am measgachadh agus air an seòrsachadh ann an raointean nas fharsainghe, agus chan eil ach mion-fhiosrachadh cruinn-eòlasach fìor chuingealaichte air a thoirt seachad. Bha cothrom SCU fhaighinn na innleachdas mòr, agus soirbheachail ann an Cunntas 1991 is chaidh a leudachadh ann an 2001.

5.21 Thèid dàta bho Chunntas 2011 a chur ri Sgrùdadh Iar-astar na h-Alba (faic paragraf 1.14), a tha mar-thà a' ceangal chlàran Cunntasan 1991 agus 2001 airson sampall 5% de shluagh na h-Alba. Tha Sgrùdadh Iar-astar na h-Alba air a chòmhdach leis na h-aon chumhaichean dìomhaireachd làidir 's a bha rin lorg sa chunntas fhèin agus chan eil clàran rim faotainn ach do luchd-rannsachaidh ann an cruth gun urra.

5.22 Coileanadh Riaghaltas na h-Alba a riatanas, fo Riaghailtean Còmhairle is Pàrlamaid na h-Alba air Cunntasan-sluaigh agus Thaigheadasan<sup>24</sup>, toraidhean staitistigeil bho Chunntas 2011 (no bho thobraichean dàta eile) a thoirt don Aonadh Eòrpach, ann an riochd thar-chlàran staitistigeil ro-shònraichte ro dheireadh Màrt 2014. Dh'fhaodadh am fiosrachadh sin a bhith ri faotainn tron ionad-meadhain cunntais Eòrpach a thathar a' moladh. Dheidheadh dàta a chumail gu tèarainte le Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba (no dh'fhaoidte, airson na RA air fad, le Oifis an Staitistig Nàiseanta) agus a sgaoileadh gu *Eurostat* agus/no buill-stàitean le iarrtas, gu ìre aontaichte de bhriseadh-sìos staitistigeil is cruinn-eòlasach. Bhiodh dàta leithid seo fo ùmhlachd nan aon inbhean smachd teann a thaobh dìomhaireachd is sgaoileadh staitistig a bhios a' buntainn ri iarrtasan dachaigheil airson fiosrachadh. Thathar cuideachd a' beachdachadh air siostam leithid seo a leasachadh airson a bhith a' sgaoileadh thoraidhean cunntais taobh a-staigh na RA.

5.23 Mar sin thathar a' cuimseachadh toraidhean bhon chunntas gu ruige feumalachdan nan diofar choimhearsnachdan luchd-cleachdaidh – am poball coitcheann, ùghdarrasan ionadail agus luchd-cleachdaidh mòr eile, rannsachairean sgoileireach, an t-Aonadh Eòrpach agus feadhainn eile. Bidh Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba a' cumail co-chomhairle le luchd-cleachdaidh as t-Fhoghar 2009 mun dòigh mhionaideach anns am bi toraidhean cunntais rim faotainn. Is e am prionnsabal as cudromaiche, a tha a' buntainn ri toraidhean uile, nach tèid fiosrachadh mu dhaoine fa leth a ghabhas aithneachadh a sgaoileadh bho thoraidhean staitistigeil a' chunntais. Tha seo air a chòmhdach nas mionaidiche ann an Caibideal 6.

### Cruinn-eòlas toraidh

5.24 Bidh toraidhean staitistigeil rim faotainn aig caochladh ìrean mionaideachd, airson diofar sgìrean cruinn-eòlasach, le ùmhlachd don t-sàr

---

<sup>24</sup> An t-Aonadh Eòrpach (2008). *Regulation of the European Parliament and Council on Population and Housing Censuses*. Àireamh Riaghailt (AE) 763/2008 de 9 Iuchair 2008.

riatanas a bhith a' dìon dìomhaireachd fiosrachadh pearsanta. Thèid na cruinneachaidhean cruinn-eòlasach a chruthachadh an ìre mhath bho na h-aon bhlocaichean togail 's a chaidh a chleachdadh ann an Cunntas 2001 – Sgìrean Toraidh de 20-50 taigheadas. Chaidh Sgìrean Toraidh a chleachdadh an toiseach gus staitistig a sgaoileadh bho Chunntas 1991 agus is iad an sgìre as lugha don bheilear a' cinneasachadh staitistig cunntais, fhad 's a thathar a' gleidheadh dìomhaireachd dhaoine fa leth. Is e cruinneachadh de Sgìrean Toraidh a tha a' freagairt gu dìreach, no cho faisg 's a ghabhas, ris an sgìre sin a tha ann an sgìre sam bith don bheilear a' cinneasachadh toradh cunntais. Mar sin is urrainnear Sgìrean Toraidh a chur còmhla gus fiosrachadh a thoirt seachad mu uàrdan taghaidh, roinnean còd-puist, bailtean, sgìrean ùghdarras ionadail agus bùird SNS – agus raointean dàta, a tha a' gabhail a-steach sgìrean staitistigeil seasmhach a tha air an cleachdadh airson Staitistig Nàbachdan na h-Alba.

5.25 Airson 2001, bha gach Sgìre Toraidh a' gabhail a-steach buidheann de chòdan-puist faisg air a chèile, am broinn sgìre ùghdarras ionadail agus (nan gabhadh e dèanamh) do choimhearsnachd ionadail, Sgìre Toraidh 1991, roinn còd-puist agus uàrd-taghaidh. Cho fad 's a ghabhas dèanamh, thèid crìochan Sgìrean Toraidh 2001 a chumail an aon rud airson 2011, gus an urrainnear coimeas a dhèanamh eadar an dà chunntas. Ma tha sgìrean ann le atharrachadh cudromach ann an àireimh-sluaigh no leasachadh taigheadais, bidh e riatanach crìochan ath-sgrùdaichte a chruthachadh gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' leantainn nam prìomh shlatan-tomhais airson meud is aon-ghnèitheachd. Thèid àireamh atharrachaidhean leithid seo a lùghdachadh agus sa bhitheantas bidh seo a' ciallachadh nan Sgìrean Toraidh a tha ann mar-thà a roinn no an cur còmhla gus a' bhuaidh air sgìrean cruinn-eòlasach nas motha a lùghdachadh.

## **Caibideal 6 – Dìomhaireachd, uaigneachd agus tèarainteachd coimpiutair**

6.1 Is e an nì sònraichte mun chunntas gu bheil e a' cunntais a h-uile duine. Tha sin riatanach airson neo-mhearachdachd nan toraidhean – gu h-àraid airson sgìrean beaga is buidhnean beaga dhaoine. Gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine air an gabhail a-steach, tha com-pàirteachas sa chunntas riamh air a bhith èigneachail. Ach tha seo cuideachd a' cur riatanas air an riaghaltas dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh dìomhair a tha am poball a' toirt seachad air a làimhseachadh leis an dìomhaireachd as làidire. Tha sin cuideachd a' faighinn taic bhon lagh: tha Achd (Dìomhaireachd) nan Cunntasan 1991 ga dhèanamh na eucoir do neach sam bith a tha an lùib a bhith a' ruith a' chunntais fiosrachadh pearsanta sam bith bhon chunntas a sgaoileadh.

### Prionnsabalan dìomhaireachd

6.2 Tha an t-Àrd-neach-clàraidh an urra ri bhith a' gabhail cunntas na h-Alba. Mar a rinneadh ann an cunntasan roimhe, bheir e seachad gealadh pearsanta, air aghaidh ceisteachan a' chunntais, nach tèid am fiosrachadh a bheir daoine seachad a chleachdadh ach airson adhbharan staitistigeil a-mhàin agus gun tèid a làimhseachadh leis an dìomhaireachd as làidire. Tha cliù fìor stèidhichte aig an Àrd-neach-clàraidh agus aig a luchd-obrach airson a bhith a' cumail suas dìomhaireachd cunntais, agus tha iad dìorrasach gus seo a ghleidheadh. Thèid an gealadh dìomhaireachd sin a dhaingneachadh gu poblach san ùine ron chunntas.

6.3 Cha bhi am fiosrachadh pearsanta a thèid a chruinneachadh ann an Cunntas 2011 ri fhaotainn ach don àireimh riatanach as lugha de dhaoine, agus bidh iad fo òrdan teann a chumail gu tur neo-eisimeileach. Cha tèid a chleachdadh ach a-mhàin airson staitistig a dhèanamh is airson rannsachadh staitistigeil. Cha tèid fiosrachadh pearsanta cunntais sam bith fhoillseachadh gu 100 bliadhna às dèidh làimhe, agus nithear cinnteach gun tèid cùram mòr a ghabhail gus toraidhean staitistigeil a dhèanamh gun urra gus dìomhaireachd a ghleidheadh.

6.4 Bidh na rèiteachaidhean tèarainteachd is dìomhaireachd airson a bhith a' cruinneachadh is ag obrachadh nan ceisteachan cunntais fo ùmhlachd ath-sgrùdadh neo-eisimeileach – mar a bhathar a' dèanamh roimhe san ùine ro chunntasan. Nì an t-Àrd-neach-clàraidh cinnteach gu bheil fios air a chur gu Pàrlamaid na h-Alba, ron a' chunntas, mu thoradh an ath-sgrùdaidh.

### Dìomhaireachd: taigheadasan

6.5 Mar as trice bidh ceannard gach taigheadas an urra ri bhith a' toirt seachad an fhiosrachaidh air a' cheisteachan airson an taigheadais air fad. Ma bhios daoine ann nach bi airson am fiosrachadh pearsanta a thoirt seachad do bhuill eile den taigheadas aca, bidh cothrom aca ceisteachan fa leth iarraidh is a thilleadh, gus an urrainn dhaibh a thoirt seachad ann an dòigh nach nochd am fiosrachadh do chàch san taigheadas. Thèid rèiteachaidhean coltach riutha seo a dhèanamh do dhaoine ann an

'àitreabhan coitcheann' leithid taighean-òsta is dachannan-cùraim, agus airson daoine a tha dall agus daoine eile aig am biodh duilgheadas a' lìonadh ceisteachan gun chuideachadh.

Diomhaireachd: luchd-obrach ann am buidheann a' chunntais

6.6 Rè a' chunntais, cha bhi fiosrachadh pearsanta cunntais ri fhaotainn ach do luchd-obrach an Àrd-neach-chlàraidh (a' gabhail a-steach, gun teagamh, an luchd-obrach a chaidh fhadhadh gu sealach mar àireamhaichean) agus an àireamh riatanach as lugha de luchd-obrach ag obair airson chompanaidhean fo chunnradh don Àrd-neach-clàraidh, gus na ceisteachain chriochnaichte a ghiùlain is obrachadh. Thèid stiùiridhean teann a thoirt do na daoine sin a thaobh cho cudromach 's a tha e diomhaireachd fiosrachadh pearsanta cunntais a dh'ion, agus a bhith a' seachnadh sgaoileadh gun fhiosta. Bidh e mar riatanas orra an ainm-sgrìobhte a chur ri dearbhadh nach toir iad seachad, is nach cleachd iad, gun ùghdarras laghail, fiosrachadh sam bith a chaidh fhaotainn rè nan dleastanasan aca – agus gu bheil iad mothachail gum faodadh casaid a bhith air a togail nan aghaidh airson brisidhean sam bith de dh'Achd (Diomhaireachd) nan Cunntasan 1991. Mus tèid an cur an dreuchd, thèid an sgrùdadh le Sgrùdadh Alba is an ceadachadh gus fiosrachadh cunntais a làimhseachadh.

Diomhaireachd: cunnradairean

6.7 Tha na ceumannan-dìona seo a' buileachadh gu co-ionann ri luchd-obrach a tha air am fastadh leis na cunnradairean a tha a' toirt taic don chunntas (*Parcelforce* a' Phuist Rìoghail agus CACI (UK) Ltd agus am fo-chunnradairean). Tha na cunnraidhean fon a bheilear a' cur nan companaidhean sin an dreuchd a' gabhail a-steach fiosrachadh mionaideach mu na rèiteachaidhean tèarainteachd a dh'fheumas a bhith air am buileachadh a thaobh fiosrachadh cunntais, agus a dh'fhaodas a' chunnradh a thoirt gu crìch ma thèid am briseadh. Bidh a' chunnradh airson seirbheisean loidhne-cuideachaidh fòna, a tha ri rèiteach às dèidh ro-aithris a' chunntais ann an 2009, a' gabhail a-steach rèiteachaidhean coltach riutha seo.

6.8 Is e fo-bhuidheann RA de chompanaidh pàrantail às na Stàitean Aonaichte a tha ann an CACI (UK) Ltd. Tha an t-Àrd-neach-clàraidh air beachdachadh gu cùramach, le comhairle laghail, mun bhuidheann a tha aig Achd Tìr-ghràdhaiche nan Stàitean Aonaichte air diomhaireachd fiosrachadh pearsanta cunntais fhad 's a tha CACI (UK) Ltd agus a fo-chunnradairean ga obrachadh. Leanaidh am fiosrachadh air adhart a bhith fo sheilbh an Àrd-neach-chlàraidh agus tha e na chumha den chunnradh nach fàg e Alba gu bràth. Bidh an siostam TF a thèid a chleachdadh gus am fiosrachadh obrachadh air a leasachadh is air a chumail suas le CACI (UK) Ltd ach thèid an dàta a stòradh air uidheamachd TF a tha air a shealbhadh, air a chumail suas agus air obrachadh le Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba. Cha bhi ruigsinneachd ach aig ìre fìor bheag de luchd-obrach CACI (UK) Ltd chun an dàta, airson adhbharan gleidheadh siostaim a-mhàin fo smachd agus stiùireadh dìreach luchd-obrach Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba. Cha bhi e comasach do luchd-obrach CACI (UK) dàta leithid seo a thoirt air falbh. Mar chompanaidh san RA a' toirt cosnadh do nàiseantaich

RA, tha CACI (UK) Ltd fo ùmhlachd lagh na RA, a' gabhail a-steach Achd (Dìomhaireachd) nan Cunntasan 1991. Cha bhi ruigsinneachd aig a luchd-obrach, agus mar sin a' chompanaidh phàrantail sna Stàitean Aonaichte gu dàta pearsanta cunntais. Chan eil ceangal sam bith sna Stàitean Aonaichte aig a fo-chunntadairean agus mar sin chan eil Achd an Tìr-ghràdhachas a' buntainn riutha. Thug CACI (UK) Ltd taic shoirbheachail do na cunntasan ann am Poblachd na h-Èireann ann an 2002 agus 2006, gun dhuilgheadasan dìomhaireachd.

6.9 Tha an t-Àrd-neach-clàraidh riarachaidh gu bheil na ceumannan-dìona seo a' dèanamh cinnteach nach tèid dochann a dhèanamh air tèarainteachd fiosrachadh pearsanta cunntais rè obrachadh. Leanaidh an t-Àrd-neach-clàraidh air adhart a' toirt seachad barrantasan poblach mun ghnòthaich sin san ùine ron a' chunntas fhèin.

#### Dìomhaireachd: Siostaman TF

6.10 Tha riatanasan tèarainteachd coitcheann riaghaltais ann airson siostaman TF, agus thèid cumail gu dlùth riutha fhad 's a thathar ag obrachadh an fhiosrachaidh air na ceisteachain chunntais agus ann an sgaoileadh dealanach an dàta. Bidh ceumannan-dìona teann aig na siostaman coimpiutair a tha a' làimhseachadh dàta gus ruigsinneachd gun ùghdarras a bhacadh. Bidh tèarainteachd leantainneach, a' gabhail a-steach smachd air ruigsinneachd, CCTBh, geàrdan tèarainteachd agus caismeachdan luchd-fòirnidh, aig na làraich far a bheilear ag obrachadh dàta a' chunntais. Cumaidh luchd-obrach an Àrd-neach-clàraidh sùil air na rèiteachaidhean tèarainteachd seo agus thèid sgrùdaidhean neo-eisimeileach an dà chuid air tèarainteachd corporra is dealanach a dhèanamh le buidheann tèarainteachd barrantaichte san RA.

6.11 Thèid cùram sònraichte a ghabhail le ceisteachain chunntais a tha taigheadasan a' tilleadh air an eadar-lìon. Bidh rèiteachaidhean tèarainteachd coimeasach ris an fheadhainn a tha a' buntainn ri bancadh pearsanta agus thèid an còmhach leis an ath-bhreithneachadh neo-eisimeileach a tha air iomradh ann am paragraf 6.4.

#### Dìomhaireachd staitistigeil agus smachd sgaoilidh

6.12 Gus dèanamh cinnteach nach eil clàrachaidhean foillsichte is geàrr-chunntasan de dhàta staitistigeil gun fhiosta a' nochdadh fiosrachadh pearsanta, thèid rèiteachaidhean sònraichte ('smachd sgaoilidh staitistigeil') a shuidheachadh, gu h-àraid airson toraidhean staitistigeil airson sgìrean beaga. Bidh iad a' gabhail a-steach cuid no gach aon de na modhan a leanas:

- a bhith a' cuingealachadh na h-àireimh earrannan toraidh dom faodar caochladair a sheòrsachadh, mar eisimpleir le bhith a' cur bhuidhnean aoise còmhla;
- far a bheil an àireamh dhaoine no thaigheadasan ann an sgìre a' tuiteam fo stairsneach ìos-mheud, a bhith a' cur toraidhean staitistigeil còmhla – ach a-mhàin airson cunntasan-cheann bunaitich – le sgìre nàbachd a tha mòr gu leòr; agus

- a bhith a' gleusadh cuid den dàta mus tèid na staitistig a sgaoileadh – tro aon no barrachd diofar dhòigh leithid iomlaideachadh chlàran, os-cur-às-leth agus buaireadh cheallan.

6.13 Tha Àrd-neach-clàraidh na h-Alba, cuide ri Àrd-neach-clàraidh Èirinn a Tuath agus an Neach-staitistig Nàiseanta, air co-aonta fhoillseachadh gus gabhail ri poileasaidh smachd sgaoilidh staitistigeil coitcheann mar phàirt den ghluasaid gu ruige toraidhean staitistigeil co-sheirmte thar na RA bho Chunntas 2011.<sup>25</sup> Tha an t-aonta seo stèidhichte air a' phrionnsabal dìomhaireachd a tha air a mhìneachadh ann an Còd Cleachdaidh nan Staitistig Nàiseanta, a tha a' gabhail a-steach a' bharrantais '*nach tèid staitistig sam bith a dhèanamh a tha buailteach neach fa leth a chomharrachadh mura deach sin aontachadh gu sònraichte leotha.*'<sup>26</sup>

6.14 Tha an t-Àrd-luchd-clàraidh agus an Neach-staitistig Nàiseanta air co-dhùnadh gun urrainnear aithris Còd Cleachdaidh nan Staitistig Nàiseanta a riarachadh a thaobh toraidhean cunntais ma thèid ceumannan a ghabhail gus dèanamh cinnteach nach eil staitistig sam bith air an dèanamh a tha a' comasachadh, le ìre earbsa àrd, neach fa leth no fiosrachadh mu neach fa leth aithneachadh.

Bheir seo cothrom ceallan le àireamhan beaga dhaoine a ghabhail a-steach ann an dàta cunntais a thèid a sgaoileadh gu poblach fhad 's:

- a chaidh mì-chinnt a thaobh co dhiubh a tha no nach eil an cealla beag na luach fhìor a chruthachadh gu h-eagarachail; agus
- nach eil a bhith a' cruthachadh na mì-chinnt sin a' dèanamh cron cudromach air an dàta.

6.15 Cha deach dearbh stairsnich na mì-chinnt a cho-dhùnadh fhathast. Nì an t-Àrd-luchd-clàraidh agus an Neach-staitistig Nàiseanta am breithneachadh seo, ann an co-chomhairle le luchd-cleachdaidh agus eòlaichean eile a' gabhail a-steach Coimiseanair an Fhiosrachaidh, aig ìre nas anmoiche – stèidhichte air toraidhean bho rannsachadh mun chothromachadh dìon a tha air a thoirt seachad, agus an cron a tha air adhbhrachadh, le caochladh dhòighean-obrach smachd sgaoilidh. Thathar an dùil gun tig an rannsachadh seo gu crìch gu ruige deireadh 2008 agus, às dèidh co-chomhairle a bharrachd le luchd-cleachdaidh, thèid ro-innleachd smachd sgaoilidh staitistigeil airson toraidhean clàir a thoirt gu crìch ro Shamhradh 2009.

6.16 Tha na ceumannan smachd sgaoilidh staitistigeil a thathar a' dealbhadh airson 2011 coltach ris an fheadhainn a thathar a' buileachadh ann

---

<sup>25</sup> Oifis an Staitistig Nàiseanta, Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba, Buidheann Staitistig is Rannsachaidh Èirinn a Tuath (2006). *The conduct of the 2011 Censuses in the United Kingdom: statement of agreement of the National Statistician and the Registrars General for Scotland and Northern Ireland* (faic <http://www.gro-scotland.gov.uk/census/censushm2011/index.html> ).

<sup>26</sup> Oifis an Staitistig Nàiseanta (2004). *National Statistics Code of Practice: protocol on data access and confidentiality*. ISBN 0 11 703411 8. Oifis na Pàipearachd.

an Alba ri toraidhean Cunntas 2001, nach do thog gearanan sam bith gun robh toradh foillsichte a' briseadh dìomhaireachd pearsanta.

#### Cleachdadh nas fharsainghe de dhàta cunntais

6.17 Bidh làimhseachadh an fhiosrachaidh a thèid a chruinneachadh ann an Cunntas 2011 gu tur a rèir prionnsabalan obrachadh cothromach dàta pearsanta agus dàta pearsanta frionasach, mar a tha riatanach fo Achd Dion an Dàta 1998. Chan e a-mhàin gum bi seo a' gabhail a-steach cruinneachadh is obrachadh dàta airson adhbhar nan toraidhean foillsichte, ach cuideachd airson cleachdadh staitistigeil sam bith eile den dàta – mar eisimpleir, leudachadh Sgrùdadh Iar-astar na h-Alba gus sampail Cunntas 2011 a ghabhail a-steach (faic paragraf 5.21). Dh'fhaoidte gum bi e riatanach fiosrachadh Cunntas 2011 a chleachdadh airson àireamh bheag de shuirbhidhean leantainneach speisealta far a bheil e cudromach ceangal a dhèanamh ri buidhnean sluaigh fìor bheag. Ma 's ann mar sin a bhios, thèid ainmeachadh do Phàrlamaid na h-Alba ron chunntas agus a dhèanamh follaiseach don phoball, a rèir Còd Cleachdaidh nan Staitistig Nàiseanta.

6.18 Tha dàta pearsanta cunntais fìor luachmhor airson rannsachadh staitistigeil, mar eisimpleir mu thinneas a tha a' toirt buaidh air buidhnean beaga den phoball. Chaidh dàta 2001, mar eisimpleir, a chleachdadh mar phrìomh thobar airson sgrùdadh mu thinneas cridhe am measg dhaoine bho fho-mhòr-thìr nan Innseachan a tha a' fuireach ann an Alba. Ceadichidh an t-Àrd-neach-clàraidh cothrom coltach ris a seo gu dàta pearsanta cunntais 2011 – ach a-mhàin do luchd-rannsachaidh aontaichte, mura h-eil tobar fiosrachaidh freagarrach eile ann ach dàta a' chunntais. Cha tèid cothrom a thoirt dhaibh gu fiosrachadh a' chunntais ach ann an àrainneachd thèarainte gus staitistig ullachadh, às dèidh dhaibh an ainm-sgrìobhte a chur ris an aon aithris dhìomhaireachd reachdail ri luchd-obrach an Àrd-neach-chlàraidh fhèin. Cha bhi e ceadaichte dhaibh dàta sam bith a tha a' toirt seachad fiosrachadh pearsanta cunntais a thoirt a-mach às an àrainneachd thèarainte, agus thèid na h-aithrisean aca a sgrùdadh le luchd-obrach an Àrd-neach-chlàraidh gus dèanamh cinnteach nach eil iad a' briseadh dìomhaireachd fiosrachadh pearsanta cunntais.

6.19 Cha toir an t-Àrd-neach-clàraidh dàta pearsanta cunntais do roinnean eile Riaghaltais, ach a-mhàin airson adhbharan rannsachadh staitistigeil mar a chaidh a mhìneachadh sa pharagraf roimhe. Tha sin a' gabhail a-steach Oifis na Dùthcha (is rinn am Ministear aice soilleir ann am Pàrlamaid Westminster nach tèid dàta cunntais a shireadh airson adhbharan sgeama nan cairtean dearbh-aithne), na h-ùghdarrasan cìse agus Seirbheis na Tèarainteachd.

6.20 Rè a' chunntais, tha e do-sheachanta gun lorg àireamhaichean mearachdan san liosta sheòlaidhean a tha air a thoirt dhaibh (faic paragrafan 3.22 & 4.14). Dh'fhaoidte gun tèid am fiosrachadh ceart a thoirt don Phost Rìoghail (gus Faidhle Seòlaidh a' Phuist a leasachadh) agus gu ùghdarrasan ionadail na h-Alba (gus an *National Gazetteer* a leasachadh). Cha tèid

fiosrachadh mu neach sam bith a' fuireach aig na seòlaidhean seo a choinn ge-tà.

6.21 Is e tobar fiosrachaidh cudromach a tha sa chunntas do luchd-eachdraidh teaghlaich. Bho na 1970an, tha e air a bhith na phoileasaidh aig an riaghaltas fiosrachadh pearsanta cunntais a sgaoileadh airson an adhbhair sin a-mhàin às dèidh 100 bliadhna. Tha Earrannan 38 agus 58 de dh'Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) air am poileasaidh sin a ghleidheadh san lagh. As t-Earrach 2011 sgaoilidh an t-Àrd-neach-clàraidh am fiosrachadh pearsanta bho Chunntas 1911. Ach cha tèid am fiosrachadh pearsanta bho Chunntas 2011 a sgaoileadh gu luchd-eachdraidh teaghlaich gus am bi 100 bliadhna eile air a dhol seachad. Thathar an dùil gu bheil an riaghailt 100 bliadhna a' toirt cothromachadh ciallach eadar dìomhaireachd an fhiosrachaidh a tha air a thoirt seachad le daoine a tha a' lìonadh Cunntas 2011, agus ùidhean dligheil luchd-eachdraidh teaghlaich.

#### Uaigneachd agus Achd nan Còraichean Daonna

6.22 Tha an t-Àrd-neach-clàraidh riarachtaichte gu bheil ùghdarras reachdail a tha ga chur mar riatanas fiosrachadh a thoirt seachad air gach aon de na ceistean a thathar a' moladh airson Cunntas 2011 a' gèilleadh gu h-iomlan ris a' Chùmhnant Eòrpach air Còraichean a' Chinne Daonna, Achd nan Còraichean Daonna 1998 agus Achd na h-Alba 1998 a thaobh còir an neach fa leth ri uaigneachd. Obraichidh an t-Àrd-neach-clàraidh le Oifis nan Coimiseanairean Fiosrachaidh gus Measadh Buaidh Uaigneachd a dhèanamh air Cunntas 2011.

## **Caibideal 7 – Am pròiseas reachdail**

### Prìomh reachdas cunntais

7.1 Is e Achd nan Cunntasan 1920 am prìomh reachdas a tha a' ceadachadh cunntas a ghabhail ann an Alba, mar a chaidh atharrachadh le Achd nan Cunntasan (Atharrachadh) (Alba) 2000 a thug slighe air adhart airson na ceiste (saor-thoilich) mu chreideamh ann an Cunntas 2001.

7.2 Tha Pàipear-taice gu Achd nan Cunntasan 1920 a' toirt ùghdarachadh do na cuspairean a leanas airson an gabhail a-steach sa chunntas:

- ainm, gnè, aois;
- dreuchd, proifeasan, ciùird no cosnadh;
- dùthchas, àite breith, cinneadh agus cànan;
- àite còmhnaidh agus caractar àite-còmhnaidh;
- cumha a thaobh pòsadh no com-pàirteachas catharra, dàimh ri ceann an teaghlaich, clann a chaidh a bhreith ann am pòsadh;
- creideamh; agus
- gnothaich sam bith eile far an urrainn do dh'fhiosrachadh staitistigeil cuideachadh gus cumha shòisealta no chatharra an t-sluaigh a stèidheachadh.

### Reachdas dàrnach

7.3 Mar a tha a dhìth fo Achd nan Cunntasan 1920, bidh Ministearan na h-Alba a' sireadh aonta Pàrlamaid na h-Alba do dhreachd Òrdugh Comhairle gus gabhail Cunntas 2011 ann an Alba ùghdarachadh. Fo theirmean Earrann 1 den Achd, òrdaichidh Òrdugh na Comhairle:

- an ceann-là air a bheil an cunntas gu bhith air a ghabhail;
- na daoine leis a bheil, agus mun a bheil, bileagan-tuairisgeil cunntais air an dèanamh; agus
- am fiosrachadh àraid a tha ri aithris air na bileagan-tuairisgeil.

7.4 Thèid an dreachd Òrdugh a chur fa chomhair na Pàrlamaid as t-Foghar 2009. Feumaidh e a bhith air aontachadh le rùn àicheil de Phàrlamaid na h-Alba – ach a-mhàin airson gnothaichean a tha air an còmhach san fho-pharagraf mu dheireadh de pharagraf 7.2 gu h-àrd, a tha a' feumachdainn rùn aontach. Airson Cunntas 2011, buinidh seo ri ceistean a' buntainn ri:

- inbhe oileanaich agus seòladh ùine-teirme;
- slàinte choitcheann, nàdar tinneis/ciorraim (cumhaichean slàinte) agus tinneas ùine-fhada, trioblaid slàinte no ciorram;
- seòladh àbhaisteach sa bhliadhna ron a' chunntas ma tha e eadar-dhealaichte bho latha a' chunntais;
- solarachadh cùram gun phàigheadh;
- teisteanasan foghlaim is dreuchdail;
- gnìomh eaconamach san t-seachdain ron a' chunntas;
- uaireannan a chaidh obrachadh;

- dòigh siubhail gu obair no sgoilearachd;
- an àireamh chàraichean/bhanaichean a tha rim faotainn don taigheadas;
- gabhantas àite-fuirich agus seòrsa uachdarain ma tha e air màl;
- inbhe neach-tadhail;
- inbhe neach taobh a-staigh àitreabh coitcheann;
- seòrsa àitribh choitcheann; agus
- teachd-a-steach taigheadais.

7.5 Às dèidh aonta Òrdugh a' Chunntais, cuiridh Ministearan na h-Alba Riaghailtean fa chomhair na Pàrlamaid (tràth ann an 2010) a nì solarachadh mionaideach airson mar a thèid an cunntas a làimhseachadh ann an Alba agus bidh eisimpleirean às na ceisteachain rin cleachdadh ann. Tha na Riaghailtean fo ùmhlachd modh rùn àicheil.

7.6 Tha na Riaghailtean gu sònraichte a' còmhdach ghnìomhan làraich leithid:

- cur an dreuchd luchd-obrach làraich;
- cruinn-eòlas a' chunntais – a bhith a' roinn na dùthcha do sgìrean àireamhachd agus a' sgrùdadh sheòlaidhean;
- na rèiteachaidhean airson a bhith a' libhrigeadh ceisteachan a' chunntais gu taigheadasan agus àitreabhan coitcheann;
- togail cheisteachain chrìochnaichte – tron phost, air a' fòn, air an stairsnich no tron eadar-lìon;
- dleastanasan an luchd-obrach làraich agus, gu sònraichte, mion-fhiosrachadh mu ghnòthaichean àraid sam bith a dh'fheumas iad a thogail;
- fiosrachadh sam bith a' buntainn ri rèiteachaidhean sònraichte airson a bhith ag àireamhachd shluaghan sònraichte leithid daoine a tha a' cadal a-muigh;
- modhan às dèidh làimhe agus neo-ghèillidh;
- a bhith a' cumail rian air stuthan is sgrìobhainnean làraich; agus
- modhan tèarainteachd is dìomhaireachd.

7.7 Thèid ùghdarras eòlas-sluaigh coltach ris an seo a shireadh airson a bhith a' gabhail a' chunntais ann an Sasainn, sa Chuimrigh agus ann an Èirinn a Tuath. Bidh na h-Òrdughan agus na Riaghailtean a' gabhail aire don chudromachd a bhith a' dèanamh nan cunntasan air an aon latha air feadh na RA, agus co-sheirm eile a tha riatanach gus cothrom deiseil a thoirt seachd gu staitistig airson na RA air fad.

### Thar 2011

7.8 Tha an t-Òrdugh agus na Riaghailtean Cunntais, agus gun teagamh na molaidhean a thathar a' mìneachadh san sgrìobhainn seo, a' buntainn a-mhàin ri Cunntas 2011 a tha ri thighinn. Ach tha e soilleir mar-thà gum bi luchd-cleachdaidh, às dèidh 2011, a' leantainn air adhart a' cur feum air an t-seòrsa fiosrachaidh staitistigeil a tha an cunntas gu traidiseanta air a thoirt seachd, air raon farsaing chuspairean eadar-eisimeileach agus do sgìrean is

bhuidhnean sluaigh beaga, a bharrachd air tobar airson rannsachadh agus, às dèidh 100 bliadhna, fiosrachadh pearsanta airson luchd-eachdraidh teaghlaich. Mar sin leanaidh an t-Àrd-neach-clàraidh, agus Riaghaltas na h-Alba, air adhart a' dèanamh ath-sgrùdadh air co dhiubh is e an cunntas an dòigh as fheàrr gus coinneachadh ris na h-iarrtasan sin às dèidh 2011 – no co dhiubh a bhiodh dòigh-obrach ùr, dh'fhaoidte a' tarraing nas làidire air tobraichean dàta rianachd agus suirbhidhean sampail, na dhòigh nas èifeachdaiche a thaobh cosgais, gus coinneachadh ri feumalachdan fiosrachaidh staitistigeil, fhad's a bhiodh uaigneachd pearsanta air a dhìon san aon dòigh sa bheil an cunntas a' dèanamh sin. Dheidheadh co-chomhairle fharsaing agus co-dhùnadh Pàrlamaideach a dhèanamh air molaidhean sam bith airson atharrachadh cudromach.